

Tha sgrùdaidhean sgoile ag ùrachadh:
Nach dealbh sibh an ath cheum

Mion-sgrùdadh air freagairtean don
eacarsaich co-chomhairleachaidh

Aithisg mion-sgrùdaidh

25 Gearran 2026



Clàr-innse

Geàrr-chunntas Gnìomhach	i
Fios-air-ais bho Chlann is Daoine Òga.....	i
Fios-air-ais bho luchd-ùidh	iii
A' sgrùdadh chlasaichean sgòil-àraich	viii
Cuspairean a tha a' nochdadh thar an dà cheisteachain	viii
1. Facal-toisich	1
Co-theacsa	1
Àireamh de fhreagairtean	2
Mion-sgrùdadh agus aithriseadh	2
2. Fios-air-ais bho Chlann is Daoine Òga.....	4
Facal-toisich.....	4
Earrann 1: Dè bhios luchd-sgrùdaidh a' coimhead air nuair a tha iad a' sgrùdadh sgoiltean?	7
Earrann 2: Na daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile	11
Earrann 3: Dè cho tric 's a thathar a' sgrùdadh sgoiltean.....	13
Earrann 4: Cuin a thathar ag innse do sgoiltean gum bi luchd-sgrùdaidh a' tighinn thuca	15
Earrann 5: Fiosrachadh mus tachair sgrùdadh	16
Earrann 6: Mar a tha luchd-sgrùdaidh a' toirt cunntas air mar a tha sgoil a' dèanamh.....	19
Earrann 7: Mar a gheibh clann is daoine òga a-mach dè thuirt luchd-sgrùdaidh	20
Earrann 8: Iar-sgrùdadh agus taic	22
Ceist dheireannach.....	23
3. Fios-air-ais bho luchd-ùidh.....	24
Facal-toisich.....	24
Cuspairean nas fharsainghe.....	27
Earrann 1: Daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile	30
Earrann 2: Tricead agus roghnachadh sgrùdaidhean	44
Earrann 3: Rangan gan cleachdadh ann an sgrùdadh.....	48
Earrann 4: Brath air sgrùdadh sgoile	55
Earrann 5: Ron sgrùdadh	57
Earrann 6: Dealbhadh agus susbaint frèam-obrach sgrùdaidhean sgoile	61
Earrann 7: Ag aithris air toradh an sgrùdaidh.....	66
Earrann 8: A' sgrùdadh chlasaichean sgòil-àraich	72
Earrann 9: Iar-sgrùdadh.....	73
4. Cuspairean a tha a' nochdadh thar an dà cheisteachain	75
Com-pàirteachadh in-ghabhalta	75
Na tha cudromach	75
Tricead sgrùdaidhean	76
Rangan agus ag aithris air ais	76
Cleachdadh toraidhean a' cho-chomhairleachaidh	77

Geàrr-chunntas Gnìomhach

Tha an geàrr-chunntas seo a' mìneachadh nam prìomh thoraidhean bho mhion-sgrùdadh air freagairtean don cho-chomhairleachadh phoblach a chuir Foghlam Alba air dòigh: "Tha sgrùdaidhean sgoile ag ùrachadh: Nach dealbh sibh an ath cheum". Dh'fhosgail an co-chomhairleachadh air 3 Sultain 2025 agus dhùin e air 6 Samhain 2025. Bha dà cheisteachan dhìofaraichte ann, aon dhiubh air a dhealbhadh airson clann is daoine òga agus fear eile airson luchd-freagairt eile (ris an canar ceisteachan an luchd-ùidh).

Fios-air-ais bho Chlann is Daoine Òga

Ann an ro-ràdh a' cheisteachain, bhathar a' dèanamh soilleir gum bitheadh a' cur luach air beachdan chloinne is daoine òga air sàilleibh nan gnàth-eòlasan is geur-bheachdan a th' aca air beatha sgoile. Chuir e cuideam air mar a tha clann is daoine òga comasach air diofar a dhèanamh, le bhith a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh a bhith a' faicinn dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumas atharrachadh agus le bhith a' toirt cumadh do sgrùdaidhean sgoile san àm ri teachd.

Fhuair 482 freagairtean uile gu lèir don cheisteachan air-loidhne airson chlann is daoine òga. Thàinig a' chuid bu mhotha dhiubh seo – 314 freagairtean – bho chlann ann am bun-sgoil agus thàinig 131 freagairtean eile bho dhaoine òga ann an àrd-sgoil. Bha àireamhan nas lugha ann bho sgoiltean foghlaim shònraichte agus bho sgoiltean neo-eisimeileach.

A bharrachd air sin, bha 46 clann is daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd (ASN) air pàirt a ghabhail ann an coinneamhan air an cumail le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ann an sgoiltean sònraichte, agus am fios-air-ais bhuapa air a mhapadh agus air a mhion-sgrùdadh ri taobh nam freagairtean Citizen Space gus dèanamh cinnteach gun robh na beachdan aca a' nochdadh gu h-iomlan sna toraidhean deireannach.

Dè bhios luchd-sgrùdaidh a' coimhead air nuair a tha iad a' sgrùdadh sgoiltean?

Chaidh ceist a chur air clann is daoine òga mu na nithean as cudromaiche, nam beachdan, a bu chòir do luchd-sgrùdaidh coimhead air nuair a tha iad a' tadhal air an sgoil aca, le liosta de 18 diofar roghainnean air a toirt seachad. Bha na roghainnean uile a' sgòradh aig ìre àrd a thaobh cudromachd, agus b' iad "Cò ris a tha e coltach a bhith san sgoil agad" agus "Mar a bhios sgoil gad chumail sàbhailte agus dìonta" na roghainnean a bu bhuailtiche a bhith cudromach do chlann is daoine òga. Bha barrachd is 9 a-mach à 10 den bheachd gun robh iad sin cudromach.

Chaidh ceist a chur air clann is daoine òga an robh iad den bheachd gun robh raon sam bith a bha a dhìth bho liosta nan roghainnean air am bu chòir do luchd-sgrùdaidh coimhead nuair a bha iad a' tadhal air sgoiltean. Dh'ainmich mòran de na freagairtean àrainneachd fhiosaigeach na sgoile, a' gabhail a-steach seòmraichean-teagaisg, toidhleatan, biadhlan agus raointean air a' bhlàr a-muigh. Thog clann is daoine òga, an dà chuid ann am bun-sgoil agus ann an àrd-sgoil, cùisean mu shunnd iomlan, agus bha iad a' faicinn na dàimhe eadar tidsearan is clann is daoine òga mar rudeigin cudromach.

Thog a' chlann is daoine òga a ghabh pàirt sna coinneamhan ASN cho cudromach 's a tha sunnd ann an sgoiltean sònraichte, a' gabhail a-steach a thaobh amannan-bìdh, càirdeasan agus taic airson coinneachadh ri am feumalachdan mothachail.

Na daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile

Ann am beachd na cuid bu mhotha¹ den chloinn is daoine òga, bhiodh e math nam b' urrainn dhaibh luchd-sgrùdaidh a chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn dè cho math 's a bha an sgoil aca a' dèanamh. Bha mòr-chuid den bheachd gum biodh e math nan robh àrd-luchd-teagaisg a' cuideachadh, ged nach robh sgoilearan àrd-sgoile a cheart cho buailteach a bhith den bheachd seo 's a bha sgoilearan bun-sgoile.

Rèiteachaidhean airson sgrùdaidhean sgoile

Chaidh fhaighneachd de chlann is daoine òga dè cho tric 's a bu chòir sgoiltean a sgrùdadh, le “co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna” an roghainn as mòr-chòrdte, gu h-àraid am measg sgoilearan àrd-sgoile. Cha robh mòran taice ann airson an dara cuid “co-dhiù gach 7 bliadhna” no “co-dhiù gach 10 bliadhna”.

An-dràsta, mar is trice bidh luchd-sgrùdaidh ag innse do sgoil gum bi iad a' tighinn airson sgrùdadh mu dhà sheachdain gu leth ro làimh. Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad air cuin a bu chòir innse do sgoiltean gum bi luchd-sgrùdaidh a' tighinn, ach san fharsaingeachd cha robh roghainn shoilleir aca. Bha clann bun-sgoile beagan nas buailtiche a bhith den bheachd gum b' e “mu dhà sheachdain gu leth ro làimh” an roghainn as fheàrr, agus bha sgoilearan àrd-sgoile beagan nas buailtiche a bhith a' roghnachadh “mu 2 latha”.

Fiosrachadh mus tachair sgrùdadh

Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad a thaobh am bu chòir do luchd-sgrùdaidh beachdan diofar dhaoine iarraidh mus tig iad gu sgoil. Chaidh fhaighneachd dhiubh cuideachd dè na dòighean as fheàrr airson beachdan clann is daoine òga na sgoile a chluinntinn.

Bha mòr-chuid de chlann is daoine òga den bheachd gum biodh e math nan robh an ceannard ag innse don luchd-sgrùdaidh dè bha a' dol gu math, nam beachd-san, agus dè dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr mus tòisich sgrùdadh sgoile. Bha sgoilearan bun-sgoile nas buailtiche a bhith a' smaointinn seo na bha sgoilearan àrd-sgoile.

Bha clann is daoine òga fiù 's nas buailtiche a bhith den bheachd gum biodh e math nan robhar a' faighneachd dhaibh fhèin dè bha a' dol gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr mus tòisich sgrùdadh sgoile. Bha sgoilearan àrd-sgoile gu h-àraid dèidheil a bhith comasach air am beachdan is gnàth-eòlasan a cho-phàirteachadh.

Thugadh trì roghainnean do chlann is daoine òga airson mar a b' urrainn do luchd-sgrùdaidh am beachdan air an sgoil fhaighinn mus tòisich an tadhal. Bha ceisteachan agus còmhraidh nan dòighean-obrach nas mòr-chòrdte na uidheam air-loidhne.

Mar a tha luchd-sgrùdaidh a' toirt cunntas air mar a tha sgoil a' dèanamh

Bha beachdan gu math measgaichte am measg chlann is daoine òga a thaobh a bheil e math gum bi luchd-sgrùdaidh a' cleachadh ranga aon fhacail airson cunntas a thoirt air dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh, le barrachd mì-chinnteach mun chùis seo na bha air cha mhòr ceist sam bith eile.

¹ Tha am briathrachas a thaobh cia mheud a thathar a' cleachdadh an seo ann an co-rèir ri mìneachaidhean coitcheann HMIE, mar a chithear air duilleag 2 den phrìomh aithisg.

Bha sgoilearan bun-sgoile nas buailtiche a bhith den bheachd gun robh rangan aon-fhachail math; bha mu ceathrar a-mach às gach 10 (43%) a' taghadh na roghainne seo. Ach cha robh cha mhòr an dàrna leth de sgoilearan àrd-sgoile (49%) den bheachd gun robh rangan de dh'aon fhacal math.

Mar a gheibh clann is daoine òga a-mach dè thuirt luchd-sgrùdaidh

Bha mòr-chuid de chlann is daoine òga den bheachd gum biodh e math nan robh luchd-sgrùdaidh a' deisealachadh aithisg airson chlann is daoine òga an dèidh don sgoil aca a bhith air a sgrùdadh, le sgoilearan àrd-sgoile beagan nas buailtiche a bhith den bheachd gum biodh e math na bha iadsan ann am bun-sgoil.

Bha clann is daoine òga as buailtiche a bhith den bheachd gur e bhidio an dòigh a b' fheàrr airson luchd-sgrùdaidh a bhith ag innse dhaibh mar a tha an sgoil aca a' dèanamh, ged a bha taic ann cuideachd airson an dara cuid aithisg no litir. Ma thathar a' foillseachadh aithisgean, bha moladh ann gum bu chòir dhaibh a bhith iomchaidh do chlann agus furasta ri leughadh.

Bha a' chlann is daoine òga a ghabh pàirt sna coinneamhan ASN den bheachd gum bu chòir do luchd-sgrùdaidh bruidhinn ri sgoilearan mus fàg iad an sgoil, gus fios-air-ais a thoirt dhaibh mun sgrùdadh agus dè cho math 's a chaidh e. Chuir iad cuideam air cho cudromach 's a tha e gum bi luchd-sgrùdaidh a' cleachdadh nam modhan conaltraidh as fheàrr leotha.

Iar-sgrùdadh agus taic

Bha a' chuid bu mhotha de chlann is daoine òga den bheachd gum biodh e math, far an robh iomadh raon ann san robh feum air piseach, gun tilleadh luchd-sgrùdaidh don sgoil aca gus am faiceadh iad an robh cùisean air a dhol am feabhas. Bha a' chuid bu mhotha cuideachd den bheachd gum biodh e math nan robh clann is daoine òga an sàs ann a bhith a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh gus an tuigeadh iad dè bha air a dhol am feabhas.

Fios-air-ais bho luchd-ùidh

Fhuair 1,177 freagairtean uile gu lèir. Chaidh grunn cheistean a chur air luchd-freagairt mun cheangal aca do raon an fhoghlaim agus, stèidhichte air na freagairtean a thugadh, chaidh a' chuid as motha a chur ann an aon de chòig buidhnean de luchd-ùidh:

Seòrsa luchd-ùidh	Àireamh	% de luchd-freagairt ann am buidheann an luchd-ùidh
Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga	322	29%
Tidsear no neach-obrach sgoile eile	386	34%
Neach-ceannardais no manaidsear àrd-ìre	322	29%
Oifigear ùghdarrais ionadail/foghlaim	38	3%
Eile	54	5%
Iomlan	1,122	100%

Bha na buidhnean “Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga”,² “Tidsear no neach-obrach sgoile eile” agus “Neach-ceannardais no manaidsear àrd-ìre” mun aon mheud, agus bha àireamhan nas lugha sna buidhnean “Oifigear ionadail/foghlaim” agus “Eile”.

Chaidh an 55 luchd-freagairt a bha a’ freagairt às leth buidheann a chur ann an aon de seachd buidhnean: “Ùghdarras ionadail”, n=15; “Buidheann phoblach”, n=5; “Buidheann riochdachaidh an raoin no buidheann ballrachd”, n=9; “Buidheann-bheachdachaidh, seirbheis cho-chomhairleachaidh no saoghal nan sgoilear”, n=3; “An treas raon, buidheann strì no solaraiche taice”, n=12, “Aonadh ciùird”, n=3; agus “Eile”, n=8.

Daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile

Bidh luchd-sgrùdaidh an Rìgh a’ stiùireadh sgrùdaidhean, ach faodaidh sgiobaidhean a bhith a’ gabhail a-steach measadairean luchd-sgrùdaidh (luchd-ceannardais sgoiltean sàr-eòlach, luchd-ceannardais sa mheadhan no luchd-obrach ùghdarrais ionadail) no buill neo-phroifeiseanta.

Bha co-aontachd shoilleir ann gu bheil sgrùdaidhean air an neartachadh le measadairean luchd-sgrùdaidh, ach bha suidheachadh nas measgaichte ann a thaobh am bu chòir do bhuill neo-phroifeiseanta a bhith nam pàirt de sgiobaidhean sgrùdaidh. Ged a bha luchd-freagairt bho air feadh a h-uile buidheann de luchd-ùidh nas buailtiche a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh, airson nam buidhnean “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus gu h-àraid “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile”, bha an àireamh de luchd-freagairt a bha ag eas-aontachadh no ag eas-aontachadh gu mòr cuimseach àrd.

Bha co-aontachd shoilleir ann cuideachd gum biodh sgrùdaidhean air an neartachadh nan robhar a’ toirt fiathachadh do dh’àrd-luchd-ceannardais a bhith nam pàirt de dh’eileamaidean den phròiseas sgrùdaidh. Bha “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” cuideachd nas buailtiche a bhith a’ faicinn bhuannachdan ann an leithid de dhòigh-obrach.

A’ tional beachdan nam prìomh bhuidhnean

Bidh luchd-sgrùdaidh mar-thà a’ tional beachdan chloinne is daoine òga agus luchd-obrach sgoile tro cheisteachain, buidhnean-breithneachaidh agus còmhraidhean dìreach. Bidh iad a’ cruinneachadh beachdan phàrantan is luchd-cùraim tro cheisteachain, tro bhuidhnean-breithneachaidh agus le bhith a’ coinneachadh ri Cathraiche Comhairle nam Pàrant. Chaidh fhaighneachd den luchd-freagairt an robh iad den bheachd gum bu chòir gun robh barrachd chothroman aig gach gin de na buidhnean seo am beachdan a thoirt seachad rè an sgrùdaidh.

Bha ìrean làidir de thaic ann airson barrachd chothroman a bhith aig clann is daoine òga agus luchd-obrach sgoile am beachdan a thoirt seachad. Ach cha robh an suidheachadh a thaobh phàrantan no luchd-cùraim cho soilleir, agus iadsan sa bhuidhinn “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” nas buailtiche a bhith den bheachd gum bu chòir barrachd chothroman a bhith aca am beachdan a thoirt seachad an coimeas ris an fheadhainn sna

² Thug pàipear a’ cho-chomhairleachaidh fa-near gur ma dh’fhaodte gum b’ fheàrr le clann is daoine òga nas sine a bhith a’ coileanadh ceisteachain an luchd-ùidh agus, airson an fheadhainn a rinn sin, chaidh am beachdan a ghlacadh an seo.

ceithir buidhnean de luchd-ùidh eile. Bha cuid den bheachd gun robh cothroman gu leòr ann an-dràsta agus/no gun robh iad de dh'àrd chàileachd.

Chaidh cuideam a chur air dèanamh cinnteach gun robh modhan-obrach freagarrach no so-fhreagarrach airson feumalachdan sònraichte chlann is daoine òga, a' gabhail a-steach fòcas (leantainneach) air roghainnean is stoidhlean conaltraidh a tha freagarrach do dh'aois agus cothroman airson com-pàirteachadh nàdarra le sgiobaidhean sgrùdaidh gun cus cuideim ga chur orra. Dh'ainmicheadh cuideachd gum bu chòir gun robh cothrom aig clann is daoine òga uile pàirt a ghabhail ann a bhith a' toirt seachad am beachdan, a' gabhail a-steach clann le feumalachdan taice a bharrachd.

Bha iadsan a bha den bheachd gum bu chòir gun robh barrachd chothroman aig luchd-obrach sgoile am beachdan a thoirt seachad cuideachd a' togail cuid de na h-aon chùisean a chaidh a thogail a thaobh chlann is daoine òga. Am measg nam puingean a chaidh a thogail, bhathar a' moladh gum bu chòir gu bheil luchd-obrach a' faireachdainn gun robhar ag èisteachd riutha agus comasach air am beachdan a thoirt seachad gun bhacadh; bha seo uaireannan ceangailte ri beachd gum bu chòir gum faod daoine beachdan a thoirt seachad gu dìomhair agus ma dh'fhaodte gu neo-ainmichte. Rinneadh iomradh cuideachd air poileasaidh "doras fosgailte" air chor 's gum faodadh luchd-obrach bruidhinn ris an sgioba sgrùdaidh.

Chuireadh cuideam air cho cudromach 's a tha e gu bheil guth aig pàrantan is luchd-cùraim, ged a bha molaidhean ann gun robh an suidheachadh an-dràsta ag obair gu math dhaibh. Ach bha cùisean-iomagain ann cuideachd gum faodadh cuid de phàrantan a bhith mì-chinnteach no gum faodadh e a bhith doirbh dhaibh a bhith a' com-pàirteachadh ann an sgrùdaidhean sgoile. Chaidh a mholadh gum bu chòir lèirmheas a dhèanamh air na modhan-obrach a thathar a' cleachdadh, gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman cho ruigsinneach 's a ghabhas, agus gu bheil cothrom aig raon farsaing de phàrantan a bhith a' gabhail pàirt nuair a thathar a' sgrùdadh sgoil an cuid chloinne.

Tricead agus roghnachadh sgrùdaidhean

An-dràsta, chan eil cearcall suidhichte ann airson sgrùdaidhean. Bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' dèanamh mu 250 sgrùdadh gach bliadhna, a' cleachdadh dòigh-obrach shamplachaidh nàiseanta. Faodar sgoiltean a thaghadh airson sgùdadh sgoile mar thoradh air cunnart cuideachd. Tha seo a' ciallachadh gum faodar bun-sgoil, àrd-sgoil no sgoil shònraichte a sgrùdadh, gu cuibheasach, aon turas gach 10 bliadhna, ged a dh'fhaodadh cuid de sgoiltean feitheamh nas fhaide.

Bha measgachadh de bheachdan ann a thaobh am bu chòir cumail a' dol leis an dòigh-obrach shamplachaidh làithrich. Bha "Tidsearan is luchd-obrach sgoile eile" agus "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" nas buailtiche a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh (44% agus 43% fa leth) an coimeas riuthasan ann am buidhnean eile de luchd-ùidh. Bha mòr-chuid (51%) de "Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" ag eas-aontachadh no ag eas-aontachadh gu mòr gum bu chòir cumail a' dol leis a' mhodail shamplachaidh làithrich. A' dol air adhart, bha luchd-freagairt nas buailtiche a bhith fàbharach do dhòigh-obrach a tha a' coimeasgadh cearcall soilleir airson sgoiltean uile, le sgrùdadh a bharrachd stèidhichte air cunnart.

Bha beachdan measgaichte cuideachd a thaobh dè cho tric 's bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil. Bha "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga", "Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile" agus "Oifigear ùghdarras ionadail/foghlaim" nas buailtiche a

bhith fàbharach do sgrùdaidhean a bhith gan dèanamh co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna. B' e "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" an aon bhuidheann de luchd-ùidh san robh luchd-freagairt nas buailtiche a bhith fàbharach do sgrùdaidhean a bhith gan dèanamh co-dhiù aon turas gach 10 bliadhna. Cha robh ann ach beagan taic airson modh-obrach stèidhichte air sgrùdaidhean a bhith gan dèanamh a-mhàin nuair a tha cùis-iomagain ann.

Rangan gan cleachdadh ann an sgrùdadh

An-dràsta tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' cleachdadh sgèile sia-puingean airson geàrr-chunntas àrd-ìre a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh ann am prìomh raointean. Cha robh glè bheag de cho-aonta ann a thaobh an robh cleachdadh ranga a' cuideachadh gus foir-shealladh soilleir a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh no a' cuideachadh le tuigse air dè dh'fheumas leasachadh. Ach bha co-aonta ann gum faod ranga ro-shìmpleachadh a thoirt seachad air dè tha a' tachairt ann an sgoil, le "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" agus "Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile" gu h-àraid buailteach a bhith den bheachd gum faod seo tachairt.

A thaobh am bu chòir do sgrùdaidhean cumail orra a' cleachdadh ranga gus geàrr-chunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh, bha an co-aonta coitcheann buailteach a bhith ag ràdh nach bu chòir. Bha "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" gu h-àraid buailteach a bhith den bheachd nach bu chòir leantainn oirnn le bhith gan cleachdadh. B' e "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" an aon bhuidheann de luchd-ùidh san robh barrachd luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir leantainn oirnn le bhith a' cleachdadh ranga gus geàrr-chunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh. A thaobh mhodhan-obrach eile seach am modh-obrach làithreach, b' e an roghainn aig cuid a bhith a' cleachdadh sgèile rangachaidh nas giorra ma tha sinn a' cumail oirnn le bhith a' cleachdadh ranga.

Brath air sgrùdadh sgoile agus ron sgrùdadh

An-dràsta, thathar a' toirt brath do sgoil gum bi sgrùdadh a' tachairt dà sheachdain gu leth ro làimh. Dh'iarr an co-chomhairleachadh beachdan a thaobh a bheil an ùine-bhratha seo iomchaidh. Cha robh co-aonta soilleir ann air gin de na trì ùineachan-bratha a bhathar a' moladh. B' e "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" agus "Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim" an fheadhainn as buailtiche a bhith fàbharach airson 2 latha bhratha a thoirt seachad agus b' e "Tidsearan agus luchd-obrach sgoile eile" agus gu h-àraid "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" an fheadhainn as buailtiche a bhith a' roghnachadh 3 gu 4 seachdainean bratha.

Dh'iarr an ceisteachan beachdan cuideachd air dè bhios a' tachairt san ùine mus tachair an sgrùdadh. Thar a h-uile buidheann de luchd-ùidh, bha a' chuid as motha no a' mhòr-chuid ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh gu bheil geàrr-chunntas fèin-luachaidh a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi an sgrùdadh a' tòiseachadh le beachd na sgoile fhèin air na neartan is raointean leasachaidh aca. Bha mòr-chuid den bheachd gun robh e cudromach a bhith a' tionail bheachdan "chloinne is daoine òga", "luchd-obrach sgoile, a' gabhail a-steach luchd-obrach taice" agus "buidhnean agus com-pàirtichean a tha ag obair leis an sgoil".

Dealbhadh agus susbaint frèam-obrach sgrùdaidhean sgoile

Mhìnich an ceisteachan gum bi Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' cleachdadh an fhrèam-obrach, [*Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* \(4mh Eagran\)](#), gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach cho-chòrdail ann airson luachadh a dhèanamh air càileachd an fhoghlaim ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean sònraichte. Chan eilear air *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* air ath-ùrachadh bhon a chaidh a chur air bhog ann an 2015. Dh'iarr an co-chomhairleachadh beachdan air cruth, adhbhar agus susbaint an fhrèam-obrach ùir airson sgrùdaidhean sgoile.

Ged nach robh ann ach glè bheag de thaic airson aon fhrèam-obrach a bhith ann airson a h-uile sgoile, bha beachdan eadar-mheasgte ann a thaobh am bu chòir gun robh aon fhrèam-obrach a bhith ann le stiùireadh a rachadh fhreagarrachadh airson gach seòrsa sgoile no diofar fhrèamaichean-obrach airson diofar sheòrsaichean sgoile, leithid bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean sònraichte. Bha "Oifigearan ùghdarras ionadail/foghlaim" agus "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" nas buailtiche a bhith fàbharach do dh'aon fhrèam-obrach a bhith ann le stiùireadh a rachadh fhreagarrachadh do gach seòrsa sgoile. Bha ìrean taice airson na roghainn seo aig 63% agus 45% fa leth. Bha "Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile" agus "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" nas buailtiche a bhith fàbharach do dhiofar fhrèamaichean-obrach a bhith ann airson diofar sheòrsaichean sgoile, le ìrean taice aig 58% agus 54% fa leth.

Chuireadh ceist air luchd-freagairt cuideachd a thaobh dè cho cudromach 's a tha 25 raointean eadar-dhealaichte a dh'fhaodar gabhail a-steach ann am frèam-obrach sgrùdaidh. Bha a h-uile raon air fhaicinn glè chudromach no cudromach leis a' mhòr-chuid de luchd-freagairt. Bha seo gu h-àraid fìor airson "dàimhean agus giùlan", "dìon agus a' cur air adhart sunnd" agus "ionnsachadh, teagasg agus measadh"; bha na trì raointean seo air fhaicinn cudromach le 99% de luchd-freagairt.

Ag aithris air toradh an sgrùdaidh

Tha Foghlam Alba a' dèanamh lèirmheas air mar a thathar ag aithris air toraidhean sgrùdaidh agus gan co-phàirteachadh an dèidh sgrùdaidhean sgoile. Gu h-iomlan, b' e roghainn shoilleir an luchd-freagairt gum bu chòir dà aithisg sgrùdaidh a bhith ann – aon le mion-fhiosrachadh airson sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach, agus dreach nas giorra a bha furasta-ri-leughadh airson phàrantan is luchd-cùraim. Ach bha beagan taice ann airson aon aithisg sgrùdaidh bho dhaoine sa bhuidheann de luchd-ùidh "Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga", le mu aon neach anns gach triùir a' roghnachadh na roghainn seo.

A thaobh dhòighean èifeachdach airson toraidhean an sgrùdaidh a cho-phàirteachadh le clann is daoine òga, b' iad na molaidhean a rinneadh as trice: taisbeantasan no coinneamhan làthaireachd phearsanta, le cothrom airson beachdachadh air na toraidhean agus beachdan a cho-phàirteachadh; aithisg sgriobhte/sgriobhainn fios-air-ais; agus teachdaireachd bhidio/dhidseatach, le iomraidhean air cleachdadh mheadhanan sòisealta (tro phod-chraoladh, le bhith a' cleachdadh TikTok no Instagram msaa).

Chaidh cuideam a chur air cho cudromach 's a tha e gum bi dòigh-obrach sam bith càirdeil do chlann agus iomchaidh a thaobh aoise, agus bhathar a' toirt fa-near gum bu chòir, far a bheil e iomchaidh, na toraidhean fhreagarrachadh do fheumalachdan sònraichte chloinne.

Bha luchd-freagairt nas buailtiche a bhith a' roghnachadh "geàrr-chunntas soilleir air neartan is raointean leasachaidh" mar aon de na feartan as cudromaiche ann an aithisg sgrùdaidh sgoile, agus bha sin air a leantainn le "mìneachadh soilleir air dè thathar an dùil gum bi sgoil/ùghdarras ionadail/sealbhadair sgoile neo-eisimeilich a' dèanamh a-nis" agus "molaidhean airson leasachadh".

A' sgrùdadh chlasaichean sgoil-àraich

Tha cuid de sgoiltean a' gabhail a-steach clasaichean sgoil-àraich. Tha na clasaichean seo gan sgrùdadh le bhith a' cleachdadh an fhrèam-obrach ùir, Frèam-obrach Leasachadh Càileachd airson nan raointean tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, a chaidh a leasachadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim. Cha robh an eacarsaich co-chomhairleachaidh seo a' dèiligeadh ri frèam-obrach co-phàirteach ùr no rèiteachaidhean sgrùdaidh, ach bhathar ag iarraidh bheachdan a thaobh am bu chòir do chlasaichean sgoil-àraich rang agus geàrr-chunntas fa leth fhaighinn nuair a tha iad mar phàirt de sgrùdadh sgoile.

Gu h-iomlan, bha luchd-freagairt buailteach a bhith ag aontachadh, far a bheil clas sgoil-àraich na phàirt de sgrùdadh sgoile, gum bu chòir aithris air mar a chaidh a mheasadh a bhith fa leth bhon aithris airson a' chòrr den sgoil. Bha "Oifigearan ùghdarras ionadail/foghlaim" gu h-àraid buailteach a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh leis an dòigh-obrach seo, agus cha robh "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" cho buailteach a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh.

Iar-sgrùdadh

Thar a h-uile buidheann de luchd-ùidh, bha luchd-freagairt nas buailtiche a bhith den bheachd gum bu chòir don h-uile sgoil iar-sgrùdadh air choreigin fhaighinn an dèidh sgrùdadh sgoile. Bha "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" gu h-àraid buailteach a bhith fàbharach don dòigh-obrach seo.

Cuspairean a tha a' nochdadh thar an dà cheisteachain

Ged a bha na ceistean a chaidh a chur diofaraichte, bha na cùisean a bhathar a' còmhachadh sa cheisteachan chloinne is daoine òga agus sa cheisteachan luchd-ùidh coltach ris a chèile, agus tha e inntinneach a bhith a' beachdachadh air an ìre 's gun robh beachdan chloinne is daoine òga coltach ri beachdan an luchd-ùidh.

Aon raon – agus is dòcha an raon as treasa – far an robh co-aonta soilleir ann, b' e gu bheil e fìor chudromach gum bi clann is daoine òga an sàs ann am pròiseas an sgrùdaidh. Bha seo a' gabhail a-steach na h-ìrean ullachaidh, prìomh sgrùdaidh agus iar-sgrùdaidh, agus cuideachd a' leudachadh gu na seòrsaichean de dhòigh(ean)-obrach a bu chòir a chleachdadh. Bha iomradh ga dhèanamh air mar bu chòir do na h-eadar-ghabhailean a bhith inntinneach, iomchaidh do dh'aois nan sgoilearan agus nàdarra no neo-fhoirmeil, le cuideam ga chur air cho riatanach 's a tha e gu bheilear a' coileanadh feumalachdan sònraichte chloinne is daoine òga.

Bha na taobhan seo uile ceangailte ri cho cudromach 's a tha e gum bi dòighean-obrach conaltraidh ion-ghabhailte, agus cothrom aig an raon as fharsainghe de chlann is daoine òga a bhith a' toirt seachad am beachdan is gnàth-eòlas aca.

Bha clann is daoine òga buailteach a bhith a' cur prìomhachas air cùisean ceangailte ri mar a tha e a' faireachdainn a bhith san sgoil agus mar a tha an sgoil aca gan cumail sàbhailte agus fo dhìon. A thaobh cò na cùisean as cudromaiche, bha prìomhachasan coltach aig luchd-ùidh eile – b' iad “dàimhean agus giùlan” agus “dìon agus a' cur air adhart sunnd” dà de na trì cùisean a bhathar a' faicinn cudromach le cha mhòr a h-uile duine a fhreagair ri ceisteachan an luchd-ùidh.

Gu h-iomlan, bha glè bheag de cho-aonta ann a thaobh a bheil cleachdadh ranga a' cuideachadh gus foir-shealladh soilleir a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh. Bha beachdan caran measgaichte aig clann is daoine òga a thaobh a bheil e math gum bi luchd-sgrùdadh sgoile a' cleachdadh ranga de dh'aon fhacal gus cunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh, agus bha dealbh co-choltach ann am measg an fheadhainn a fhreagair ceistean an luchd-ùidh.

Bha ìre de cho-aonta ann air mar a thathar ag aithris air toraidhean sgrùdadh agus dè bu chòir tachairt a-nis. Bha clann is daoine òga nas buailtiche a bhith den bheachd gur e bhidio an dòigh a b' fheàrr airson luchd-sgrùdadh a bhith ag innse dhaibh dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh. Bha iad cuideachd den bheachd, far an robh mòran raointean leasachaidh ann, gum biodh e math nan robh an luchd-sgrùdadh a' tilleadh don sgoil aca airson faicinn an deach cùisean am feabhas.

Bha an fheadhainn a fhreagair ceisteachan an luchd-ùidh cuideachd ag iarraidh soilleireachd, agus bha iad ag iarraidh fòcas air neartan a bharrachd air raointean leasachaidh, agus bha iad nas buailtiche a bhith den bheachd gum bu chòir don h-uile sgoil iar-sgrùdadh air choreigin fhaighinn an dèidh sgrùdadh sgoile.

1. Facal-toisich

Tha an aithisg seo a' cur an cèill mion-sgrùdadh air freagairtean don cho-chomhairleachadh phoblach a chuir Foghlam Alba air dòigh "Tha sgrùdaidhean sgoile ag ùrachadh: Nach dealbh sibh an ath cheum". Dh'fhosgail an co-chomhairleachadh air 3 Sultain 2025 agus dhùin e air 6 Samhain 2025. Bha dà cheisteachan dhiofaraichte ann, aon dhiubh air a dhealbhadh airson chlann is daoine òga agus fear eile airson luchd-freagairt eile (ris an canar ceisteachan an luchd-ùidh).

Rinneadh am mion-sgrùdadh seo le buidheann rannsachaidh neo-eisimeileach.

Co-theacsa

Choilean Bile an Fhoghlaim (Alba), a chaidh a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba ann an 2024, na h-ìrean pàrlamaideach aige air 25 Ògmhios 2025 agus fhuair e Aonta Rìoghail air 6 Lùnastal, agus aig an àm sin thàinig e gu bhith Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025

Tha an Achd a' stèidheachadh an fhrèam-obrach reachdail airson buidheann-sgrùdaidh foghlaim ùr neo-eisimeileach airson Alba, fo stiùireadh Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba. Le bhith a' toirt air falbh an dreuchd sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba agus a' cruthachadh buidheann-sgrùdaidh shònraichte, Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba (HMIE), tha an reachdas a' neartachadh neo-eisimeileachd, follaiseachd agus cunntachalachd sgrùdadh nan sgoiltean taobh a-staigh siostam an fhoghlaim nàiseanta.

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025 cuideachd a' mìneachadh, airson a' chiad turais ann an reachdas, adhbhar sgrùdaidh ann an Alba. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh leasachadh ann an càileachd an fhoghlaim le bhith a' comharrachadh far a bheil taic a dhìth; a' co-phàirteachadh cleachdadh èifeachdach; a' cur fianais ri leasachadh poileasaidh foghlaim; agus a' toirt barantas do luchd-ionnsachaidh, do phàrantan agus don phoball san fharsaingeachd mu chàileachd agus coileanadh ionadan foghlaim. A bharrachd air sin, tha cumhachdan soilleir air an toirt do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam gus tricead, fòcas agus modh-obrach nan sgrùdaidhean a dhearbhadh, le riatanas reachdail air a chur orra a bhith a' foillseachadh nan rùintean sin ann am Plana Bliadhnail airson Sgrùdaidhean.

Thathar a' foillseachadh a' mhion-sgrùdaidh seo air freagairtean don chiad cho-chomhairleachadh phoblach nàiseanta aig HMIE mu àm ri teachd airson sgrùdaidhean sgoile aig àm a tha cudromach ann an leasachadh na buidhne-sgrùdaidh ùire. Tha an co-chomhairleachadh a' riochdachadh ìre dheatamach ann a bhith a' cuideachadh gus cumadh a thoirt do na dòighean-obrach practaigeach a bhios HMIE a' gabhail os làimh taobh a-staigh an fhrèam-obrach reachdail ath-ùraichte a chaidh a chruthachadh le Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025

Dh'iarr an co-chomhairleachadh, a chaidh a chur air bhog san t-Sultain 2025, beachdan air prìomh thaobhan den phròiseas sgrùdaidh, a' gabhail a-steach cò bu chòir a bhith an sàs sna sgrùdaidhean, tricead agus taghadh nan sgrùdaidhean, rèiteachaidhean bratha, gnìomhachdan ro-sgrùdaidh, am frèam-obrach fhèin airson sgrùdaidhean sgoile, agus pròiseasan aithrisidh agus iar-sgrùdaidh.

Bha na cuspairean a chaidh a sgrùdadh sa cho-chomhairleachadh air am fiosrachadh le eacarsaich èisteachd fharsaing a rinneadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na bu tràithe ann an 2025. Rè na h-ùine seo, bha luchd-sgrùdaidh a' com-pàirteachadh – an dà chuid gu pearsanta agus air-loidhne – timcheall air 2,000 neach-ùidhe, a' gabhail a-steach còrr is 500 clann is daoine òga, a bharrachd air tidsearan, ceannardan sgoile, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta. Bha an com-pàirteachadh seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gun robh an co-chomhairleachadh a' nochdadh prìomhachasan, cùisean-iomagain agus fèin-fhios beatha an fheadhainn air am bi sgrùdaidhean sgoile a' toirt buaidh dhìreach.

A bharrachd air a' cho-chomhairleachadh le luchd-ùidh, chaidh ceisteachan sònraichte a dhealbhadh, a bha freagarrach do dh'aois nan sgoilearan, fon tiotal “Tha Sgrùdaidhean Sgoile ag ùrachadh: beachdan chloinne is daoine òga”, gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn do luchd-freagairt nas òige pàirt bhrìoghmhor a ghabhail ann. Le bhith a' tionail bheachdan bho air feadh coimhearsnachd foghlaim na h-Alba – a' gabhail a-steach pàrantan, luchd-cùraim agus an fheadhainn aig nach eil ceangal proifeiseanta dìreach ann – bha an co-chomhairleachadh ag amas air bunait fianaise chothromach, chuimseach agus in-ghabhalach a thogail.

Tha na toraidhean san aithisg seo nam pàirt riatanach de cho-dhùnaidhean HMIE agus iad ag ùrachadh mar a bhios sgrùdaidhean sgoile ag obrachadh san àm ri teachd. Còmhla ri prìomh thùsan fianais eile, bidh na geur-bheachdan seo a' toirt taic do HMIE ann a bhith a' toirt cumadh do mhodh-obrach sgrùdaidh a leanas air a' brosnachadh leasachaidh, a bheir seachad barantas làidir, agus a libhrigeas luach soilleir don phoball taobh a-staigh an raoin-tìre reachdail ùir a chaidh a stèidheachadh le Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025.

Àireamh de fhreagairtean

Fhuair ceisteachan na cloinne is daoine oga 482 freagairtean. A bharrachd air sin, ghabh 46 pàistean is daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd (ASN) pàirt ann an coinneamhan còmhraidh a chaidh a chumail le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ann an suidheachaidhean sgoiltean sònraichte.

Fhuair ceisteachan an luchd-ùidh 1,177 freagairtean, agus bha 55 dhiubh bho bhuidhnean. Far an deach aonta a thoirt seachad a bhith a' foillseachadh nam freagairtean, gheibhear iad aig <https://consult.gov.scot/>.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu phròifaidhl an luchd-freagairt aig toiseach a' mhion-sgrùdaidh airson gach ceisteachan.

Mion-sgrùdadh agus aithriseadh

Thathar ag aithris air na toraidhean airson nan ceistean dùinte le bhith a' cleachdadh nam briathran a leanas a thaobh cia mheud:

- uile: 100%
- cha mhòr a h-uile: 91%-99%
- a' chuid as motha: 75%-90%
- a' mhòr-chuid: 50%-74%

- beag-chuid/nas lugha na an dàrna leth: 15%-49%
- grunn/nas lugha na: 15%

Mar a thachras le eacarsaich co-chomhairleachaidh phoblach sam bith, bu chòir toirt fa-near gu bheil ùidh shònraichte san fharsaingeachd aig an fheadhainn a tha a' freagairt ann an raon a' chuspair. Mar sin, chan urrainnear a ràdh le cinnt gu bheil na beachdan a' riochdachadh beachd a' phobaill san fharsaingeachd.

Caibidil 2: Fios-air-ais bho Chlann is Daoine Òga

Tha an ath chaibideil den aithisg (Caibideil 2) a' toirt seachad mion-sgrùdadh air freagairtean don cheisteachan airson chlann is daoine òga. Tha an aithisg a' toirt seachad mion-sgrùdadh ceist-air-cheist air freagairtean do na ceistean dùinte agus air beachdan a bharrachd a chaidh a thoirt seachad aig ceistean fosgailte.

Tha freagairtean do na ceistean dùinte air an toirt seachad ann an cairtean taobh a-staigh prìomh phàirt na h-aithisge. Tha seata iomlan de thoraidhean nan ceistean dùinte, air an sgaradh a rèir seòrsa an neach-freagairt, ri fhaotainn aig [Leas-phàipear A](#) don aithisg seo.

Caibideil 3: Fios-air-ais bho luchd-ùidh

Tha Caibideil 3 den aithisg a' toirt seachad mion-sgrùdadh air freagairtean do cheisteachan an luchd-ùidh. Tha i a' toirt seachad mion-sgrùdadh ceist-air-cheist air freagairtean do na ceistean dùinte agus air beachdan a bharrachd a chaidh a thoirt seachad aig ceistean fosgailte.

Tha freagairtean do na ceistean dùinte air an toirt seachad ann an cairtean taobh a-staigh prìomh phàirt na h-aithisge. Tha seata iomlan de thoraidhean nan ceistean dùinte, air an sgaradh a rèir seòrsa an neach-freagairt, ri fhaotainn aig [Leas-phàipear B](#) don aithisg seo.

Tha na buidhnean a fhreagair an ceisteachan agus a dh'iarr gun rachadh am freagairtean fhoillseachadh air an liostadh ann an [Leas-phàipear C](#).

Tha Caibideil 3 a' tòiseachadh le geàrr-chunntas air na prìomh cuspairean nas fharsainge a chaidh a thogail le luchd-freagairt a' cho-chomhairleachaidh. Is iad sin cuspairean a tha taobh a-muigh fòcas sònraichte a' cho-chomhairleachaidh seo.

Caibideil 4: Cuspairean a tha a' nochdadh thar an dà cheisteachain

Tha a' chaibideil mu dheireadh den aithisg a' toirt seachad geàrr-chunntas air cuspairean cumanta a nochd sna freagairtean do na ceisteachain airson chlann is daoine òga agus airson luchd-ùidh.

2. Fios-air-ais bho Chlann is Daoine Òga

Facal-toisich

Bha beachdan chloinne is daoine òga air sgrùdaidhean sgoile nam pàirt chudromach de phròiseas a' cho-chomhairleachaidh. Tha an earrann seo den aithisg a' toirt seachad mion-sgrùdadh ceist-air-cheist air na freagairtean a thug clann is daoine òga mar phàirt den cho-chomhairleachadh.

Bha an ceisteachan a' dèiligeadh ris na h-ochd raointean a leanas:

Earrann 1: Dè bhios luchd-sgrùdaidh a' coimhead air nuair a tha iad a' sgrùdadh sgoiltean?

Earrann 2: Na daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile

Earrann 3: Dè cho tric 's a thathar a' sgrùdadh sgoiltean

Earrann 4: Cuin a thathar ag innse do sgoiltean gum bi luchd-sgrùdaidh a' tighinn thuca

Earrann 5: Fiosrachadh mus tachair sgrùdadh

Earrann 6: Mar a tha luchd-sgrùdaidh a' toirt cunntas air mar a tha sgoil a' dèanamh

Earrann 7: Mar a gheibh clann is daoine òga a-mach dè thuirt luchd-sgrùdaidh

Earrann 8: Iar-sgrùdadh agus taic

Chaidh 14 ceistean dùinte uile gu lèir a chur, a bharrachd air trì ceistean fosgailte (a bha an dara cuid leotha fhèin no ag iarraidh mìneachadh air beachdan a thugadh seachad airson ceist dhùinte). A bharrachd air sin, bha roghainn "Eile" ann an dà de na ceistean dùinte, far an robhar ag iarraidh air luchd-freagairt molaidhean a thoirt seachad.

Bha clann is daoine òga a bha airson freagairt a' faighinn cothrom air an dà chuid am [prìomh cheisteachan](#) agus [cuideachd dreach furasta-ri-leughadh](#).

Ann an ro-ràdh a' cheisteachain, bhathar a' dèanamh soilleir gum bitheadh a' cur luach air beachdan chloinne is daoine òga air sàilleibh nan gnàth-eòlasan is geur-bheachdan a th' aca air beatha sgoile. Chuir e cuideam air mar a tha clann is daoine òga comasach air diofar a dhèanamh, le bhith a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh a bhith a' faicinn dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumas atharrachadh agus le bhith a' toirt cumadh do sgrùdaidhean sgoile san àm ri teachd.

A' com-pàirteachadh chlann is daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd

Bha an ceisteachan airson chlann is daoine òga a' gabhail a-steach raon de thaicean ruigsinneachd uile-choitcheann, a' gabhail a-steach beòthachadh bhidio air mar a tha sgrùdadh ag obair an-dràsta, le claisneachd agus teacsa le fo-thiotalan, agus stuthan furasta-ri-leughadh agus ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn, gus com-pàirteachadh in-ghabhailta a chomasachadh.

A bharrachd air sin, rè na h-ùine co-chomhairleachaidh air-loidhne, chùm Luchd-sgrùdaidh an Rìgh 12 còmhraidh làthaireachd phearsanta gus faighinn a-mach beachdan chlann is daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd (ASN). Uile gu lèir, ghabh 46 clann is

daoine òga pàirt anns na seiseanan seo. Chaidh gach còmhradh a dhealbhadh a rèir feumalachdan conaltraidh nan com-pàirtichean. Mar a chithear san dealbh, chleachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh raon de ghoireasan, a' gabhail a-steach ceisteachain stèidhichte air pàipear, bùird faireachdainn, bùird bhòtaidh agus seataichean de shamhlaidhean co-theacsail gus leigeil le com-pàirtichean a bhith a' gabhail pàirt. Thug iad cuideachd taic sgrìobhaidh agus taic leughadh seachad.

Goireasan a chaidh a chleachdadh aig na còmhraidhean ASN



Tha fios-air-ais bho na còmhraidhean air a shoilleireachadh aig ceistean buntainneach bhon cheisteachan air-loidhne. Choilean beag-chuid de chom-pàirtichean sna buidhnean-breithneachaidh an ceisteachan air-loidhne le taic bho inbhich agus bho Luchd-sgrùdaidh an Rìgh, agus tha na freagairtean aca air an gabhail a-steach sa mhion-sgrùdadh iomlan.

Cò a fhreagair an ceisteachan airson chlann is daoine òga

Gheibhear briseadh sìos de dh'àireamh nam freagairtean a rèir àite ionnsachaidh ann an Clàr 1 gu h-ìosal.

Clàr 1: Clann is Daoine Òga luchd-fhreagairt a rèir àite ionnsachaidh

Càit a bheil thu ag ionnsachadh	Àireamh	% den iomlan
Bun-sgoil	314	65%
Àrd-sgoil	131	27%
Sgoil shònraichte	13	3%
Sgoil neo-eisimeileach	4	1%
Eile	20	4%
A h-uile duine a fhreagair	482	100%

Fhuair 482 freagairtean uile gu lèir don cheisteachan air-loidhne airson chlann is daoine òga. Bha an àireamh as motha dhiubh bhon fheadhainn ann am bun-sgoil – 314 freagairtean – le 131 eile a' tighinn bhon fheadhainn ann an àrd-sgoiltean. Bha àireamhan

nas lugha ann bho sgoiltean foghlaim shònraichte agus bho sgoiltean neo-eisimeileach. Tha a' bhuidheann "Eile" (20 neach-freagairt) a' gabhail a-steach luchd-freagairt bho cholaistean, daoine nach eil ann am foghlam an-dràsta agus cuid nach do fhreagair a' cheist. Bha mu thuaiream an dàrna leth den fheadhainn a chomharraich "Eile" an dara cuid a' roghnachadh gun a bhith ag ràdh no a' taghadh gun fhreagairt sam bith a thoirt seachad mun àite ionnsachaidh aca.

Chaidh fhaighneachd de luchd-freagairt an robh iad nam pàiste no neach òg a bha a' freagairt às an leth fhèin, no inbheach a bha a' freagairt às leth pàiste aois-sgoile. Bha 67 de na 482 freagairtean air an dèanamh le inbheach a' freagairt às leth pàiste.³

Clàr 2: Clann is Daoine Òga luchd-freagairt a rèir pàiste / duine òg no inbheach

Càit a bheil thu ag ionnsachadh	Tha mi nam pàiste no neach òg a tha a' freagairt às	Tha mi nam inbheach a tha a' freagairt às leth pàiste	Iomlan
Bun-sgoil	279	35	314
% de bhun-sgoil a fhreagair	89%	11%	—
Àrd-sgoil	115	16	131
% de dh'àrd-sgoil a fhreagair	88%	12%	—
Sgoil shònraichte	11	2	13
Sgoil neo-eisimeileach	2	2	4
Eile	8	12	20
A h-uile duine a fhreagair	415	67	482
% den h-uile duine a fhreagair	86%	14%	—

Chaidh fhaighneachd cuideachd de chlann is daoine òga càit an robh iad a' fuireach. Bha an fheadhainn a fhreagair a' cheist seo a' fuireach ann an aon de 30 de na 32 sgìrean ùghdarrais ionadail ann an Alba.⁴ B' e na trì sgìrean leis an àireamh as motha de luchd-freagairt Aonghas, Siorrachd Lannraig a Deas agus Meadhan Lodainn.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air cò a fhreagair, còmhla ri seata iomlan de thoraidhean nan ceistean dùinte, aig [Leas-phàipear A](#).

³ Bha na freagairtean aca aig ceistean fosgailte gu tric nas mionaidiche na freagairtean na cloinne is dhaoine òga. Far an robh seo a' tachairt, thathar air geàrr-chunntas a dhèanamh air prìomh phuingeann aig deireadh gach earrainn den fhios-air-ais air a' cho-chomhairleachadh.

⁴ Cha robh luchd-freagairt ann à Peairt is Ceann Rois no à Siorrachd Rinn Friù.


Earrann 1: Dè bhios luchd-sgrùdaidh a' coimhead air nuair a tha iad a' sgrùdadh sgoiltean?

Bha a' chiad earrann den cheisteachan ag amas air dè a bhios luchd-sgrùdaidh a' coimhead air nuair a tha iad a' tadhal air sgoil, gus tuigse mhath fhaighinn air dè cho math 's a tha clann is daoine òga ag ionnsachadh agus mar a tha tidsearan gan cuideachadh. Chaidh fhaighneachd de chlann is daoine òga mu na rudan as cudromaiche, nam beachd-san, a bu chòir do luchd-sgrùdaidh a choimhead air ma tha iad a' tadhal air an sgoil aca. Chaidh liosta de 18 diofar roghainnean a thoirt seachad, le roghainnean freagairt "Cudromach", "Chan eil e cudromach", agus "Chan eil mi cinnteach".

Ceist 1.1 – Seall air an liosta gu h-ìosal agus innis dhuinn dè cho cudromach 's a tha gach aon dhiubh dhut. Tagh aon de na roghainnean airson gach freagairt. Mura bheil fios agad, dìreach tagh an roghainn “Chan eil mi cinnteach”.

Tha a' chairt seo a' sealltainn na freagairt iomlaine airson gach roghainn aig Ceist 1. Tha na freagairtean airson gach roghainn a rèir far a bheil daoine a' dol airson ionnsachadh air an sealltainn anns na clàran ann an [Leas-phàipear A](#).

Bha na roghainnean uile a' sgòradh aig ìre àrd a thaobh cudromachd, agus b' iad “Cò ris a tha e coltach a bhith san sgoil agad” agus “Mar a bhios sgoil gad chumail sàbhailte agus dìonta” na roghainnean a bu bhuailtiche a bhith cudromach do chlann is daoine òga. Bha



cha mhòr a h-uile duine a fhreagair – barrachd is 9 a-mach às gach 10 – den bheachd gun robh iad sin cudromach.

Ged a bha mòr-chuid no cuid as motha fhathast gam faicinn mar chudromach, bha “Dè cho math ’s a thathar a’ cleachdadh choimpiutairean agus teicneòlas gus do chuideachadh le ionnsachadh” agus “Mar a tha an sgoil agad ag obair le daoine eile a bheir taic dhut” cuideachd am measg an fheadhainn leis an àireimh as motha de chlann is daoine òga a bha an dara cuid mì-chinnteach no nach robh gam faicinn mar chudromach.

Cha robh eadar-dhealachaidhean sònraichte sam bith san dòigh a bha clann is daoine òga bho bhun-sgoiltean, àrd-sgoiltean, sgoiltean foghlaim shònraichte agus sgoiltean neo-eisimeileach air a’ cheist seo a fhreagairt.

Ceist 1.2 – A bheil thu den bheachd gu bheil raointean cudromach sam bith a dhìth bhon liosta a bu chòir do luchd-sgrùdaidh a choimhead air nuair a tha iad a’ tadhal air sgoil? Ma tha, sgrìobh do bheachd-smuainean sa bhogsa gu h-ìosal.

Chaidh fhaighneachd de chlann is daoine òga an robh raointean cudromach sam bith a bha, nam beachd-san, a dhìth bhon liosta roghainnean agus a bu chòir do luchd-sgrùdaidh a choimhead air nuair a tha iad a’ tadhal air sgoiltean.

Bha na freagairtean gu tric a’ bruidhinn air àrainneachd fhiosaigeach na sgoile agus air pàirtean sònraichte air am bu chòir do luchd-sgrùdaidh aire a thoirt. Bha iad sin a’ gabhail a-steach seòmraichean-teagaisg, taighean-beaga, raointean biadhlainn agus àiteachan a-muigh, a’ gabhail a-steach raointean-cluiche. Chaidh iomradh a thoirt air biadh sgoile, a’ gabhail a-steach dè cho fallain ’s a tha sin. Chaidh dè cho glan ’s a tha na h-àitichean a chleachdas clann a thogail cuideachd mar chùis air am bu chòir do luchd-sgrùdaidh a bhith mothachail. Sgrìobh clann bhun-sgoile mu cho cudromach ’s a tha cothrom air àitichean a-muigh agus cothroman airson ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh.

Thog clann is daoine òga, an dà chuid ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean, cùisean co-cheangailte ri sunnd san fharsaingeachd. Rinn clann bhun-sgoile iomradh air fuaim sna seòmraichean-teagaisg agus air giùlan sgoilearan. Bhruidhinn iad mu luchd-sgrùdaidh a’ faighinn a-mach dè cho toilichte ’s a tha clann, agus mar a tha iad a’ faireachdainn. Chaidh burraidheachd agus cùisean slàinte inntinn a thogail le grunn dhaoine òga ann an àrd-sgoil.

Bha an dàimh eadar tidsearan agus clann is daoine òga air a faicinn mar rud cudromach cuideachd. Bha seo a’ gabhail a-steach dè an ìre gun robh sgoilearan a’ faireachdainn gu bheil iad a’ faighinn taic, le iomagain air clann is daoine òga gum faodadh tidsearan a bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh eadar-dhealaichte nuair a tha luchd-sgrùdaidh san sgoil.

Bha e air faicinn mar rud cudromach a bhith a’ coimhead air mar a thathar ag èisteachd ri beachdan sgoilearan, chan ann a-mhàin san t-seòmar-teagaisg ach cuideachd ann an suidheachaidhean eile. Bha e cuideachd air faicinn mar rud cudromach mar a tha sgoiltean a’ brosnachadh sgoilearan gu bhith ag eadar-obrachadh agus ag obair còmhla ri chèile, agus a’ brosnachadh dàimhean adhartach eadar sgoilearan agus tidsearan.

B’ e cuid de na rudan eile a chaidh a thogail, ach nach deach a thogail cho tric, na leanas:

- faotainneachd chlubaichean sgoile, agus dè cho math 's a tha sgoiltean a' lìbhrigeadh ghnìomhachdan sònraichte, leithid spòrs
- faotainneachd ghoireasan, a' gabhail a-steach goireasan co-cheangailte ri teicneòlas fiosrachaidh

Fios-air-ais bho na còmhraidhean ASN

Conaltradh

Bhruidhinn com-pàirtichean sna còmhraidhean ASN mu cho cudromach 's a tha e gum bi Luchd-sgrùdadh an Rìgh a' conaltradh riutha le bhith a' cleachdadh raon farsaing de dhòighean-obrach, gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn dhaibh pàirt a ghabhail sna sgrùdaidhean.

Sunnd

Am measg nan raointean cudromach do chlann is daoine òga ann an suidheachaidhean sgoiltean sònraichte, bha: ùine a bhith aca airson ithe agus òl còmhla; roghainnean a bhith air an toirt dhaibh airson biadh; càirdeasan; taic gus dèiligeadh ris na feumalachdan mothachaidh aca; cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri faireachdainnean; eacarsaich; agus taic gus fuaimean mun cuairt orra a riaghladh.

Ionnsachadh, beatha agus obair

Nuair a chaidh iarraidh orra smaoineachadh air sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair, thug clann is daoine òga le ASN seachad beachdan mu dhòighean sa bheil iad ag ionnsachadh mar a stiùireas iad am faireachdainnean, mar a chuireas iad iad fhèin an cèill, mar a dh'fhuasglas iad duilgheadasan ann an suidheachaidhean fìor-bheatha, agus mar a leasaicheas iad an cur-seachadan agus an ùidhean.

Dè agus càite a bheil thu ag ionnsachadh

Bhruidhinn clann is daoine òga mu cho cudromach 's a tha e gum bi Luchd-sgrùdadh an Rìgh a' dèanamh beachd-sùla air ionnsachadh san sgoil ach cuideachd gum bi iad a' tuigsinn mar a tha iad ag ionnsachadh ann an suidheachaidhean fìor-bheatha sa choimhearsnachd ionadail.

Bha beachdan nas mionaidiche bho inbhich a bha a' freagairt ceisteachan chlann is daoine òga às leth pàiste a' gabhail a-steach:

- luchd-sgrùdadh a' coimhead air an trèanadh a gheibh luchd-obrach sgoile gus cùram a ghabhail de chlann le feumalachdan meidigeach iom-fhillte taobh a-staigh sgoiltean ASN, agus an co-mheas eadar luchd-obrach agus sgoilearan sna suidheachaidhean sin
- an ìre de thuigse a tha aig sgoil air niùro-iomadachd agus air a' bhuidhe a tha aig sin air mar a bhios clann is daoine òga ag ionnsachadh
- nàdar sònraichte nan sgoiltean Caitligeach agus mar a dh'fheumar ionnsachadh stèidhichte air creideamh agus beus creideimh nan sgoiltean sin a ghabhail a-steach mar phàirt de dhearbha-aithne na sgoile san sgrùdadh

Earrann 2: Na daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile


Mhìnich an ceisteachan gum bi luchd-sgrùdaidh, nuair a tha iad a' tadhal air sgoil, ag iarraidh a bhith a' faighinn a-mach dè tha ag obair gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith fiù 's nas fheàrr le bhith ag eadar-obrachadh le diofar dhaoine. Tha an liosta gu h-ìosal a' toirt seachad fiosrachadh air cò a dh'fhaodadh pàirt a ghabhail an-dràsta.

- Clann is daoine òga, a bhios a' toirt seachad am beachdan gus am faigh luchd-sgrùdaidh tuigse air cò ris a tha an sgoil coltach dhaibh.
- Luchd-ceannardais sgoile, leithid an ceannard-sgoile no an leas-cheannard-sgoile, a bhios a' bruidhinn ri luchd-sgrùdaidh, a' gabhail pàirt ann an coinneamhan agus uaireannan a' tadhal air clasaichean còmhla ri luchd-sgrùdaidh.
- Daoine eile a tha ag obair ann am foghlam, ach nach eil san sgoil a thathar a' sgrùdadh (mar eisimpleir, luchd-obrach bho sgoil eile no bhon chomhairle ionadail), a dh'fhaodadh pàirt a ghabhail ann an sgrùdadh sgoile le bhith a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean no a' tadhal air clasaichean.
- Inbhich bhon choimhearsnachd nas fharsainghe aig a bheil obraichean eadar-dhealaichte (chan ann ann am foghlam), agus a tha a' fuireach agus ag obair sa choimhearsnachd. Tha iad air an trèanadh gu sònraichte gus taic a thoirt do luchd-sgrùdaidh agus gus stèidh-amhairc eadar-dhealaichte a thoirt seachad ann an sgrùdadh sgoile.

Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad air cò bu chòir a bhith an sàs ann an sgrùdadh sgoile.

Ceist 2 – A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bi na buidhnean seo a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh gus tuigse fhaighinn air dè cho math 's a tha an sgoil agad a' dèanamh rè sgrùdadh na sgoile agad?

- Clann is daoine òga
- Àrd-luchd-teagaisg a tha ag obair san sgoil agad
- Inbhich a tha ag obair ann am foghlam ach nach eil san sgoil agad
- Inbhich eile nach eil ag obair ann am foghlam



Tha a' chairt seo a' sealltainn na freagairt iomlaine airson gach roghainn aig Ceist 2. Tha freagairtean a rèir far a bheil daoine a' dol airson ionnsachadh air an sealltainn sna clàran ann an [Leas-phàipear A](#).

Bha a' chuid as motha de chlann is daoine òga den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bu chòir dhaibh cuideachadh a thoirt do luchd-sgrùdaidh gus tuigse fhaighinn air dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh. Bha mòr-chuid den bheachd gum biodh e math nan robh àrd-luchd-teagaisg a' cuideachadh, ged nach robh sgoilearan àrd-sgoile a cheart cho buailteach a bhith den bheachd seo 's a bha sgoilearan bun-sgoile.

Cha robh clann is daoine òga cho cinnteach a thaobh am bu chòir do dh'inbhich a tha ag obair ann am foghlam ach nach ann san sgoil aca fhèin, agus do dh'inbhich bhon choimhearsnachd nas fharsainghe, a bhith an sàs ann.


Fios-air-ais bho na còmhraidhean ASN

Thug clann is daoine òga a ghabh pàirt sna còmhraidhean ASN eisimpleirean de dhaoine a bhios gan cuideachadh agus a bha iad den bheachd a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach ann an sgrùdadh sgoile Dh'ainmich iad luchd-obrach cainnt is cànan, pàrantan, leasaichean-obrach, lighichean-leigheis corporra, coidsichean, nursaichean, luchd-obrach sgoile agus tidsearan.

Earrann 3: Dè cho tric 's a thathar a' sgrùdadh sgoiltean

Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad air dè cho tric 's a bu chòir do sgoiltean a bhith air an sgrùdadh.

Ceist 3.1 – Dè cho tric, nad bheachd-sa, a bu chòir do sgoil a bhith air a sgrùdadh? Tagh an aon fhreagairt a tha thu a' smaoinichadh as fheàrr.



Tha a' chairt seo a' sealltainn nan diofar fhreagairtean a thug sgoilearan bun-sgoile agus àrd-sgoile do Cheist 3.1. Tha a' bhuidheann "A h-uile seòrsa eile" air a' chairt (agus air cairtean eile gu h-ìosal) a' cothlamadh freagairtean nan trì buidhnean eile – sgoiltean foghlaim shònraichte, sgoiltean neo-eisimeileach agus seòrsaichean eile de luchd-freagairt.

B' e sgoiltean a bhith air an sgrùdadh co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna an roghainn as mòr-chòrdte, gu shònraichte am measg sgoilearan àrd-sgoile. Bha mòr-chuid de chlann is daoine òga a bha a' frithealadh sgoil foghlaim shònraichte (nam pàirt den bhuidheann "A h-uile seòrsa eile" air a' chairt seo) cuideachd a' taghadh co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna.

Cha robh mòran taic ann airson nan roghainnean co-dhiù gach 7 bliadhna no gach 10 bliadhna.

Bha ceist leantainneach a' faighneachd de chlann is daoine òga an robh beachd eadar-dhealaichte aca air dè cho tric 's a bu chòir sgrùdaidhean a dhèanamh. B' iad sgrùdaidhean bliadhnail, no sgrùdadh co-dhiù aon turas gach 2 bhliadhna, na molaidhean a bu trice a chaidh a dhèanamh. Am measg nan adhbharan a thugadh seachad airson sgrùdaidhean bliadhnail, bha dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile sgoil a' coileanadh aig ìre agus inbhe chunbhalach.

Bha molaidhean nas mionaidiche bho inbhich a bha a' freagairt às leth pàiste a' gabhail a-steach:


- sgrùdaidhean nas trice, ach nas giorra agus nas cuimsichte
- sgrùdaidhean gun rabhadh gus dealbh ceart a thoirt air coileanadh na sgoile

- sgrùdadh bliadhnail airson sgoiltean ASN, air sgàth so-leòntachd nan sgoilearan agus gus barantachd a thoirt do phàrantan
- tricead sgrùdaidhean a bhith ceangailte ris na suidheachaidhean, mar eisimpleir ma bha atharrachadh ann an ceannard-sgoile

Earrann 4: Cuin a thathar ag innse do sgoiltean gum bi luchd-sgrùdadh a' tighinn thuca

An-dràsta, mar as trice bidh luchd-sgrùdadh ag innse do sgoil gun tig iad a sgrùdadh mu dhà sheachdain gu leth ro-làimh. Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad air cuin a bu chòir innse do sgoiltean gum bi luchd-sgrùdadh a' tadhal orra.

Ceist 4.1 – Nam biodh luchd-sgrùdadh a' tighinn don sgoil agad, cuin a bu chòir innse, nad bheachd-sa, don cheannard-sgoile agad?



Bha dealbh caran measgaichte ann airson na ceiste seo agus, san fharsaingeachd, cha robh roghainn shoilleir aig clann is daoine òga. Bha clann bhun-sgoile beagan nas buailtiche a bhith den bheachd gur e “mu dhà sheachdain gu leth” an roghainn as fheàrr. Bha sgoilearan àrd-sgoile beagan nas buailtiche “mu 2 latha” a thaghadh.


Bha clann is daoine òga a bha a' freagairt bho sgoiltean foghlaim shònraichte (pàirt den bhuidhinn “A h-uile seòrsa eile” air a' chairt seo) as buailtiche a bhith den bheachd gum bu chòir an ùine a bheirear seachad a bhith “eadar-dhealaichte airson gach sgoil”.

Earrann 5: Fiosrachadh mus tachair sgrùdadh

Mus tadhail luchd-sgrùdaidh air sgoil, bidh iad a' faighneachd de dhiofar dhaoine dè tha a' dol gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith nas fheàrr. Mar eisimpleir, thathar an-còmhnaidh ag iarraidh air a' cheannard-sgoile, air clann is daoine òga agus air pàrantan am beachdan a thoirt seachad mus tachair an sgrùdadh.

Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad a thaobh am bu chòir do luchd-sgrùdaidh beachdan diofar dhaoine iarraidh mus tig iad gu sgoil. Chaidh fhaighneachd dhiubh cuideachd dè na dòighean as fheàrr airson beachdan clann is daoine òga na sgoile a chluinntinn.


Ceist 5.1 – A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bi an ceannard-sgoile agad ag innse do luchd-sgrùdaidh dè tha a' dol gu math nam beachd-san



agus dè dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr mus tòisich an sgrùdadh?

Bha mòr-chuid de chlann is daoine òga den bheachd gum biodh e math nan robh an ceannard ag innse don luchd-sgrùdaidh dè bha a' dol gu math, nam beachd-san, agus dè dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr mus tòisich sgrùdadh sgoile. Bha sgoilearan bun-sgoile nas buailtiche a bhith a' smaointinn seo na bha sgoilearan àrd-sgoile.


Ceist 5.2 – A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann faighneachd de chlann is daoine òga san sgoil agad dè tha a' dol gu math, nam beachd-san, agus dè dh'fheumas leasachadh mus tòisich an sgrùdadh?



Bha clann is daoine òga fìu 's nas buailtiche a bhith den bheachd gum biodh e math nan robhar a' faighneachd dhaibh fhèin dè bha a' dol gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith na

b' fheàrr mus tòisich sgrùdadh sgoile. Bha sgoilearan àrd-sgoile gu h-àraid dèidheil a bhith comasach air am beachdan is gnàth-eòlasan a cho-phàirteachadh.

Ceist 5.3 – Dè an dòigh a b' fheàrr, nad bheachd-sa, airson luchd-sgrùdaidh faighinn a-mach dè tha clann is daoine òga a' smaoineachadh mun sgoil aca mus tadhail iad oirre? Faodaidh tu barrachd air aon roghainn a thaghadh.



Thugadh trì roghainnean do chlann is daoine òga airson mar a b' urrainn do luchd-sgrùdaidh am beachdan air an sgoil fhaighinn mus tòisich an tadhal. Bha ceisteachan agus còmhraidh nan dòighean-obrach nas mòr-chòrdte na uidheam air-loidhne.

B' urrainn do chlann is daoine òga roghainnean eile a mholadh cuideachd. Am measg nam beachdan aca bha gun gabhadh an dà chuid ceisteachan agus còmhraidh buidhne a chleachdadh, no gum biodh còmhraidh nas fheàrr airson chlann nas òige, le ceisteachan airson sgoilearan nas sine.

Bha ùidh aig cuid eile ann an aplacaid air-loidhne no làrach-lìn, a' toirt fa-near gun leigeadh seo le clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad gu prìobhaideach, gun a bhith fo chuideam ùine.

Bha beachdan eile a' gabhail a-steach gairmean bhidio air-loidhne agus beachdachadh air dòighean air co-thionalan sgoile a chleachdadh.

Am measg nam puingean a rinneadh le inbheach a bha a' freagairt às leth chloinne, bha:

- nach bu chòir do luchd-obrach na sgoile a bhith an làthair gus am bi clann a' faireachdainn saor airson bruidhinn
- inneal air-loidhne airson pàrantan a lìonadh còmhla ri clann, rud a bhiodh a' sgur tidsearan clas de bhith a' toirt buaidh air freagairtean
- gum bu chòir do chlann is daoine òga a tha a' gabhail pàirt ann am buidhnean còmhraidh a bhith air an taghadh air thuaiream seach le luchd-obrach na sgoile
- gum faodadh cuid de chlann a bhith feumach air taic bho chuideigin air a bheil iad eòlach gus an cuideachadh am beachdan a thoirt seachad


- gum bu chòir goireasan lèirsinneach a thoirt seachad do chlann a tha neo-bhriathrail

Earrann 6: Mar a tha luchd-sgrùdaidh a' toirt cunntas air mar a tha sgoil a' dèanamh

Nuair a tha luchd-sgrùdaidh a' tadhal air sgoil, bidh iad a' sgrìobhadh aithisg a bhios a' mìneachadh dè tha an sgoil a' dèanamh gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr. Bidh luchd-sgrùdaidh a' cleachdadh aon fhacal (no rang) gus cunntas a thoirt air dè cho math 's a tha diofar phàirtean den sgoil a' dèanamh. 'S iad na rang: Sàr-mhath, Glè mhath, Math, Riarachail, Lag, no Mì-riarachail.

Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad a thaobh am bu chòir do luchd-sgrùdaidh na faclan (rangan) seo a chleachdadh gus cunntas a thoirt seachad air dè cho math 's a tha diofar phàirtean de sgoil a' dèanamh.

Ceist 6.1 – A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bi luchd-sgrùdaidh sgoile a' cleachdadh rang de dh'aon-fhacal airson cunntas a thoirt



seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh an dèidh dhaibh tadhal oirre?

Bha beachdan gu math measgaichte am measg chlann is daoine òga a thaobh a bheil e math gum bi luchd-sgrùdaidh a' cleachdadh rang aon fhacail airson cunntas a thoirt air dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh, le barrachd mì-chinnteach mun chùis seo na bha air cha mhòr ceist sam bith eile.


Bha sgoilearan bun-sgoile nas buailtiche a bhith den bheachd gun robh rang aon-fhachail math; bha mu ceathrar a-mach às gach 10 (43%) a' taghadh na roghainne seo. Ach cha robh cha mhòr an dàrna leth de sgoilearan àrd-sgoile (49%) den bheachd gur e deagh rud a bh' ann rang aon-fhacal a chleachdadh.

Earrann 7: Mar a gheibh clann is daoine òga a-mach dè thuirt luchd-sgrùdaidh

An dèidh do luchd-sgrùdaidh tadhal air sgoil, bidh iad a' sgrìobhadh litir gu pàrantan no luchd-cùraim gus innse dhaibh dè a fhuair iad. Bidh iad cuideachd a' sgrìobhadh aithisg don sgoil gus an cuideachadh an sgoil a dhèanamh nas fheàrr.

Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad air na dòighean a b' fheàrr, nam beachd-san, airson clann is daoine òga a chluinntinn dè bha luchd-sgrùdaidh a' smaoineachadh mun sgoil aca an dèidh don sgrùdadh a bhith deiseil.


Ceist 7.1 – A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bi luchd-sgrùdaidh ag ullachadh aithisg airson chlann is daoine òga an dèidh don sgoil aca a bhith air a sgrùdadh, ag innse dhaibh dè tha a' dol gu math agus dè dh'fheumas



leasachadh san sgoil aca?

Gu h-iomlan, bha mòr-chuid de chlann is daoine òga den bheachd gur e deagh rud a bhiodh ann nam biodh luchd-sgrùdaidh ag ullachadh aithisg airson chlann is daoine òga an dèidh don sgoil aca a bhith air a sgrùdadh. Bha sgoilearan àrd-sgoile beagan nas buailtiche a bhith den bheachd gur e deagh rud a bhiodh ann na bha sgoilearan bun-sgoile.

Ceist 7.2 – Dè an dòigh a b' fheàrr, nad bheachd-sa, airson luchd-sgrùdaidh innse do chlann is daoine òga dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh an dèidh an



sgrùdaidh?**Faodaidh tu barrachd air aon roghainn a thaghadh.**

Bha clann is daoine òga as buailtiche a bhith den bheachd gur e bhidio an dòigh a b' fheàrr airson luchd-sgrùdaidh a bhith ag innse dhaibh mar a tha an sgoil aca a' dèanamh, ged a bha taic ann cuideachd airson an dara cuid aithisg no litir. Ma thathar a' toirt seachad aithisgean, bhathar a' moladh gum bu chòir dhaibh a bhith freagarrach do chlann agus furasta ri leughadh.

B' urrainn do chlann is daoine òga cuideachd dòighean eile a mholadh airson luchd-sgrùdaidh innse dhaibh dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh. Mhìnich cuid den fheadhainn a sgrìobh beachd carson a bhiodh bhidio na roghainn mhath, a' gabhail a-steach gum biodh e freagarrach do gach aois agus ìre tuigse agus gum b' urrainn dha a bhith tarraingeach. Bha molaidhean ann cuideachd, ma thathar a' toirt seachad aithisgean, gum bu chòir dhaibh a bhith freagarrach do chlann agus furasta ri leughadh.

Bha beachd-smuainean eile a' gabhail a-steach cleachdadh mheadhanan sòisealta leithid Instagram agus Facebook no a bhith a' toirt fios-air-ais gu pearsanta, is dòcha aig co-thional sgoile air an latha, no uaireigin an dèidh sin.

Fios-air-ais bho na còmhraidhean ASN


Bha clann is daoine òga den bheachd gum bu chòir do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh bruidhinn ri sgoilearan mus fàg iad an sgoil, gus fios-air-ais a thoirt dhaibh mun sgrùdadh agus mar a chaidh e.

Chuir iad cuideam air cho cudromach 's a tha e gum bi Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' cleachdadh nan dòighean conaltraidh a b' fheàrr leotha. Am measg nam molaidhean airson dòighean a tha freagarrach do sgoilearan gus fios-air-ais sgrùdaidh a thoirt seachad, bha cleachdadh bhidiothan, litrichean ruigsinneach agus fiosrachadh geàrr-chunntais mu neartan agus raointean leasachaidh.

Earrann 8: Iar-sgrùdadh agus taic


Uaireannan, ma lorgas luchd-sgrùdaidh gu bheil tòrr rudan ann an sgoil a dh'fheumar leasachadh, faodaidh iad tilleadh nas fhaide air adhart gus faicinn dè am piseach a tha air tachairt. Chaidh iarraidh air clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad a thaobh am bu chòir do luchd-sgrùdaidh tilleadh gus faicinn dè am piseach a tha air tachairt ann an sgoil, agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith an sàs ann a bhith a' sealltainn dè tha air atharrachadh.

Ceist 8.1 – A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bi luchd-sgrùdaidh a' tilleadh don sgoil agad gus faicinn a bheil cùisean air leasachadh, ma bha tòrr raointean ann a bha feumach air leasachadh?



Bha a' chuid bu mhotha de chlann is daoine òga den bheachd gum biodh e math, far an robh iomadh raon ann san robh feum air piseach, gun tilleadh luchd-sgrùdaidh don sgoil aca gus am faiceadh iad an robh cùisean air a dhol am feabhas. Cha robh ach beagan den bheachd nach e deagh rud a bh' ann.

Ceist 8.2 – A bheil thu den bheachd gur e deagh rud a th' ann gum bi clann is daoine òga an sàs ann a bhith a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh a thuigsinn dè tha air leasachadh, ma dh'fheumas iad tilleadh don sgoil agad a-rithist?



Gu h-iomlan, bha a' chuid as motha de chlann is daoine òga cuideachd den bheachd gur e deagh rud a bhiodh ann gum biodh clann is daoine òga an sàs ann a bhith a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh a thuigsinn dè tha air leasachadh.

Ceist dheireannach

Chaidh fhaighneachd de chlann is daoine òga an robh beachd-smuainean sam bith eile aca air mar a dh'fhaodadh sgrùdaidhean sgoile ann an Alba obrachadh san àm ri teachd

Am measg nam beachd-smuainean aca, bha sgrùdaidhean gun rabhadh (far nach innis luchd-sgrùdaidh do luchd-obrach sgoile gum bi iad a' tadhal) gus dèanamh cinnteach gum faic luchd-sgrùdaidh cò ris a tha an sgoil coltach mar as trice, seach gum bi an sgoil comasach air ullachadh.

Bha beachd-smuainean eile, uile air an dèanamh le àireamhan beaga de chlann is daoine òga, a' gabhail a-steach:

- luchd-sgrùdaidh gan cur fhèin an aithne chloinne aig co-thional na sgoile no ann an coinneamh neo-fhoirmeil/fàilteachadh mus tèid an sgrùdadh a dhèanamh
- luchd-sgrùdaidh a' caitheamh barrachd ùine ann an clasaichean
- seiseanan buail a-steach far am faod sgoilearan agus luchd-sgrùdaidh coinneachadh
- luchd-sgrùdaidh a' bruidhinn ri sampall de sgoilearan bho gach bliadhna, a' gabhail a-steach mu thaobhan nas fharsainge den fhoghlam aca, leithid chlubaichean agus iomairtean sa bheil iad an sàs
- daoine òga bho sgoiltean eile a bhith nam pàirt den sgioba sgrùdaidh

Fios-air-ais bho na còmhraidhean ASN

Bha a' chlann is daoine òga a ghabh pàirt sna còmhraidhean ASN den bheachd gun robh na beachdan aca cudromach agus gum bu chòir dhaibh a bhith nam pàirt de sgrùdaidhean sgoile. Bu chòir do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh raon farsaing de dhòighean conaltraidh a chleachdadh gus seo a chomasachadh. Tha tidsearan agus luchd-obrach taice cudromach ann a bhith gan cuideachadh gus adhartas a dhèanamh, ach bu chòir do chom-pàirtichean eile a bhith an sàs ann an sgrùdaidhean cuideachd.

Am measg phuingean a bharrachd a rinneadh le inbhich a bha a' freagairt às leth chloinne, bha:

- gum bu chòir sunnd agus dàimhean agus mar a tha sgoil a' toirt taic do sgoilearan niùro-iomadach a bhith nam pàirt den sgrùdadh, agus bu chòir do luchd-sgrùdaidh bruidhinn ri sgoilearan le feumalachdan foghlaim shònraichte
- gum bu chòir gun robh mar a tha feallsanachd is cultar Caitligeach a' cur ri builean foghlaim chloinne is daoine òga a bhith mar phàirt den sgrùdadh
- nach bu chòir do luchd-obrach sgoile a bhith an làthair nuair a tha luchd-sgrùdaidh a' bruidhinn ri pàrantan agus clann

3. Fios-air-ais bho luchd-ùidh

Facal-toisich

Tha a' chaibideil seo den aithisg a' toirt seachad mion-sgrùdadh air freagairtean don cheisteachan airson luchd-ùidh a bha a' còmhachadh nan naoi cuspairean a leanas:

- Earrann 1: Daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile
- Earrann 2: Tricead agus roghnachadh sgrùdaidhean
- Earrann 3: Rangan gan cleachdadh ann an sgrùdadh
- Earrann 4: Brath air sgrùdadh sgoile
- Earrann 5: Ron sgrùdadh
- Earrann 6: Dealbhadh agus susbaint frèam-obrach sgrùdaidhean sgoile
- Earrann 7: Ag aithris air toradh an sgrùdaidh
- Earrann 8: A' sgrùdadh chlasaichean sgòil-àraich
- Earrann 9: Iar-sgrùdadh

Chaidh 29 ceistean dùinte a chur uile gu lèir, a bharrachd air 7 ceistean fosgailte (a bha an dara cuid leotha fhèin no a' faighneachd airson mìneachadh air beachdan a thugadh seachad airson ceist dhùinte).

Cò a fhreagair an ceisteachan airson luchd-ùidh

Fhuair eadhon freagairtean bho 1,177 daoine uile gu lèir, leis a' mhòr-chuid – 1,139 luchd-freagairt – air an cur a-steach tron àrd-ùrlar co-chomhairleachaidh Citizen Space. Chaidh 38 freagairtean eile a chur gu dìreach gu Foghlam Alba ann an diofar chruthan, le cuid a' freagairt nan ceistean co-chomhairleachaidh a-mhàin, cuid a' freagairt nan ceistean agus a' toirt seachad beachdan a bharrachd, agus cuid eile a' cur a-steach freagairt ann an cruth aithris. Chaidh susbaint nam freagairtean sin a cheangal ris a' cheist as buntainniche far an robh sin comasach agus dh'fhaodadh i cuideachd fiosrachadh a thoirt don earrainn mu chuspairean nas fharsainghe (gu h-ìosal)

Chaidh grunn cheistean a chur air luchd-freagairt a thaobh an robh iad a' freagairt mar neach fa leth, mar bhuidheann no buidheann-eagrachaidh, agus mu an ceangal ri raon an fhoghlaim (bun-sgoil, àrd-sgoil, neo-eisimeileach, roinn phoblach, an treas roinn msaa).” Stèidhichte air na freagairtean aca, chaidh luchd-freagairt a chur ann an aon de chòig buidhnean de luchd-ùidh no ann an aon de sheachd buidhnean eagrachaidh mar a chithear ann an Clàran 3 agus 4 gu h-ìosal.

Clàr 3: Buidheann de luchd-ùidh: luchd-freagairt a rèir seòrsa

Seòrsa luchd-ùidh	Àireamh	% de luchd-freagairt ann am buidheann an luchd-ùidh
Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga	322	29%
Tidsear no neach-obrach sgoile eile	386	34%
Neach-ceannardais no manaidsear àrd-ìre	322	29%
Oifigear ùghdarras ionadail/foghlaim	38	3%
Eile	54	5%
Iomlan	1122	100%

Bha na buidhnean “Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga”, “Tidsear no luchd-obrach sgoile eile” agus “Neach-ceannardais no manaidsear àrd-ìre” de mheud co-ionann cha mhòr, le àireamhan nas lugha anns na buidhnean “Oifigear ùghdarras ionadail/foghlaim” agus “Eile”.

Tha a’ bhuidheann “Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga” a’ gabhail a-steach luchd-freagairt a chomharraich iad fhèin mar sheanair no seanmhair no càirdean dlùth eile do phàiste no do neach òg, còmhla ris an àireimh bhig de dhaoine òga a fhreagair an ceisteachan seo (seach an dreach do Chlann is Daoine Òga). Chaidh an luchd-freagairt sin a chur còmhla ri pàrantan no luchd-cùraim leis gun robh iad a’ nochdadh sealladh an “neach-cleachdaidh”.

’S iad puingean eile as fhiach toirt fa-near mu na buidhnean de luchd-ùidh:

- ma bha cuideigin gan comharrachadh fhèin mar phàrant ach cuideachd mar neach aig an robh dreuchd eile, leithid tidsear no gun robh iad nan tidsear roimhe, chaidh an cur sa bhuidhinn “Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga”⁵
- tha na buidhnean “Tidsear no luchd-obrach sgoile eile”, “Neach-ceannardais no manaidsear àrd-ìre” agus “Oifigear ùghdarras ionadail/foghlaim” cuideachd a’ gabhail a-steach luchd-freagairt a tha air leithid a dhreuchd a leigeil dhiubh
- tha a’ bhuidheann “Eile” a’ gabhail a-steach 15 luchd-freagairt nach tug seachad am fiosrachadh a bhathar a’ cleachdadh gus co-dhùnadh a dhèanamh air dè a’ bhuidheann san deach neach-freagairt a chur

Clàr 4: Luchd-freagairt bho bhuidhnean a rèir seòrsa

Seòrsa buidhne	Àireamh
Ùghdarras Ionadail	15
Buidheann phoblach	5
Buidheann riochdachaidh an raoin no buidheann ballrachd	9
Buidheann-bheachdachaidh, seirbheis co-chomhairleachaidh no saoghal nan sgoilear	3

⁵ Chaidh seo a dhèanamh a chionn ’s gun robh luchd-freagairt buailteach iad fhèin a mhineachadh mar phàrant an toiseach.

An treas roinn, buidheann iomairt no solaraiche taice	12
Aonadh Ciùird	3
Eile	8
Iomlan	55

B' e “Ùghdarrasan ionadail” a' bhuidheann de luchd-freagairt as motha, agus an uair sin luchd-freagairt bho “An treas roinn, buidheann iomairt no solaraiche taice”.

Bha 35 freagairtean ann a rinn seata de phuingean co-cheangailte/co-roinnte a thaobh sgrùdadh sgoiltean Caitligeach. Bha iad sin air an sgaoileadh thar nam buidhnean de luchd-freagairt bho Luchd-ùidh agus bho Bhuidhnean, agus bha beagan eadar-dhealachaidh ann a thaobh an teacsa a chaidh a chleachdadh agus na freagairtean do na ceistean dùinte. Airson adhbharan a' mhion-sgrùdaidh, chaidh na freagairtean sin a chur sa bhuidhinn iomchaidh de luchd-freagairt seach a bhith air an sgrùdadh air leth.

Fòcas na h-earrainn seo

Tha am mion-sgrùdadh san earrainn seo den aithisg ag amas gu sònraichte air na beachdan a chuireadh an cèill leis an 95% de luchd-freagairt a tha a' tighinn fo aon de na còig prìomh bhuidhnean de luchd-ùidh (Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga, Tidsear no luchd-obrach sgoile eile, Neach-ceannardais no manaidsear àrd-ìre, Oifigear ùghdarrais ionadail/foghlaim, agus Eile).

Tha na cairtean ann am prìomh bhuidheann na h-aithisge a' riochdachadh beachdan nan còig buidhnean de luchd-ùidh sin air na ceistean dùinte, le briseadh sìos àireamhach iomlan airson gach ceist air a thoirt seachad aig [Leas-phàipear B](#), far a bheil freagairtean na buidhne cuideachd air an cur an cèill. Thoir fa-near gu bheil na clàran a' clàradh a-mhàin an fheadhainn a fhreagair a' cheist dhùinte anns gach cùis, agus mar sin dh'fhaodadh na h-àireamhan iomlan (àireamhan bunaiteach) atharrachadh. Tha am mion-sgrùdadh a thaobh ceistean fosgailte a' gabhail a-steach beachdan a rinneadh leis a h-uile neach-freagairt, a' gabhail a-steach le buidhnean.

Mus gluais sinn air adhart gu prìomh cheistean a' cho-chomhairleachaidh, tha foir-shealladh goirid ann air cuid de na cùisean nas fharsainghe a chaidh a thogail, gu h-àraidh le buidhnean-eagrachaidh a thug freagairt neo-choitcheann don cho-chomhairleachadh.

Cuspairean nas fharsainghe

Bha mu 40 neach-freagairt⁶ a' toirt seachad beachdan tòiseachaidh no beachdan coitcheann co-cheangailte ri siostam an sgrùdaidh san fharsaingeachd. Bha cuid de luchd-freagairt a' toirt seachad beachdan coitcheann cuideachd mu shiostam an sgrùdaidh sna beachdan a bharrachd aca aig ceistean sònraichte, gu h-àraidh aig Ceistean 3 agus 9.

Bha raon de luchd-freagairt, a' gabhail a-steach bho “Aonadh ciùird”, “Ùghdarras ionadail” agus “Buidheann riochdachaidh an raoin no buidheann ballrachd” a' toirt fa-near am briseadh-dùil aca leis an fhòcas a bh' aig a' cho-chomhairleachadh. Bha na beachdan aca a' gabhail a-steach gu bheil e ro chumhang agus nach eil e a' comharrachadh an ath-leasachaidh nas bunaitiche air siostam an sgrùdaidh a bha luchd-freagairt den bheachd a bha a dhìth.

A thaobh nam prionnsapalan bunaiteach a bu chòir a bhith mar bhunait air siostam sgrùdaidh sam bith san àm ri teachd, bha luchd-freagairt “Aonadh ciùird” am measg an fheadhainn a mhol gum bu chòir am fòcas a bhith air leasachadh sgoile. Rinn iad argamaid airson dòigh-obrach sgrùdaidh a tha air a dealbhadh timcheall air dealbhadh an t-siostaim, agus a tha cuideachd ag aithneachadh an àite dheatamaich a th' aig ùghdarrasan ionadail mar na buidhnean a tha an urra ri maoineachadh, luchd-obrach agus taic a thoirt do sgoiltean agus dùbhlann a chur romhpa⁷.

A bharrachd air aithne a thoirt do dhreuchd bhunaiteach nan ùghdarrasan ionadail, chaidh iomradh a thoirt air frèam-obrach cunntachalachd sam bith a bhith a' leudachadh gu gnìomhan dhaoine eile air a bheil uallach airson siostam an fhoghlaim. Bha seo a' gabhail a-steach Ministearan an Riaghaltais agus na seirbheisean eile do chlann is daoine òga aig a bheil buaidh air an ionnsachadh agus an sunnd. Mhìnich freagairt bho “Bhuidheann phoblach” gum bu chòir do HMIE dòigh-obrach nas ro-innleachdaile a ghabhail a thaobh sgrùdadh agus mar a tha e a' cur ri barantachadh poblach air càileachd siostam an fhoghlaim ann an Alba. B' e am beachd-san gum bu chòir fòcas an sgrùdaidh a bhith air solaraichean sheirbheisean foghlaim seach air sgoiltean fa leth, agus gum biodh seo a' cuideachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche ri leasachadh an t-siostaim gu lèir agus ri riaghladh èifeachdach an t-siostaim.

Chaidh a mholadh gum bu chòir do dh'Alba, san àm ri teachd, a bhith a' coimhead ri modail san robh measadh air a stiùireadh le luchd-cleachdaidh proifeiseanta, le co-obrachadh agus ionnsachadh proifeiseanta thar diofar shuidheachaidhean. Bha iarrtasan ann gum bu chòir ùine a thasgadh ann a bhith a' leasachadh dòigh-obrach nas co-obrachail agus taic a thoirt seachad airson atharrachadh sam bith a bhiodh riatanach. Bha iarrtas ann cuideachd gum bu chòir am modail a thogail air earbsa ann am breithneachadh proifeiseanta nan tidsearan, gum bu chòir seo a leudachadh chun a'

⁶ Chaidh iad sin a chur a-steach sa mhòr-chuid tro phost-d agus bha susbaint ann an cruth aithris orra, a bharrachd air, no an àite, freagairt a thoirt do na ceistean sònraichte sa cho-chomhairleachadh.

⁷ Fo Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba msaa. (2000), tha solarachadh foghlaim ann an Alba fo dhleastanas ùghdarrasan ionadail. Tha iad an urra ri: coileanadh riatanasan reachdail; poileasaidhean agus stiùiridhean a chaidh aontachadh gu nàiseanta a thoirt air adhart; caitheamh agus cunntachalachd airson maoineachadh foghlaim; agus leasachadh leantainneach air seirbheisean gus coinneachadh ri feumalachdan choimhearsnachdan ionadail.

chlàir-obrach airson leasachadh, agus gum bu chòir aithneachadh nach urrainn càileachd an fhoghlaim ann an sgoiltean fa leth a bhith nas fheàrr na comas an t-siostaim nas fharsainghe a bhith a' toirt taic do dh'oidhirpean thidsearan agus cheannardan-sgoile. Chomharraich freagairt bho “Bhuidheann phoblach” cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil inbhean teagaisg air an ainmeachadh gu soilleir agus air an amalachadh gu coileanta ann am frèam-obrach sgrùdaidh sgoiltean agus ann an uidheaman measaidh aig ìre an t-siostaim.

Bha molaidhean ann cuideachd, a' gabhail a-steach bho luchd-freagairt “Aonadh Ciùird”, a thaobh mar bu chòir siostam sgrùdaidh ùr no eile a dhealbhadh, leis a' chuideam mar as trice air cur às don t-siostam aithrisidh stèidhichte air rangan. Bha cùisean-iomagain air an cur an cèill, a' gabhail a-steach gu bheil dòigh-obrach stèidhichte air rangan a' cur bacadh air measaidhean dligheach agus mionaideach a bhith air an ullachadh airson coileanadh sgoiltean, gu h-àraidh measaidhean a ghabhadh cur gu feum gu practaigeach le tidsearan air a bheil an t-uallach airson leasachadh sgoile. A thaobh mar a dh'fhaodadh barrachd cuideam a bhith air cuideachadh sgoiltean gus leasachadh, agus dèanamh cinnteach gu bheil am fòcas air càileachd an t-solair, bha na molaidhean a' gabhail a-steach:

- a' gluasad a' chuideim gu obair le ùghdarrasan ionadail gus na siostaman is dòighean-obrach aca a sgrùdadh, rud a leigeadh le coimeasan a dhèanamh eadar diofar ùghdarrasan ionadail agus lèirsinn fhaighinn bhuapa, agus a' soilleireachadh eadar-dhealachaidhean air feadh na dùthcha
- toirt a-steach siostam le toradh an sgrùdaidh “pas / cha d'fhuaireadh pas”, le sgoiltean nach d' fhuair pas air an stiùireadh gu barrachd taice
- a' beachdachadh air siostam cairt-sgòr cothromach, gus aithne a thoirt do na diofar cho-theacsan agus dùbhlain ris am bi sgoiltean a' cur aghaidh

Bha iarrtas ann cuideachd airson pròiseas neo-eisimeileach agus nas èifeachdaiche airson dèiligeadh ri gearanan.

Chaidh cùis shònraichte a thogail le cuid de na tagraidhean a bha ag amas air sgoiltean Caitligeach, agus 's e sin cho cudromach 's a tha e gum bi siostam an sgrùdaidh ag aithneachadh agus a' toirt urram do nàdar shònraichte nan sgoiltean Caitligeach ann an Alba. Bha seo a' gabhail a-steach an inbhe aca mar choimhearsnachdan creideimh is ionnsachaidh far a bheil sàr-mhathas acadaimigeach, fàs spioradail agus stiùireadh moralta air an amalachadh. Mhol luchd-freagairt gum bu chòir do sgiobaidhean sgrùdaidh airson nan sgoiltean sin a bhith a' gabhail a-steach buill aig an robh eòlas air a' chultar, cànan, misean agus amasan a th' aig foghlam Caitligeach. Bu chòir do phròiseasan sgrùdaidh cuideachd toirt fa-near frèamaichean fèin-luachaidh a th' ann mar-thà (A' leasachadh ann an Creideamh agus a' Chairt airson Sgoiltean Caitligeach) agus cothrom a thoirt do sgoiltean an dearbh-aithne Chaitligeach aca a dhearbhadh.

A bharrachd air a' phuuing gum bu chòir don t-siostam sgrùdaidh urram a thoirt do dh'eadar-dhealachaidhean eadar sgoiltean, chuir luchd-freagairt cuideam air cho cudromach 's a tha e beachdachadh air feumalachdan eadar-mheasgte chloinne is daoine òga. Mar eisimpleir, chomharraich freagairt bho “An treas roinn” na draghan aca a thaobh a bheil an dòigh-obrach làithreach a' dèiligeadh ri feumalachdan chloinne agus theaghlaichean niùro-iomadach air feadh na h-Alba. Dh'iarr iad frèam-obrach sgrùdaidh a tha trìd-shoilleir, in-ghabhalta, a bhios a' daingneachadh niùro-iomadachd agus a bhios a'

co-thaobhadh gu soilleir ri stiùireadh nàiseanta agus còraichean chloinne. Dh'iarr freagairt eile bho "An treas roinn" gum bu chòir sgoiltean sònraichte a bhith air am measadh le bhith a' cleachdadh frèam-obrach eadar-dhealaichte bhon fhear a thathar a' cleachdadh airson sgoiltean "prìomh-shruthach", le cuideam ga chur air ceumannan soirbheachais in-ghabhalta a tha aig cridhe dòigh-obrach a tha ag amas air sunnd ann an ionnsachadh. Chuir iad cuideam air mar bu chòir cothrom a thoirt do chlann is daoine òga niùro-iomadach fios-air-ais a thoirt seachad mun ghnàth-eòlas acasan air ionnsachadh agus measadh ann an dòigh a tha freagarrach do na feumalachdan conaltraidh aca.

An cumantas, bha freagairt bho "Bhuidheann phoblach" a' toirt fa-near gu bheil buaidh mhòr aig dealbhadh agus cur an gnìomh nan sgrùdaidhean sgoile air buidhnean le feartan fo dhìon, agus gu bheil e riatanach gum bi tuigse iomlan aig an fheadhainn a tha an sàs sa phròiseas air agus gum bi iad a' coinneachadh ri riatanasan frèam-obrach laghail a thaobh co-ionannachd. Thug iad iomradh air an Dleastanas Co-ionannachd san Roinn Phoblaich (PSED) – an Dleastanas Coitcheann, Dleastanasan Sònraichte na h-Alba (a tha nan riatanasan a tha ag amas air cuideachadh a thoirt do dh'ùghdarrasan clàraichte cumail ris an Dleastanas Coitcheann PSED), an t-àite a th' aig Measaidhean Buaidh Co-ionannachd (EQIAs) agus an Dleastanas Alba nas Cothromaiche (FSD)

Earrann 1: Daoine a tha an sàs ann an sgrùdadh sgoile

Mhìnich an ceisteachan gu bheil sgrùdaidhean sgoile a' gabhail a-steach raon de dhaoine, le gach fear a' cluich pàirt chudromach. Bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' stiùireadh nan sgrùdaidhean. Faodaidh sgiobaidhean a bhith a' gabhail a-steach measadairean luchd-sgrùdaidh cuideachd. Tha measadairean luchd-sgrùdaidh nan luchd-ceannardais sgoile eòlach, nan luchd-ceannardais meadhan-ìre no nan luchd-obrach ùghdarrais ionadail a bhios a' gabhail pàirt ann an sgiobaidhean sgrùdaidh.

Uaireannan, bidh buill den phoball nach eil nam proifeiseantaich foghlaim cuideachd an sàs ann an sgiobaidhean sgrùdaidh – canar buill neo-phroifeiseanta riutha sin. Tha iad air an trèanadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh agus a' toirt seachad beachdan mar neach neo-phroifeiseanta air raointean leithid ceanglaichean na sgoile le pàrantan agus leis a' choimhearsnachd ionadail.


Gus tuigse fharsaing a thogail air obair na sgoile, bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' coinneachadh ri luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach, luchd-ceannardais na sgoile, pàrantan agus luchd-cùraim, riochdairean ùghdarras ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach agus buidhnean com-pàirteach.

Bha an ceisteachan a' sireadh bheachdan air an raon de dhaoine a tha an sàs ann an sgrùdadh agus an luach a bheir iad.

Tha na cairtean a tha air an taisbeanadh san earrainn seo àireamhach; sin ri ràdh, tha iad a' sealltainn àireamh an luchd-freagairt bho gach buidheann de luchd-ùidh, agus mar a chaidh iad a roinn thar nam freagairtean a bha comasach airson gach ceiste. Gheibhear mion-sgrùdadh air a' cheist seo, a tha a' gabhail a-steach ceudadan, aig [Leas-phàipear B](#).

Ceist 1.1 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gu bheil measadairean luchd-sgrùdaidh ann an sgiobaidhean sgrùdaidh a' neartachadh an sgrùdaidh?

Ceist 1.2 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum bu chòir buill neo-phroifeiseanta a bhith nam pàirt de sgiobaidhean sgrùdaidh?




Bha co-aonta soilleir ann gun robh measadairean luchd-sgrùdaidh ann an sgiobaidhean sgrùdaidh a' neartachadh sgrùdaidhean, ged a bha “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus “Oifigearan ùghdarras ionadail/foghlaim” nas buailtiche aontachadh gu mòr na “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” agus “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” Bha cha mhòr a h-uile buidheann a fhreagair a’ cheist seo an dara cuid ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh (36 a-mach às an 40 a fhreagair).

Bha suidheachadh nas measgaichte ann a thaobh am bu chòir do bhuill neo-phroifeiseanta a bhith nam pàirt de sgiobaidhean sgrùdaidh. Ged a bha luchd-freagairt bho air feadh a h-uile buidheann de luchd-ùidh nas buailtiche a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh, airson nam buidhnean “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus gu h-àraid “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile”, bha an àireamh de luchd-freagairt a bha ag eas-aontachadh no ag eas-aontachadh gu mòr cuimseach àrd. Bha an àireamh de luchd-freagairt a ghabh seasamh neodrach cuideachd nas motha na aig a’ chuid as

motha de cheistean eile. Bha seo cuideachd fìor airson bhuidhnean-eagrachaidh, le 15 a-mach às an 40 a fhreagair neodrach air a' chùis seo.

Ceist 1.3 – Thathar a' toirt fiathachadh do luchd-ceannardais ann an sgoiltean pàirt a ghabhail ann am pàirtean den phròiseas sgrùdaidh, mar eisimpleir a' toirt beachd-sùla air ionnsachadh còmhla ri luchd-sgrùdaidh no a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean proifeiseanta leis an sgioba sgrùdaidh. Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gu bheil seo a' neartachadh an sgrùdaidh?

Ceist 1.4 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum bu chòir do luchd-obrach ùghdarrais ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach cur ri sgrùdaidhean sgoile le bhith a' toirt seachad eòlas buntainneach mun cho-theacsa ionadail, a' gabhail a-steach mu chom-pàirteachasan làithreach agus an taic a tha ri faotainn don sgoil?



Bha co-aonta soilleir ann a-rithist gum biodh cuireadh do luchd-ceannardais àrd-ìre pàirt a ghabhail ann am pàirtean den phròiseas sgrùdaidh a' neartachadh sgrùdaidhean. Bha “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus “Oifigearan ùghdarrais

ionadail/foghlaim” cuideachd nas buailtiche a bhith a’ faicinn bhuannachdan ann an leithid de dhòigh-obrach.

A thaobh am bu chòir do luchd-obrach ùghdarrais ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach cur ri sgrùdaidhean sgoile le bhith a’ toirt seachad eòlas buntainneach mun cho-theacsa ionadail, a’ gabhail a-steach mu chom-pàirteachasan a th’ ann mar-thà agus taic a tha ri faighinn don sgoil, bha “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” a-rithist nas buailtiche a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh.

Beachdan a bharrachd: Cha do dh’iarr an ceisteachan airson luchd-ùidh beachdan a bharrachd a thoirt seachad aig Ceistean 1.1–1.4. Ach chaidh grunn chùisean a thogail (an dara cuid aig ceistean fosgailte eile no le daoine a chuir freagairt tro phost-d a-steach). Bha iad a’ gabhail a-steach gum bi, ge bith dè na toraidhean sgrùdaidh, tidsearan a’ cur luach mòr air “creideas” nan daoine a tha gan sgrùdadh – air a nochdadh leis an eòlas phroifeiseanta aca, an dòigh-obrach cho-obrachail agus an sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh. Am measg nam puingean eile a chaidh a thogail, bha:

- ma tha measadairean luchd-sgrùdaidh gu bhith nam pàirt de sgiobaidhean, bu chòir gun robh eòlas agus ealantas aca ann am foghlam Caitligeach gus am faod iad cur ri sgioba sgrùdaidh ann an dòigh bhrìghmhor airson sgoil Chaitligeach sam bith
- le bhith a’ cumail agus a’ leudachadh a’ mhodail de mheasadairean luchd-sgrùdaidh, bhiodh cothroman ionnsachaidh agus leasachaidh phroifeiseanta feumail gan tabhann do dh’oifigearan foghlaim ùghdarrais ionadail
- ged a dh’fhaodadh buill neo-phroifeiseanta geur-bheachdan feumail a thoirt seachad rè sgrùdadh sgoile, cha bu chòir do dhaoine gun chùl-fhiosrachadh ann an teagasg agus foghlam sgoile no ann an ceannardas foghlaim a dhol a-steach do ghnìomhan teagaisg no do raon proifeiseanta thidsearan, agus feumaidh àite nam ball neo-phroifeiseanta ann an cruthachadh thoraidhean a bhith gu tur trid-shoilleir


Thog freagairt bho “Aonadh ciùird” dragh gun robh cultar bhon mhullach sìos ri fhaicinn sa cheisteachan fhèin agus, gu sònraichte, sa cheist mu bhith a’ toirt cuireadh do luchd-ceannardais sgoile pàirt a ghabhail ann am pàirtean den phròiseas sgrùdaidh (Ceist 1.3 gu h-àrd). Rinn iad a’ phuing cho-cheangailte gun robh coltas ann gun robh an co-chomhairleachadh a’ gabhail ris nach eil tidsearan taobh a-muigh sgiobaidhean ceannardais comasach air dad a thabhann don phròiseas.


Bha Ceistean 1.5 gu 1.7 ag amas air a’ chùis am bu chòir barrachd cothroman a bhith ann do chlann is daoine òga, do luchd-obrach sgoile agus do phàrantan no luchd-cùraim cur ri sgrùdadh. Anns gach cùis, thug a’ cheist fa-near gu bheil ceisteachain, buidhnean-breithneachaidh agus còmhraidhean dìreach gan cleachdadh mar-thà gus beachdan a thional agus, a thaobh phàrantan is luchd-cùraim, gun robh coinneamh ann cuideachd leis a’ Chathraiche air Comhairle nam Pàrant.

Ceist 1.5 – Bidh luchd-sgrùdaidh mar-thà a’ tional beachdan chloinne is daoine òga tro cheisteachain, buidhnean-breithneachaidh agus còmhraidhean dìreach. Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum bu chòir barrachd chothroman a bhith aig clann is daoine òga a bhith a’ cur ri sgrùdadh?

Ceist 1.6 – Bidh luchd-sgrùdaidh mar-thà a’ tional beachdan luchd-obrach sgoile tro cheisteachain, buidhnean-breithneachaidh agus còmhraidhean dìreach. Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum bu chòir barrachd chothroman a bhith aig luchd-obrach sgoile am beachdan a thoirt seachad rè an sgrùdaidh?

Ceist 1.7 – Bidh luchd-sgrùdaidh mar-thà a’ tional beachdan phàrantan is luchd-cùraim tro cheisteachain, buidhnean-breithneachaidh agus tro bhith a’ coinneachadh ri Cathraiche Comhairle nam Pàrant. Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum bu chòir barrachd chothroman a bhith aig pàrantan is luchd-cùraim am beachdan a thoirt seachad rè an sgrùdaidh?





Bha ìrean làidir de thaic ann airson clann is daoine òga agus luchd-obrach sgoile a bhith a' faighinn barrachd chothroman am beachdan a thoirt seachad. Ach bha an suidheachadh nas neo-shoilleire a thaobh phàrantan no luchd-cùraim; ged a bha mòr-chuid an dara cuid ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh, bha beachdan measgaichte thar nam buidhnean de luchd-ùidh. Bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” nas buailtiche taic a thoirt na an fheadhainn sna ceithir buidhnean de luchd-ùidh eile, agus gu h-àraidh an coimeas ri “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” agus “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre”.

Bha an raon de bheachdan seo ri fhaicinn cuideachd sna freagairtean a thugadh seachad le buidhnean-eagrachaidh. Bha iad buailteach a bhith as taiceile do bharrachd chothroman

airson chlann is daoine òga, air an leantainn le luchd-obrach sgoile, agus an uair sin pàrantan is luchd-cùraim.

Chaidh fhaighneachd de luchd-freagairt a bha an dara cuid air aontachadh gu mòr no air aontachadh aig na ceistean sin mu dhòighean-obrach gus dèanamh cinnteach gun robh beachdan gan co-phàirteachadh ann an dòigh bhrìghmhor. Ach bha cuid den fheadhainn a bha air seasamh neodrach a ghabhail no a bha air eas-aontachadh cuideachd a' toirt seachad beachd aig aon no barrachd de na trì ceistean sin. Gu tric, bha seo a' toirt fa-near gun robh iad a' toirt taic do chom-pàirteachadh brìghmhor ach gun robh iad den bheachd gu bheil na cothroman làithreach gu leòr agus/no de dh'àrd-chàileachd. A' nochdadh cothromachadh nam beachdan aig na ceistean dùinte, bha a' phuing seo gu sònraichte buailteach a bhith air a dèanamh a thaobh tional beachdan pàrantan is luchd-cùraim.

Bhathar a' moladh cuideachd gum bu chòir am fòcas a bhith gu mòr air càileachd a' chom-pàirteachaidh, le barrachd chothroman a' toirt fìor luach a-mhàin ma tha iad mar thoradh air càileachd agus/no leasachadh.

Cothroman brìghmhor airson beachdan a cho-roinn

B' e beachd a chaidh a chur an cèill gu tric thar Cheistean 1.5–1.7 cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh cinnteach gum faod clann is daoine òga, luchd-obrach agus pàrantan no luchd-cùraim am beachdan a thoirt seachad gu brìghmhor rè sgrùdaidh.

Clann is daoine òga

Chaidh puingean a dhèanamh gu sònraichte a thaobh com-pàirteachadh brìghmhor le clann is daoine òga, a' gabhail a-steach gu bheil còir aig clann is daoine òga pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh orra, agus gu bheil e cudromach gu bheil dòigh-obrach ann a tha a' co-thaobhadh ri artaigilean 12, 13, 28 agus 29 den [UNCRC](#).⁸ Chaidh a mholadh gu bheil com-pàirteachadh brìghmhor ag iarraidh gun tèid [am modail Lundy](#) a leapachadh, gus am bi àite aig clann am beachdan a thoirt seachad, a bhith a' faireachdainn gu bheil gan cluinntinn, agus a bhith a' faicinn gu bheil na tha iad a' cur ris a' toirt buaidh air toraidhean. Bha freagairt bho “Bhuidheann phoblach” a' toirt fa-near gun do dh'iarr iad, san fhianais aca do Chomataidh Foghlaim, Chloinne agus Dhaoine Òga air Achd Foghlaim (Alba) 2025, gum bu chòir àite a thoirt do chlann ann a bhith a' dealbhadh agus a' dèanamh sgrùdaidhean, coltach ris na saor-thoilich òga sgrùdaidh a th' aig Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim.

Chaidh cuideam a chur air dèanamh cinnteach gun robh modhan-obrach freagarrach no so-fhreagarrach airson feumalachdan sònraichte chlann is daoine òga, a' gabhail a-steach fòcas (leantainneach) air roghainnean is stoidhlean conaltraidh a tha freagarrach do

⁸ Tha Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC) a' gabhail a-steach na h-artaigilean a leanas: Artaigil 12: Còir gach pàiste am beachdan a chur an cèill gu saor air cùisean a bheir buaidh orra, le aire iomchaidh do an aois agus abaicheid. Artaigil 13: Còir gach pàiste air saorsa labhairt, a' gabhail a-steach saorsa bho bhacadh air an t-saorsa aca beachdan a chumail agus an cur an cèill gu labhairteach, ann an sgrìobhadh, no ann an cruth ealain sam bith. Artaigil 28: Còir gach pàiste air foghlaim, a' dèanamh cinnteach gu bheil foghlaim saor agus èigheachail, agus gu bheil foghlaim a' phàiste air a stiùireadh a dh'ionnsaigh an leasachaidh chorporra, inntinneil agus spioradail aca. Artaigil 29: Còir gach pàiste air fois agus cleasachd, pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan cultarach, ealanta agus cleasachail, agus beatha teaghlaich àbhaisteach a stiùireadh.

dh'aois agus cothroman airson com-pàirteachadh nàdarra le sgiobaidhean sgrùdaidh gun cus cuideim ga chur orra. Bha “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” gu sònraichte buailteach a bhith a' comharrachadh cho cudromach 's a tha e gum bi sgiobaidhean sgrùdaidh a' cleachdadh dòigh-obrach mhisneachail agus neo-fhoirmeil ann a bhith a' dol an sàs le clann is daoine òga.

A thaobh fheumalachdan sònraichte, chaidh a thoirt fa-near, mar eisimpleir, gum bu chòir beachdachadh air agus dèiligeadh ri bacaidhean cànan sam bith, agus gum bu chòir taic a bhith ri faotainn ma tha feum aig clann no daoine òga oirre no ma tha iad ga h-iarraidh. Uaireannan, bha seo air a chur an cèill mar gum bu chòir do chuideigin air a bheil am pàiste no duine òg eòlach an taic sin a thoirt seachad agus/no a bhith an làthair.

Bha iomraidhean ann cuideachd a thaobh gum bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile pàiste is duine òg a bhith an sàs ann a bhith a' roinn am beachdan. Mar eisimpleir, thuirt freagairt bho “An treas roinn” gu bheil beachd am measg chloinne is daoine òga – beachd a chaidh a cho-roinn leis a' bhuidheann aca [Tosgairean In-ghabhaltais](#) – nach eil ach buidhnean sònraichte de chlann air an taghadh gus am beachdan mu sgoil a thoirt seachad mar phàirt den phròiseas sgrùdaidh. Thug iad fa-near an draghan sònraichte gu bheil clann is daoine òga le ASN gu tric air an dùnadh a-mach às a' phròiseas sgrùdaidh, agus dh'iarr iad gum bu chòir don fhrèam-obrach ùr agus na modailean ùra stiùireadh soilleir a thoirt seachad do luchd-sgrùdaidh agus sgoiltean mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil raon eadar-mheasgte de bheachdan gan cluinntinn.

Bha iomraidhean coitcheann ann air barrachd chloinne is daoine òga a bhith an sàs, ach cuideachd air a' bhunait air am biodh sgoilearan air an “taghadh” gus pàirt a ghabhail. Bha molaidhean a' gabhail a-steach:

- gum faodadh taghadh no samplachadh air thuairam a bhith air a chleachdadh
- gum bu chòir do chothroman structaraichte dèanamh cinnteach gu bheil guthan eadar-mheasgte gan cluinntinn, a' gabhail a-steach nigheanan, balaich, sgoilearan neo-bhìnearaidh agus tar-ghnèitheach, a bharrachd air an fheadhainn bho chùl-raointean mion-chinnidh agus an fheadhainn le ciorraman
- dèanamh cinnteach gu bheil riochdachadh ann bho dhiofar bhuidhnean bliadhna

Bha beachd ann cuideachd, a' gabhail a-steach bho “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”, gum faodadh ìre de neo-ainmeachadh a bhith iomchaidh, ma dh'fhaodte a' leudachadh gu luchd-obrach no tidsearan a bhith neo-làthaireach nuair a tha sgoilearan a' toirt seachad am beachdan. Bha seo uaireannan ceangailte ri cho cudromach 's a tha e gum bi clann is daoine òga comasach air am beachdan a chur an cèill gu saor, co-dhiù a bheil iad math no dona.

Bha freagairt bho “An treas roinn” am measg an fheadhainn a mhol gum bu chòir do sgoiltean taic ghnìomhach a thoirt do chom-pàirteachadh bho bhuidhnean nach eil air an riochdachadh gu leòr gus nach tèid neo-ionannachdan a th' ann mar-thà a neartachadh, a' gabhail a-steach iarrtasan gum bi dòigh-obrach sam bith freagarrach/so-atharraichte do fheumalachdan chloinne is daoine òga le ASN agus gum bi e mothachail air niùro-iomadachd. Chaidh a mholadh gum bu chòir a bhith a' cleachdadh dòighean ruigsinneach, le glè bheag de chuideam, nach eil an urra ri misneachd, labhairt no falach giùlain; chaidh roghainnean iomadh-conaltraidh, còmhraidhean aon-ri-aon no ann am buidhnean beaga,

còmhraidhean le taic bho inbheach earbsach, agus leigeil le clann diùltadh pàirt a ghabhail gun pheanas a mholadh uile.

Bha molaidhean sònraichte, air an dèanamh còmhla le dithis luchd-freagairt bho “An treas roinn”, a’ gabhail a-steach:

- gum bu chòir iarraidh air gach ball de sgioba sgrùdaidh HMIE pàirt a ghabhail ann an trèanadh mothachaidh air niùro-iomadachd
- gum bu chòir do HMIE conaltradh a dhèanamh leis an sgoil ro-làimh gus faighinn a-mach dè na roghainnean conaltraidh sònraichte a tha aig a’ chloinn is daoine òga leis a bheil iad airson a chom-pàirteachadh
- gum bu chòir àitichean a tha freagarrach do mhothachaidhean a bhith rim faighinn

Bha an luchd-freagairt sin bho “An treas roinn” cuideachd a’ dèanamh molaidhean gu sònraichte a thaobh sgoilearan le ASN, ach a bhiodh cuideachd, nam beachd-san, a’ buntainn san fharsaingeachd, a’ gabhail a-steach gum bu chòir do chlann is daoine òga:

- pasgan-fiosrachaidh fhaighinn (a bhiodh ri fhaotainn ann an cruth furasta ri leughadh) gus draghan no iomagain sam bith a dh’fhaodadh a bhith aca a thaobh an com-pàirteachaidh a lùghdachadh
- gum bu chòir do luchd-ionnsachaidh fiosrachadh fhaighinn mun sgrùdadh agus na ceistean ro-làimh

Air a’ phuuing mu dheireadh seo, chaidh cuideam a chur air cho cudromach ’s a tha e gum bi clann a’ tuigsinn adhbhar agus fòcas an sgrùdaidh, agus mar a bheir am beachdan buaidh air an toradh. A thaobh niùro-iomadachd gu sònraichte, bha freagairt bho “An treas roinn” a’ toirt fa-near, nan robhar a’ toirt seachad ceistean ro-làimh, ann an cruth furasta ri leughadh agus le taic lèirsinneach agus le ùine gu leòr airson ullachadh, gum biodh sin a’ co-thaobhadh ri prionnsabalan NAIT⁹ a thaobh ro-innseachd agus lùghdachadh iomagain, agus gum biodh e a’ toirt taic don dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025 gum bu chòir measadh a dhèanamh a bheil sgoiltean a’ coinneachadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh.

A bharrachd air beachdan a thoirt seachad air an dòigh-obrach choitcheann a thaobh com-pàirteachadh, bha molaidhean ann cuideachd a thaobh dòighean-obrach a ghabhadh cleachdadh no a ghabhadh cleachdadh barrachd. A’ nochdadh na puinge a rinneadh roimhe gum bu chòir do dhòighean-obrach a bhith freagarrach don cho-theacsa, thug freagairt bho “Bhuidheann riochdachaidh an raoin no buidheann ballrachd” fa-near gum faodadh dòighean lèirsinneach is beòil obrachadh nas fheàrr ann am bun-sgoiltean no sgoiltean ASN, agus gum faodadh dòighean ceisteachain no buidhnean-breithneachaidh a bhith mar dheagh dhòigh air adhart ann an àrd-sgoiltean. Bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” gu sònraichte buailteach a bhith a’ moladh cleachdadh dhòighean (nas cruthachail a bhios a’ leigeil le clann is daoine òga am beachdan a chur an cèill gu saor; bha iomraidhean gan dèanamh air taisbeantasan, bhidiothan, ballachan fios-air-ais

⁹ Tha prionnsapalan NAIT a’ ciallachadh an stiùiridh a chaidh a leasachadh leis an Sgioba Nàiseanta Buileachadh Òtasam (NAIT) ann an Alba, a tha ag amas air toraidhean a leasachadh do dhaoine le diofaran niùro-leasachaidh.

lèirsinneach, irisean, bogsaichean mholaidhean, siostam aodann gàire, tarraing dhealbhan, mataichean còmhraidh agus riochd-chluich.

Am measg nan dòighean-obrach eile a chaidh a mholadh, bha:

- clann is daoine òga a bhith an sàs ann an sgiobaidhean sgrùdaidh, is dòcha ceangailte ri dreuchdan leasaichte airson measadairean luchd-sgrùdaidh agus buill neo-phroifeiseanta
- a' gabhail a-steach daoine òga ann an tursan ionnsachaidh, a dh'fhaodadh a bhith ceangailte ris a' mhodail [Ceannardan Òga Ionnsachaidh](#)
- clann is daoine òga a bhith an sàs ann am beachdan-sùla
- a' cleachdadh modail far a bheil coinneamh sgòpachaidh, air a stiùireadh le clann agus daoine òga, a' tachairt ron sgrùdadh
- tursan ionnsachaidh far a bheil sgoilearan an sàs mar stiùirichean
- a' solarachadh ùine airson gheamannan, gnìomhachdan is gnìomhan “briseadh-deighe” mar phàirt de na cothroman a th' aig clann is daoine òga am beachdan a thoirt seachad

Chaidh cuideam a chur cuideachd air fios-air-ais a thoirt do chlann is daoine òga mu bhuil an sgrùdaidh, a' gabhail a-steach mar a chaidh am fios-air-ais agus na chuir iad ris a chur gu feum. Tha an cuspair seo air a thogail a-rithist aig Ceist 7.

Mu dheireadh, bha molaidhean ann mu na cuspairean ris am bu chòir dèiligeadh rè a' chom-pàirteachaidh agus/no na ceistean a bu chòir a bhith air an cur. Bha puingean coitcheann a' gabhail a-steach gum bu chòir gluasad air falbh bho cheistean dùinte gu ceistean fosgailte, le cuspairean no raointean a chaidh a mholadh a' gabhail a-steach:

- buileachadh agus coileanadh
- sunnd agus mealadh sgoile
- far a bheil seo iomchaidh, meòrachadh air mar a tha an creideamh aca a' toirt cumadh don t-slighe foghlaim aca

Luchd-obrach sgoile

Bha an fheadhainn a bha air seasamh neodrach a ghabhail no air eas-aontachadh gum bu chòir barrachd cothroman a bhith aig luchd-obrach am beachdan a thoirt seachad rè sgrùdaidh uaireannan a' dol air adhart gu bhith a' toirt beachd gu bheil an cleachdadh làithreach ag obair gu math. Mar eisimpleir, mhol freagairt bho bhuidheann “Ùghdarras ionadail” gum bu chòir am fòcas a bhith air na cothroman a tha ann mar-thà a mheudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile ball den luchd-obrach a' faireachdainn misneachail am beachdan a thoirt seachad. Rinneadh iomradh cuideachd air cleachdadh cunbhalach nan cothroman a th' ann mar-thà, le freagairt bho “Aonadh ciùird” a' toirt fa-near gum faod gnàth-eòlasan nam ball aca a bhith eadar-mheasgte. Mhìnich iad mar gum bi, aig a' char as fheàrr, na buill aca ag aithris air conaltradh brìoghmhor a tha a' toirt gu buil dearbhadh, dùbhlann cuideachail agus taic phractaigeach. Ach, ann an cuid de chùisean, tha tidsearan ag aithris gum faod sgiobaidhean sgrùdaidh a bhith do-ruigsinneach agus nach eil iad ag obair a rèir a' chlàir-ama ris an robh dùil.

Bha iadsan a bha den bheachd gum bu chòir gun robh barrachd chothroman aig luchd-obrach sgoile am beachdan a thoirt seachad cuideachd a' togail cuid de na h-aon chùisean a chaidh a thogail a thaobh chlann is daoine òga. Bha iad seo a' gabhail a-steach gun robh e deatamach gun cluinnear guthan thidsearan agus luchd-obrach sgoile eile, agus b' e "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" a bu bhuailtiche cuideam a chur air a' phuuing seo. Bha freagairt bho "Aonadh-ciùird" a' toirt fa-near gun robh an sgrùdadh agus na thigeadh às, aig a' cheann thall, mu obair sgioba luchd-obrach na sgoile, agus mhol iad gum bu chòir barrachd cothruim a bhith aca pàirt a ghabhail ann am pròiseas sgrùdaidh sam bith fhad 's a tha e a' dol air adhart agus sna h-aithisgean a thig às.

Am measg phuingean nas fharsainghe eile a chaidh a thogail, bha gum bu chòir do luchd-obrach a bhith a' faireachdainn gun tèid èisteachd riutha agus gum bi iad comasach air am beachdan a chur an cèill gu saor; bha seo uaireannan ceangailte ris a' bheachd gum bu chòir eadar-ghabhail sam bith a bhith prìobhaideach, agus 's dòcha gun urra cuideachd, a' gabhail a-steach gun luchd-stiùiridh an làthair aig coinneamh aghaidh-ri-aghaidh sam bith. Bha "Pàrantan agus luchd-cùraim" agus "Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile" nas buailtiche aire a tharraing don chùis seo.

A thaobh cò bu chòir barrachd cothruim a bhith aca am beachdan a thoirt seachad, chaidh a thoirt fa-near cho cudromach 's a tha e gum bi raon math de thidsearan an sàs, agus uaireannan chaidh seo a chur an cèill mar gum bu chòir cothrom a bhith aig neach sam bith a tha airson cur ris. Am measg nan eisimpleirean a thugadh seachad den t-seòrsa luchd-obrach a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach, bha luchd-obrach òigridh coimhearsnachd, leasaichean, luchd-obrach ruigheachd a-mach, Co-òrdanaichean Sgoiltean Gnìomhach, luchd-obrach pàirt-ùine, luchd-obrach taice agus luchd-obrach ùra. Chaidh a mholadh cuideachd gum biodh riochdairean nan aonaidhean-ciùird ann an sgoiltean comasach air co-theacsa a thoirt seachad far am faodadh luchd-obrach a bhith diùid tighinn air adhart agus bruidhinn.

Bha an fheadhainn a rinn beachd air na dòighean a thathar a' cleachdadh an-dràsta (agus air an ainmeachadh sa cheist; sin ri ràdh, ceisteachain, buidhnean-breithneachaidh agus còmhraidhean dìreach) buailteach a bhith den bheachd gum robh dreuchd leantainneach aig an leithid. Bha "Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile" gu sònraichte buailteach a bhith a' toirt iomradh air còmhraidhean dìreach, agus bha "Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim" nas buailtiche a bhith a' toirt iomradh air ceisteachain no suirbhidhean agus buidhnean-breithneachaidh.

A thaobh dòighean iomlan no a bharrachd a dh'fhaodadh luchd-obrach sgoile a bhrosnachadh no a chomasachadh a bhith an sàs gu brioghmhor, chaidh iomradh a thoirt air poileasaidh "doras fosgailte" gus am bi e furasta do luchd-obrach conaltradh a dhèanamh leis an sgioba sgrùdaidh, agus air:

- fòcas air còmhraidhean aon-ri-aon, agus/no cothroman nas neo-fhoirmeile no nas socraiche gus beachdan a thoirt seachad, leithid seiseanan roghainneil tadhail a-steach
- a' cruthachadh àite airson còmhraidhean co-obrachail, seach ceasnachadh a tha dìreach mu bhith a' dèanamh measadh

- a' beachdachadh air an ùine agus àite sam bi cothroman conaltraidh a' tachairt, mar eisimpleir le coinneamhan clàraichte nach eil a' cur bacadh air amannan fois no a' tuiteam taobh a-muigh uairean obrach, agus le còmhachd clàsrùm ri fhaighinn far a bheil sin riatanach
- dìreach a' cruthachadh barrachd chothroman agus/no a' leudachadh na h-ùine thar am bi an conaltradh a' tachairt.

Rinneadh moladh cuideachd gum bu chòir an Stiùireadh airson nam Measadairean Luchd-sgrùdaidh a bhith air a cho-roinn gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-obrach soilleir mu na dùilean nas mionaidiche, agus gus leigeil le luchd-obrach an fhianais agus taic as iomchaidh a thoirt don sgioba sgrùdaidh gus a' chuid as fheàrr fhaighinn às a' phròiseas.

Chaidh cuideam a chur cuideachd air cho cudromach 's a tha com-pàirteachadh luchd-obrach a thaobh fios-air-ais agus toraidhean bhon sgioba sgrùdaidh, gu sònraichte le "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre".

Pàrantan no luchd-cùraim

Chaidh cuideam a chur cuideachd air cho cudromach 's a tha e gum bi guth phàrantan no luchd-cùraim ga chluinntinn, ged a bha, a rèir cothromachadh nam beachdan aig Ceist 1.7, molaidhean ann gu bheil na rèiteachaidhean a th' ann an-dràsta ag obair gu math. Ach bha cùisean-iomagain ann cuideachd gum faodadh cuid de phàrantan a bhith mì-chinnteach no gum faodadh e a bhith doirbh dhaibh a bhith a' com-pàirteachadh ann an sgrùdaidhean sgoile. B' e "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" an fheadhainn a bu dualtaiche a' phuing seo a thogail, a bharrachd air dragh, nan robh dìreach àireamh bheag de phàrantan no luchd-cùraim an sàs ann an sgrùdaidhean sgoile, gum biodh sin a' ciallachadh nach fhaigheadh an sgioba sgrùdaidh dealbh soilleir. Chomharraich buidheann bho "An treas roinn" gun robh feum ann a bhith ag aithneachadh daineamaigs cumhachd agus cnapan-starra do chom-pàirteachadh, gu h-àraidh dhaibhsan le feartan fo dhion no bho choimhearsnachdan air an iomall. Thug iad fa-near cuideachd gu bheil guthan phàrantan gu tric a' nochdadh nam buidhnean as làidire, fhad 's a dh'fhaodadh pàrantan bho chùl-raointean mion-chinnidh no sòisio-eaconamach fo ana-cothrom, daoine le ciorraman agus pàrantan singilte a bhith a' dèiligeadh ri cnapan-starra a thaobh com-pàirteachaidh.

Chaidh a mholadh gum bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean a thathar a' cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na cothroman cho ruigsinneach 's a ghabhas, agus gu bheil cothrom aig raon farsaing de phàrantan cur ris nuair a thathar a' sgrùdadh sgoil am pàiste. Bha "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" gu sònraichte buailteach a bhith a' togail na puinge seo. A thaobh raon nam pàrantan, chaidh a mholadh gum bu chòir dha leudachadh nas fhaide na cathraiche Comhairle nam Pàrant agus gum bu chòir a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, stiùirichean bhuidhnean às dèidh na sgoile, luchd-cuideachaidh pàrantan agus pàrantan chloinne nach eil a' frithealadh na sgoile gu cunbhalach. B' e tidsearan no luchd-obrach eile an fheadhainn a bu dualtaiche cuideam a chur air cho cudromach 's a tha e gum bi buidheann eadar-mheasgte de phàrantan an sàs ann.

A thaobh mar a dh'fhaodadh cothroman a bhith air an leasachadh no air an àrdachadh, chaidh na h-aon chuspairean a thogail 's a chaidh a thogail a thaobh conaltradh le clann is daoine òga agus luchd-obrach sgoile. Nam measg bha gum bu chòir don dòigh-obrach leigeil le pàrantan am beachdan a chur an cèill gu saor, le ceangal ga dhèanamh ri cothroman na beachdan sin a thoirt seachad gu prìobhaideach no gun urra. Bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” nas buailtiche a bhith a' comharrachadh an fheuma seo.

Am measg mholaidhean eile, bha gum bu chòir don phasgan de ghnìomhachd conaltraidh cothroman a thoirt a-steach airson còmhraidhean nas neo-structaraichte agus nas neo-fhoirmeile, le làithean fosgailte no seiseanan tadhail a-steach air am faicinn mar aon roghainn. B' e “oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” an fheadhainn a bu dualtaiche a mholadh gun tèid an dòigh-obrach seo a chleachdadh. A thaobh coinneachadh ri feumalachdan bhuidhnean sònraichte de phàrantan, bha molaidhean bho àireamhan beaga de luchd-freagairt a' gabhail a-steach:

- nuair a thathar a' sgrùdadh solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, bu chòir beachdachadh air coinneachadh ri riochdairean bho mheuran ionadail Chomann nam Pàrant, agus bu chòir do luchd-sgrùdaidh dèanamh cinnteach gum faigh iad beachdan bho theaghlaichean aig a bheil clann nan luchd-labhairt Gàidhlig mar chiad chànan (L1) a bharrachd air teaghlaichean aig nach eil Gàidhlig san dachaigh aca
- dh'fhaodadh tachartasan conaltraidh, a' gabhail a-steach buidhnean-breithneachaidh, a bhith air an tabhann taobh a-muigh latha na sgoile gus leigeil le pàrantan a tha ag obair a bhith an làthair nas fhasa.
- bu chòir beachdachadh air cnapan-starra cànan is litearrachd agus dèiligeadh riutha
- bu chòir do dhòighean-obrach a bhith mothachail air niùro-iomadachd

A thaobh niùro-iomadachd, chomharraich buidheann bho “An treas roinn” gu bheil pàrantan chloinne is daoine òga niùro-iomadach gu neo-chothromach nas dualtaiche iad fhèin a bhith niùro-iomadach. Lean iad orra le bhith ag iarraidh gun tèid beachdachadh iomchaidh a thoirt do roghainnean conaltraidh phàrantan agus luchd-dìon, a' gabhail a-steach cruthan furasta ri leughadh agus cothrom coinneachadh gu pearsanta gus ceist a thogail.

Am measg mholaidhean eile a bha ag amas air cnapan-starra a thoirt air falbh gus am bi pàrantan no luchd-cùraim an sàs ann an sgrùdaidhean sgoile, bha: coinneamhan bhiortail a chumail; roghainnean fòn no aplacaid a thoirt seachad; agus ceisteachain no suirbhidhean a bhith air-loidhne. Bha molaidhean eile nach deach a dhèanamh cho tric a' gabhail a-steach:

- gum bu chòir barrachd fios ro-làimh a thoirt do phàrantan no luchd-cùraim mu chothroman conaltraidh, agus bu chòir na cothroman sin a sgaoileadh nas fharsaing
- gum bu chòir fiosrachadh a bhith air a cho-roinn ro làimh mu choinneamhan no còmhraidhean sam bith gus am bi ùine aig pàrantan ullachadh agus meòrachadh air na tha iad airson a ràdh ris an sgioba sgrùdaidh

- ma thathar a' cumail buidhnean-breithneachaidh, gum bu chòir àireamh nan com-pàirtichean a chumail gu ìre ìosal, oir faodaidh bruidhinn ann am buidhnean mòra a bhith eagalach do chuid de dhaoine
- ma tha còmhraidhean dìreach air an gabhail a-steach, gum bu chòir roghainn aon-ri-aon a bhith ann
- gum faodadh buill den sgioba sgrùdaidh a bhith an làthair aig gnìomhan no tachartasan a tha ag amas air pàrantan, a' gabhail a-steach coinneamhan comhairle nam pàrant

Earrann 2: Tricead agus roghnachadh sgrùdaidhean


Mhìnich an ceisteachan gu bheil timcheall air 2,500 sgoil ann an Alba agus, an-dràsta, nach eil cearcall stèidhichte ann airson sgrùdaidhean. Bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' dèanamh mu 250 sgrùdadh gach bliadhna, a' cleachdadh dòigh-obrach shamplachaidh nàiseanta. Faodar sgoiltean a thaghadh airson sgrùdadh sgoile mar thoradh air cunnart cuideachd. Tha seo a' ciallachadh gum faodar bun-sgoil, àrd-sgoil no sgoil shònraichte a sgrùdadh, gu cuibheasach, aon turas gach 10 bliadhna, ged a dh'fhaodadh cuid de sgoiltean feitheamh nas fhaide. Tha cuid de dhaoine den bheachd gum faod dìth sgrùdaidh airson ùine fhada leantainn gu mì-chinnt no faireachdainn dùil agus cuideam nuair a thachras sgrùdadh mu dheireadh.

Fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025, feumaidh Ministearan na h-Alba tricead as ìsle a shuidheachadh airson sgrùdaidhean sgoile le riaghailt. Bidh uallach air Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam an uair sin airson dearbhadh dè cho tric 's a thachras sgrùdaidhean ann an cleachdadh, cho fad 's a thathar a' coinneachadh ris an tricead as ìsle.

Bha an ceisteachan a' sireadh bheachdan air dè cho tric 's a bu chòir sgrùdadh sgoile a dhèanamh agus am bu chòir tadhal air a h-uile sgoil taobh a-staigh ùine shònraichte.

Tha na cairtean san earrann seo agus sa chòrr den aithisg a' sealltainn freagairtean mar cheudad.

Ceist 2.1 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum bu chòir cumail a' dol leis a' mhodail samplachaidh a th' ann an-dràsta, far a bheilear a' sgrùdadh mu 10% de sgoiltean na h-Alba gach bliadhna?




Bha measgachadh de bheachdan ann a thaobh am bu chòir cumail a' dol leis an dòigh-obrach shamplachaidh làithrich. Bha “Tidsearan is luchd-obrach sgoile eile” agus “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” nas buailtiche a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh (44% agus 43% fa leth) an coimeas riuthasan ann am buidhnean eile de luchd-ùidh. Thar nam buidhnean de luchd-ùidh, bha an co-rèir de fhreagairtean a' gabhail seasamh neodrach (eadar 16% agus 29%) gu math àrd.

Bha mòr-chuid (51%) de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” ag eas-aontachadh no ag eas-aontachadh gu mòr gum bu chòir cumail a’ dol leis a’ mhodail shamplachaidh làithrich.

Dh’fhaighnich an ath cheist mu mar a bu chòir sgoiltean a thaghadh airson sgrùdadh. B’ iad na roghainnean a chaidh a thoirt seachad:

- stèidhichte air samplachadh, le sgoiltean a’ leantainn air adhart air an taghadh tro dhòigh-samplachaidh nàiseanta, stèidhichte air ìrean cunnairt, coileanadh no co-theacsa
- cearcall stèidhichte, le gach sgoil air a sgrùdadh taobh a-staigh cearcall nàiseanta stèidhichte (m.e. gach 5–7 bliadhna)
- dòigh-obrach cho-mheasgaichte, le cearcall soilleir airson a h-uile sgoil, le sgrùdaidhean a bharrachd stèidhichte air cunnart.


Ceist 2.2 – Nad bheachd-sa, ciamar a bu chòir sgoiltean a thaghadh airson



sgrùdadh?

Bha luchd-freagairt nas buailtiche a bhith a’ fàbharachadh a’ mhodh-obrach cho-mheasgaichte, agus bha mòr-chuid anns gach buidheann de luchd-ùidh a’ roghnachadh na dòigh seo (eadar 67% de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” sìos gu 60% de “Tidsearan agus luchd-obrach sgoile eile” agus de luchd-freagairt “Eile”).

A thaobh nan roghainnean eile, b’ e an dòigh-obrach cearcall stèidhichte an dàrna roghainn as mòr-chòrdte thar gach buidheann de luchd-ùidh, le taic chuibhrichte airson dòigh-obrach stèidhichte air samplachadh.

Ceist 2.3 – San àm ri teachd, dè cho tric, nad bheachd-sa, a bu chòir gach sgoil a**bhith air a sgrùdadh?**

Bha beachdan measgaichte a thaobh dè cho tric 's a bu chòir gach sgoil a bhith air a sgrùdadh. Bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”, “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” nas buailtiche fàbhar a thoirt do sgrùdaidhean a bhith air an dèanamh co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna (le taic eadar 57% de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” sìos gu 32% de “Thidsearan no luchd-obrach sgoile eile”).

B' e “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” an aon bhuidheann de luchd-ùidh san robh freagairtean nas buailtiche a bhith fàbharach do sgrùdaidhean co-dhiù aon turas gach 10 bliadhna, ged a bha iad gu ìre mhath air an roinn gu cothromach thairis air na trì roghainnean ùine (28% airson 10 bliadhna, 26% airson 7 bliadhna agus 24% airson 5 bliadhna).

Cha robh ann ach beagan taic airson modh-obrach stèidhichte air sgrùdaidhean a bhith gan dèanamh a-mhàin nuair a tha cùis-iomagain ann.

A bheil beachd eadar-dhealaichte agad air dè cho tric 's a bu chòir sgrùdaidhean a bhith air an dèanamh?

Gu h-iomlan, b' e a' phuing a thogadh as trice – a chaidh a thogail gu sònraichte le “Luchd-ceannardais agus manaidsearan àrd-ìre” – miann airson atharrachadh a dhèanamh air a' mhodail a thathar a' cleachdadh an-dràsta gus sgoiltean na h-Alba a mheasadh. Bha iomraidhean co-cheangailte air na droch bhuaidhean a dh'fhaodas a bhith aig a' phròiseas sgrùdaidh air sunnd luchd-obrach agus air buaireadh ann an obair na sgoile san fharsaingeachd, còmhla ri iarrtasan airson dòigh-obrach nas taiceile a thaobh a' phròiseis. B' e “Tidsearan agus luchd-obrach sgoile eile” agus “Luchd-ceannardais agus manaidsearan àrd-ìre” an fheadhainn a bu dualtaiche na cùisean sin a thogail. Thugadh seachad beachd co-cheangailte gun robh e coltach gun robh an dòigh san robh a' cheist air a cur a' gabhail ris gum biodh am modail làithreach a' cumail a' dol.

Am measg nam freagairtean a bha a' moladh àireamhan de bhliadhnaichean eadar sgrùdaidhean eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a chaidh a thoirt seachad sa cheisteachan, bha molaidhean a' gabhail a-steach gum bu chòir sgrùdaidhean a bhith air an dèanamh nas trice na aon turas gach 5 bliadhna, le gach 3–4 bliadhna, agus an uair sin gach 1–2 bliadhna mar na molaidhean a bu chumanta. Chaidh an dà mholadh a dhèanamh as trice le “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”. Am measg mholaidhean eile, nach deach a dhèanamh cho tric, bha:

- gum bu chòir tricead soilleir, stèidhichte a bhith ann airson sgrùdaidhean
- gum bu chòir sgrùdadh a bhith ann co-dhiù aon turas airson gach buidheann chloinne aig gach ìre, gus am bi gach pàiste a' faighinn eòlas air sgrùdadh an dà chuid aig ìre bun-sgoile agus aig ìre àrd-sgoile; thàinig am moladh seo gu sònraichte bho “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” agus bho luchd-freagairt “Ùghdarras ionadail”
- gum bu chòir atharrachadh a bhith ann an tricead eadar sgoiltean, le sgrùdaidhean nach tachradh cho tric airson ionadan a bha a' dèanamh gu math, agus sgrùdaidhean na bu trice far an robh cùisean-iomagain ann; bha “Tidsearan agus luchd-obrach sgoile eile” nas dualtaiche am moladh seo a dhèanamh.
- gum bu chòir adhbharan airson sgrùdadh a bhith ann co-cheangailte ri atharrachaidhean ann an suidheachadh sgoile, a' gabhail a-steach tionndadh àrd de luchd-obrach agus atharrachaidhean ann an ceannardas, air am moladh le “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”
- gum bu chòir cothrom a bhith ann tricead nan sgrùdaidhean a mheudachadh mar fhreagairt do chùisean-iomagain no gearanan, moladh a chaidh a dhèanamh as trice le “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”
- gum bu chòir sgrùdaidhean a bhith nas trice na tha iad an-dràsta ach nas giorra/no le nas lugha de dh'uallach, le comas gum biodh tadhal eile, nas mionaidiche, air a bhrosnachadh ma lorgar cùisean-iomagain; bha “Luchd-ceannardais agus manaidsèaran àrd-ìre” agus “Tidsearan agus luchd-obrach sgoile eile” nas buailtiche a bhith a' dèanamh a' mholaidh seo.

A thaobh na puinge mu dheireadh, mhol neach-freagairt bho “Ùghdarras ionadail” gum bu chòir, mar roghainn eile an àite atharrachadh a dhèanamh air fad an sgrùdaidh/raon an sgrùdaidh, beachdachadh air measgachadh de thadhalan foillsichte agus gun rabhadh. Gheibhear tuilleadh bheachdan air an ùine fios ro-làimh airson sgrùdaidhean aig Ceist 4.1.

Bha iomraidhean ann cuideachd air dreuchd an ùghdarrais ionadail ann a bhith a' measadh càileachd an t-solair, a' gabhail a-steach gum bu chòir am pròiseas sgrùdaidh fhàgail aig ùghdarrasan ionadail (le na siostaman agus comas aca fhèin air an aontachadh agus air an sgrùdadh). Chaidh barrachd cuideim air dòighean-obrach com-pàirteachais ionadail a mholadh cuideachd, a' gabhail a-steach àireamh bheag de luchd-freagairt bho “Ùghdarras ionadail” agus “Buidheann riochdachaidh an raoin no buidheann ballrachd” a' moladh gun tèid am fiosrachadh a thathar a' cleachdadh gus cunnart a chomharrachadh a cho-roinn.

Earrann 3: Rangan gan cleachdadh ann an sgrùdadh

Bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh an-dràsta a' cleachdadh sgèile rangachaidh sia-puingean gus geàrr-chunntas àrd-ìre a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' coileanadh ann am prìomh raointean:


Rang	Na tha e a' ciallachadh
Sàr-mhath	Barraichte agus a' stiùireadh na roinne
Glè mhath	Nearthan mòra
Math	Nearthan cudromach, còmhla ri grunn raointean leasachaidh
Riarachail	Nearthan a' cothromachadh beagan a bharrachd na laigsean
Lag	Laigsean cudromach
Mì-riarachail	Laigsean mòra

Thathar a' foillseachadh nan rangan ann an aithisg sgrùdaidh na sgoile, agus tha iad an dùil dòigh shoilleir agus chunbhalach a thoirt seachad airson toraidhean aithriseadh. Bha an ceisteachan a' sireadh bheachdan air cleachdadh an rangachaidh sia-puingean gus geàrr-chunntas a dhèanamh air dè cho math 's a tha sgoil, agus am bu chòir an dòigh-obrach seo a chumail a' dol.


Ceist 3.1 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gu bheil cleachdadh ranga a' cuideachadh gus foir-shealladh soilleir a thoirt seachad air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh?

Ceist 3.2 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gu bheil ranga a' cuideachadh sgoiltean, pàrantan, agus ùghdarrasan ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach a thuigsinn dè dh'fheumas a

Foir-shealladh soilleir air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh



A' thuigsinn dè dh'fheumas a bhith air a leasachadh



bhith air a leasachadh?

Bha beachdan measgaichte thar an dà cheist seo, le glè bheag de cho-aontachd shoilleir, no gun cho-aontachd sam bith, a thaobh a bheil cleachdadh ranga a' cuideachadh le bhith a' toirt seachad foir-shealladh soilleir air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh no a' cuideachadh le tuigse air dè dh'fheumas a bhith air a leasachadh.


Bha mòr-chuid de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” (56%) an dàrna cuid ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh gu bheil cleachdadh ranga a' cuideachadh le bhith a' toirt foir-shealladh soilleir air dè cho math 's a tha sgoil a' dèanamh, ach bha mòr-chuid de “Luchd-ceannardais no manaidsèaran àrd-ìre” ag eas-aontachadh no ag eas-aontachadh gu mòr (63%). Bha “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” gu ìre mhath air an roinn gu cothromach air a' chùis.

Mar an ceudna, bha mòr-chuid de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” (51%) an dàrna cuid ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh gu bheil cleachdadh ranga a’ cuideachadh le tuigse air dè dh’fheumas a bhith air a leasachadh, ach bha mòr-chuid de “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” ag eas-aontachadh no ag eas-aontachadh gu mòr (67%). Bha “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” a-rithist gu ìre mhath air an roinn gu cothromach.


Ceist 3.3 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum faod ranga a bhith a’ ro-shìmpleachadh na tha a’ tachairt ann an sgoil?

Ceist 3.4 – A bheil thu den bheachd gum bu chòir do sgrùdaidhean sgoile cumail orra a’ cleachdadh ranga gus geàrr-chunntas a dhèanamh air dè cho math ’s a tha sgoil a’ coileanadh?

Faodaidh ranga ro-shìmpleachadh a dhèanamh air na tha a’ tachairt.



Bu chòir do sgrùdaidhean cumail orra a’ cleachdadh ranga




Gu h-iomlan, bha aonta soilleir ann gum faod ranga ro-shìmpleachadh a dhèanamh air na tha a’ tachairt ann an sgoil. B’ e “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” an fheadhainn a bu dualtaiche aontachadh gu mòr no aontachadh (84%), agus an uair sin “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” (81%).

Ach bha cothromachadh nam beachdan nas neo-shoilleire a thaobh am bu chòir do sgrùdaidhean sgoile cumail orra a’ cleachdadh ranga gus geàrr-chunntas a dhèanamh air dè cho math ’s a tha sgoil a’ coileanadh, ged a bha a’ cho-aontachd choitcheann buailteach a bhith nach bu chòir. Bha “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” gu h-

àraid buailteach a bhith den bheachd nach bu chòir leantainn oirnn le bhith gan cleachdadh. B' e "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" an aon bhuidheann de luchd-ùidh san robh barrachd fhreagairtean den bheachd gum bu chòir ranga cumail orra gan cleachdadh gus geàrr-chunntas a dhèanamh air dè cho math 's a tha sgoil a' coileanadh na an fheadhainn a bha den bheachd nach bu chòir (44% agus 34% fa leth).

Ceist 3.5 – Ma tha rangan a’ cumail orra gan cleachdadh, dè bu chòir tachairt don sgèile sia-puingean a th’ ann an-dràsta? Tagh an aon roghainn a tha as fhaisge air




do bheachd fhèin.

Cha robh co-aontachd shoilleir ann air a’ cheist seo, ged a bha beagan fàbhar coitcheann ann airson sgèile rangachaidh nas giorra a chleachdadh ma tha rangan a’ cumail orra gan cleachdadh. Bha an dàrna leth de “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus mòr-chuid de “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” a’ fàbharachadh cleachdadh sgèile rangachaidh nas giorra le nas lugha de phuingean agus tuairisgeulan (50% agus 51% fa leth).

B’ e “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” an aon bhuidheann de luchd-ùidh san robh an roghainn as mòr-chòrdte a bhith a’ cumail an sgèile rangachaidh sia-puingean a th’ ann an-dràsta (air a fàbharachadh le 38%).

Ceist 3.6 – Ma sguireas sgrùdaidhean sgoile de bhith a’ cleachdadh rangan gus luachadh agus aithris a thoirt seachad air prìomh raointean, ciamar a bu chòir



aithisgean sgrùdaidh càileachd an fhoghlaim ann an sgoil a shealltainn? Tagh na roghainnean uile a tha buntainneach.

A thaobh mar a bu chòir aithisgean sgrùdaidh càileachd an fhoghlaim ann an sgoil a shealltainn, b' e cleachdadh geàrr-chunntais sgrìobhte soilleir a' mìneachadh neartan agus raointean airson leasachadh an roghainn as mòr-chòrdte thar nam buidhnean de luchd-ùidh; thug 88% de "Thidsearan no luchd-obrach sgoile eile" taic don dòigh-obrach seo, a' tuiteam dìreach gu 78% de "Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim".

A thaobh an dà roghainn eile, bha "Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga" agus "Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile" beagan nas dualtaiche fàbhar a thoirt do bhith a' gabhail a-steach aithris mu dè cho èifeachdach 's a tha sgoil san fharsaingeachd na do aithris a' sealltainn dè cho misneachail 's a tha luchd-sgrùdaidh gum faod an sgoil cumail oirre a' leasachadh. Bha a chaochladh fìor airson "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" agus "Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim".

Beachdan eile air mar a bu chòir aithisgean càileachd an fhoghlaim ann an sgoil a shealltainn

Am measg an fheadhainn a bha a' toirt bheachdan air mar a bu chòir aithisgean sgrùdaidh càileachd an fhoghlaim ann an sgoil a shealltainn às aonais rang, b' e am moladh a nochd as trice gum bu chòir don aithisg an co-theacsa ionadail agus na dùbhlain a tha mu choinneimh sgoile a mhìneachadh – mar eisimpleir, a thaobh inbhe shòisio-eaconamach na sgìre-sgoile no cuingeadan maoinachaidh. Bha "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" gu sònraichte dualtach a' chùis seo a thogail.

Am measg phuingean eile co-cheangailte ri nàdar na h-aithisg sgrùdaidh, bha gum bu chòir dhi a bhith sgrìobhte ann am Beurla shoilleir, agus a bhith de spiorad cuideachail/taiceil. Chaidh feum air cunbhalachd an dà chuid ann an dòigh-obrach sgrùdaidh agus ann an teachdaireachdan mun aithisg a chomharrachadh cuideachd, a' gabhail a-steach le neach-freagairt bho "Ùghdarras ionadail" agus bho "Buidheann-bheachdachaidh".

Bha "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" agus "Buidheann riochdachaidh an raoin no buidheann ballrachd" am measg an fheadhainn a bha ag iarraidh gum biodh an aithisg a' clàradh sgeulachd na sgoile agus an t-slighe air a bheil iad. Bha eisimpleirean a' gabhail a-steach a bhith a' soilleireachadh ìre an leasachaidh bhon sgrùdadh mu dheireadh, no a' nochdadh creideamh na sgoile, far a bheil sin buntainneach. Chaidh iarrtas a dhèanamh airson aithisgean fa leth airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tro mheadhan na Beurla far a bheil an dà chuid air an toirt seachad leis an aon ionad.

A thaobh eileamaidean a dh'fhaodadh a bhith ann an aithisg, bha taic ann bho raon de na buidhnean a fhreagair gum bu chòir clàradh:

- neartan sgoile agus na tha iad a' dèanamh gu math
- cleachdadh as fhiach a cho-phàirteachadh.
- raointean airson piseach/leasachadh.

- na h-ath cheumannan, a' gabhail a-steach amasan a ghabhas coileanadh.

A thaobh na puinge mu dheireadh, dh'iarr dithis luchd-freagairt "Ùghdarras ionadail" soilleireachd air dreuchdan an ùghdarrais ionadail agus/no HMIE ann a bhith a' libhrigeadh leasachaidh agus a' toirt taic san àm ri teachd.

Am measg mholaidhean a thaobh eileamaidean a bharrachd, air am moladh gu sònraichte le luchd-freagairt bho "An treas roinn", bha:

- beachdan bho chlann is daoine òga mun sgoil aca
- aithris a' toirt geàrr-chunntas air na tha an sgoil a' dèanamh gus sunnd am measg sgoilearan a thogail
- measadh air an ìre ris a bheilear a' coinneachadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach cleachdadh na sgoile airson sgoilearan le òtasam agus niùro-iomadachd
- aithris air pongalachd fèin-mheasadh na sgoile.


Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir, còmhla ri aithisg HMIE, freagairt bhon sgoil a bhith ann, a' gabhail a-steach plana gnìomha/leasachaidh.

Earrann 4: Brath air sgrùdadh sgoile

An-dràsta, thathar a' toirt brath do sgoil gum bi sgrùdadh a' tachairt dà sheachdain gu leth ro làimh. Tha seo a' leigeil leis an sgioba sgrùdaidh gnìomhachdan an sgrùdaidh a phlanadh còmhla ri ceannard na sgoile agus ùine a thoirt don luchd-obrach gus obair-phàipeir ro-sgrùdaidh a chrìochnachadh. Tha e cuideachd a' toirt ùine do phàrantan, sgoilearan, luchd-obrach agus buidhnean com-pàirteach gus ceisteachain ro-sgrùdaidh a choileanadh agus do luchd-sgrùdaidh na freagairtean a thional agus a sgrùdadh.

Dh'iarr an ceisteachan beachdan a thaobh a bheil an ùine-bhratha seo iomchaidh.

Ceist 4.1 – Nad bheachd-sa, dè an ùine-bhratha a bu chòir a bhith aig sgoiltean ro sgrùdadh



Cha robh co-aontachd shoilleir ann mu aon de na trì ùineachan-bratha a chaidh a mholadh, le “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” nas buailtiche a bhith a' fàbharachadh do mu 2 latha bratha a thoirt do sgoil, fhad 's a bha “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus gu h-àraidh “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” nas buailtiche a bhith a' roghnachadh brath de 3 gu 4 seachdainean.

Am measg mholaidhean eile a chaidh a dhèanamh, b' e am beachd a nochd as trice – air a chur an cèill gu sònraichte le “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”, agus an uair sin le “Tidsearan agus luchd-obrach sgoile eile” – gum bu chòir sgrùdaidhean a bhith gun rabhadh ro-làimh. Bha na h-adhbharan airson an t-seasaimh seo buailteach a bhith coltach ris an fheadhainn a thugadh seachad le luchd-freagairt a bha a' fàbharachadh do dh'ùine-bhratha 2-latha – is e sin, leigeil le luchd-sgrùdaidh dealbh fhaighinn de bheatha nas “àbhaistiche” ann an sgoil, agus lùghdachadh a dhèanamh air an obair a bharrachd agus an cuideam air luchd-obrach co-cheangailte ri ullachadh airson sgrùdadh thar ùine nas fhaide. Chaidh iomradh a thoirt air a' mhodail a chleachdas Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim mar eisimpleir den t-seòrsa dòigh-obrach seo.

Mhol grunn luchd-freagairt ùineachan-bratha eile, a' gabhail a-steach:

- 1 seachdain (air a mholadh gu h-àraid le “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim”)
- 1–2 mhìos
- 3 mìosan no teirm-sgoile

Chaidh a mholadh cuideachd gum faodar innse do sgoil gun rachadh an sgrùdadh taobh a-staigh na bliadhna ri teachd, còmhla ri ùine-bhratha nas giorra mun àm cheart, no gum biodh clàr-ama stèidhichte a’ leigeil le sgoil fios a bhith aca gu ìre air cuin a rachadh tadhal orra.

Chaidh a chomharrachadh cuideachd gum biodh am modail airson sgrùdaidhean san àm ri teachd a’ toirt buaidh gu ìre air an ùine-bhratha, puing a rinneadh gu sònraichte le “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre”, le cuid de luchd-freagairt a’ toirt fa-near gum biodh an fhreagairt aca don cheist a rèir dè seòrsa modail a chleachdar san àm ri teachd. Thuirt cuid eile, bho raon de bhuidhnean luchd-freagairt, nan robhar a’ cleachdadh ùine-bhratha glè bheag, gum feumadh atharrachadh a dhèanamh air an ìre de dh’obair-phàipeir ro-sgrùdaidh a thathar ag iarraidh air sgoiltean, no gun cuireadh e bacadh air com-pàirteachadh luchd-ùidh mura biodh ùine gu leòr ann airson coinneamhan a chur air dòigh. Gu sònraichte, bha dithis luchd-freagairt bho “An treas roinn” a’ toirt fa-near gum feumadh ùine a bhith ann gus com-pàirteachadh brioghmhor a dhèanamh comasach le clann is daoine òga, agus gu bheil feum ann air ùine gus sunnd chloinne niùro-iomadach a dhìon, leis gu bheil feum aca air cunbhalachd airson a bhith a’ faireachdainn sàbhailte. Mhol grunn luchd-freagairt – gu sònraichte “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” – measgachadh de sgrùdaidhean goirid, le ùine glè ghoirid no gun rabhadh, gus cur ri sgrùdaidhean nas doimhne far am biodh ùine-bhratha nas fhaide air a thoirt seachad.

A thaobh àm nan sgrùdaidhean, chaidh iarraidh cuideachd gum bu chòir amannan dìreach an dèidh saor-làithean a sheachnadh. Chaidh a’ chùis seo a thogail as trice le “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre”. Chaidh aithris gum faodadh sgoil brath fhaighinn an-dràsta dìreach mus tig saor-làithean gum bi sgrùdadh ga dhèanamh tràth san teirm a leanas, a’ ciallachadh gum bi luchd-obrach a’ cur seachad an saor-làithean ag ullachadh air a shon.


Earrann 5: Ron sgrùdadh

Mus tachair sgrùdadh, bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag iarraidh air sgioba ceannardais na sgoile geàrr-chunntas fèin-luachaidh a lìonadh le bhith a' cleachdadh chomharran càileachd taghte à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn?](#) (4^{mh} Eagraan)

Bidh an geàrr-chunntas seo a' soilleireachadh beachd na sgoile fhèin air na tha iad a' dèanamh gu math, ciamar a tha iad eòlach air seo, agus na tha iad ag obair gus a leasachadh. Thathar cuideachd ag iarraidh air sgoiltean ceisteachain ro-sgrùdaidh a thoirt do luchd-ionnsachaidh, pàrantan, luchd-obrach agus com-pàirtichean. Bidh na freagairtean a' dol dìreach gu sgioba an sgrùdaidh Bidh na ceumannan seo a' cuideachadh luchd-sgrùdaidh gus co-theacsa agus coileanadh na sgoile a thuigsinn, a bharrachd air beachdan na coimhearsnachd aca, mus tòisich an turas sgrùdaidh.


Bha an ceisteachan a' sireadh bheachdan air na thachras san ùine mus tachair sgrùdadh.

Ceist 5.1 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gu bheil an geàrr-chunntas fèin-luachaidh a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an sgrùdadh le beachd na sgoile fhèin air a neartan agus na raointean leasachaidh aca?



Gu h-iomlan, bha mòr-chuid ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh gu bheil an geàrr-chunntas fèin-luachaidh a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an sgrùdadh a' tòiseachadh le beachd na sgoile fhèin air a neartan agus na raointean leasachaidh; bha ìrean aonta eadar 87% de “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” agus 70% de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”.

Ceist 5.2 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, gum bu chòir do sgoiltean a bhith comasach air sgrìobhainnean làithreach aca – leithid an Aithris Inbhean is Càileachd aca agus am Plana Leasachaidh Sgoile aca – a chleachdadh, seach geàrr-chunntas fèin-luachaidh air leth a sgrìobhadh, airson




sgrùdadh?

Bha taic ann cuideachd bho mhòr-chuid de luchd-freagairt airson 's gum biodh e comasach do sgoiltean sgrìobhainnean a th' ann mar-thà – leithid an Aithris Inbhean is Càileachd aca agus am Plana Leasachaidh Sgoile aca – a chleachdadh an àite geàrr-chunntas fèin-luachaidh air leth a sgrìobhadh airson sgrùdadh. Bha an co-rèir de luchd-freagairt a bha ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh leis an dòigh-obrach seo eadar 86% de “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus 66% de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”.


Ceist 5.3 – Dè cho cudromach 's a tha e beachdan a thional bho gach aon de na buidhnean a leanas mus tèid sgrùdadh a dhèanamh?

Tha na cairtean gu h-ìosal a' còmhachadh gach aon de na ceithir buidhnean mu seach: clann agus daoine òga; luchd-obrach sgoile, a' gabhail a-steach luchd-obrach taice;




pàrantan agus luchd-cùraim; agus buidhnean is com-pàirtichean a tha ag obair leis an sgoil.


Luchd-obrach sgoile, a' gabhail a-steach luchd-obrach taice



Pàrantan agus luchd-cùraim



Buidhnean is com-pàirtichean a tha ag obair leis an sgoil



Gu h-iomlan, bha cha mhòr a h-uile neach-freagairt den bheachd gun robh e glè chudromach no cudromach beachdan “chloinne is daoine òga”, “luchd-obrach sgoile, a' gabhail a-steach luchd-taice”, agus “pàrantan agus luchd-cùraim” a thional, agus bha a' chuid as motha den bheachd gun robh e cudromach beachdan “buidhnean is com-

pàirtichean a tha ag obair leis an sgoil” a chruinneachadh. Bha cruinneachadh bheachdan bho “chlann is daoine òga” agus “luchd-obrach sgoile, a’ gabhail a-steach luchd-obrach taice” buailteach a bhith air fhaicinn mar rud glè chudromach.


Earrann 6: Dealbhadh agus susbaint frèam-obrach sgrùdaidhean sgoile

Mhìnich an ceisteachan gum bi Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' cleachdadh an fhrèam-obrach, [Dè cho math 's a tha an sgoil againn?](#) (4mh Eagran), gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach cho-chòrdail ann airson luachadh a dhèanamh air càileachd an fhoghlaim ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean sònraichte. Bidh luchd-sgrùdaidh cuideachd a' cleachdadh [Dè cho math 's a tha an sgoil againn?](#) còmhla ri [Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig](#) nuair a thathar a' sgrùdadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bidh sgoiltean a' cleachdadh an aon fhrèam-obrach gus taic a thoirt don fhèin-luachaidh aca fhèin, gan cuideachadh le bhith a' meòrachadh air na tha iad a' dèanamh gu math agus far an urrainn dhaibh leasachadh. Tha an dòigh-obrach cho-roinnte seo a' dèanamh cinnteach gu bheil tuigse choitcheann ann air cò ris a tha foghlam àrd-inbhe coltach thar siostam an fhoghlaim. Tha am frèam-obrach a' gabhail a-steach seata de "shlatan-tomhais deagh ghnè" a tha a' dèiligeadh ri prìomh raointean leithid ionnsachadh agus teagasg, ceannardas, sunnd agus àrdachadh buileachadh.

Chan eilear air [Dè cho math 's a tha an sgoil againn?](#) air ath-ùrachadh bhon a chaidh a chur air bhog ann an 2015.

Dh'iarr an ceisteachan beachdan air cruth, adhbhar agus susbaint an fhrèam-obrach ùir airson sgrùdaidhean sgoile.

Ceist 6.1 – Cò de na leanas a tha as fhaicte air do bheachd fhein a thaobh cruth an fhrèam-obrach ùir airson sgrùdadh sgoile?




Ged nach robh mòran taic ann idir airson aon fhrèam-obrach airson a h-uile sgoil, bha beachdan eadar-dhealaichte ann a thaobh an dà roghainn eile.

Bha "Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim" agus "Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre" nas buailtiche a bhith fàbharach do dh'aon fhrèam-obrach a bhith ann le stiùireadh a rachadh fhreagarrachadh do gach seòrsa sgoile. Bha ìrean taice airson na roghainn seo aig 63% agus 45% fa leth.


Bha “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” nas buailtiche a bhith fàbharach do dhiofar fhrèamaichean-obrach a bhith ann airson diofar sheòrsaichean sgoile, le ìrean taice aig 58% agus 54% fa leth.

Ceist 6.2 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh, no ag eas-aontachadh, ris na h-aithrisean a leanas a thaobh frèam-obrach sgrùdaidh sgoile?


Tha e cuideachail a bhith a’ cleachdadh an aon fhrèam-obrach airson an dà chuid sgrùdadh agus fèin-luachadh



Nan robhar ag ath-ùrachadh an fhrèam-obrach gach bliadhna (no nas cunbhalaiche), bhiodh



sin a’ cuideachadh sgoiltean gus a chur gu feum ann an dòigh nas èifeachdaiche


Bhiodh am frèam-obrach nas fheumaile ma bha e a' gabhail a-steach eisimpleirean de**chleachdadh èifeachdach**

Bha luchd-freagairt thar gach buidheann de luchd-ùidh buailteach a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh gu bheil e cuideachail a bhith a' cleachdadh an aon fhrèam-obrach airson an dà chuid sgrùdadh agus fèin-luachadh, agus gum biodh am frèam-obrach nas fheumaile nan robhar a' gabhail a-steach eisimpleirean de chleachdadh èifeachdach.

Bha beachdan nas measgaichte a thaobh am biodh ùrachaidhean bliadhnail (no nas trice) air an fhrèam-obrach a' cuideachadh sgoiltean gus a chleachdadh nas èifeachdaiche. Ged a bha mòr-chuid de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”, “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” den bheachd gun cuidicheadh iad, cha robh ach beag-chuid de “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” (44%) den bheachd sin, agus bha cuibhreann gu ìre mhath àrd den bhuidhinn seo (34%) an dàrna cuid ag eas-aontachadh no ag eas-aontachadh gu mòr gum biodh ùrachaidhean bliadhnail no nas trice don fhrèam-obrach a' cuideachadh sgoiltean gus a chleachdadh nas èifeachdaiche.

Bha Ceist 6.3 a' faighneachd de luchd-freagairt dè cho cudromach 's a tha 25 raointean eadar-dhealaichte a dh'fhaodar gabhail a-steach ann am frèam-obrach sgrùdaidh. Tha a' chairt gu h-ìosal a' sealltainn toraidhean geàrr-chunntais a-mhàin. Gheibhear briseadh sìos airson gach raon a rèir buidhnean luchd-ùidh ann an clàran ann an [Leas-phàipear B](#).

Ceist 6.3 – Dè cho cudromach 's a tha, nad bheachd-sa, gach aon de na raointean seo airson an gabhail a-steach ann am frèam-obrach sgrùdaidh sgoile?



(Tha àireamh bheag de na tuairisgeulan air na raointean air an giorrachadh anns a' chairt gu h-àrd mar a leanas:) "Eadar-ghluasadan luchd-ionnsachaidh msaa" airson "Eadar-ghluasadan luchd-ionnsachaidh agus planadh airson adhartas gu cinn-uidhe deimhinneach an dèidh sgoile"; "Guth luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus phàrantan msaa" airson "Guth luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus phàrantan ann a bhih a' toirt cumadh do leasachadh sgoile agus a' dèanamh luachadh air"; "Com-pàirteachasan le coimhearsnachdan msaa" airson "Com-pàirteachasan le coimhearsnachdan agus le seirbheisean is buidhnean eile"; agus "Planadh shlighean san ìre as àirde msaa" airson "Planadh shlighean san ìre as àirde agus ionnsachadh ceàird")

Bha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt den bheachd gun robh na 25 raointean uile glè chudromach no cudromach. Bha seo gu sònraichte fìor airson "ionnsachadh, teagasg agus measadh", "dàimhean agus giùlan" agus "dìon agus a' cur air adhart sunnd", agus bha na trì sin uile air am faicinn mar rudan glè chudromach no cudromach le 99% de luchd-freagairt.

Ged a bha iad fhathast air am faicinn mar rudan glè chudromach no cudromach le mòr-chuid shoilleir, bha "foghlam air a' bhlàr a-muigh", "com-pàirteachasan le coimhearsnachdan agus

le seirbheisean agus buidhnean eile” agus “teicneòlasan didseatach” nas buailtiche a bhith air am faicinn mar rudan nach robh glè chudromach no idir cudromach na raointean eile.

Bha luchd-freagairt nas buailtiche a bhith mì-chinnteach mu cho cudromach 's a bha “Planadh shlighean san ìre as àirde agus ionnsachadh ceàird”.

Nuair a chaidh am faighneachd an robh raointean sam bith ann nach robh air an liostadh ach a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach san fhrèam-obrach sgrùdaidh, b' iad na molaidhean a chaidh a dhèanamh as trice:

- taic agus eòlas co-cheangailte ri ASN; bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” agus “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” gu sònraichte dualtach am moladh seo a dhèanamh
- foghlam moralta, spioradail agus sòisealta; chaidh seo a chomharrachadh thar nam buidhnean freagairt uile
- àireamhan de luchd-obrach, ìrean neo-làthaireachd agus fiosrachadh mu chumail luchd-obrach; b' iad “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” an fheadhainn a bu dualtaiche a bhith a' cur air adhart am moladh seo

Am measg raointean eile a chaidh a mholadh, bha: coileanadh agus taic an ùghdarrais ionadail; an co-theacsa ionadail, a' gabhail a-steach pròfaidhl sòisio-eaconamach na sgìre; goireasan, a' gabhail a-steach ìrean maoiniachaidh agus caiteachais; cleachdaidhean a thaobh dearbhadh càileachd; Ionnsachadh airson Seasmhachd; agus cruthachalachd agus cleachdadh dhòighean cruthachail.

Earrann 7: Ag aithris air toradh an sgrùdaidh

Tha Foghlam Alba a' dèanamh lèirmheas air mar a thathar ag aithris air toraidhean sgrùdaidh agus gan co-phàirteachadh an dèidh sgrùdaidhean sgoile. An-dràsta, bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' foillseachadh:


- litir ghoirid airson phàrantan is luchd-cùraim, a' toirt geàrr-chunntas air neartan, raointean airson leasachaidh agus rangan sgrùdaidh
- aithisg mhionaideach air leth, airson na sgoile, a' mìneachadh nan toraidhean slàn
- toraidhean cruinnichte bho na ceisteachain ro-sgrùdaidh

Dh'fhaighnich an earrann seo den cheisteachan an robh an dòigh-obrach seo fhathast a' coinneachadh ri feumalachdan diofar luchd-amais, no am bu chòir atharrachadh a dhèanamh air. Bha e ag amas air tuigse fhaighinn air:

- am bu chòir toraidhean sgrùdaidh a bhith air an taisbeanadh ann an dòigh eadar-dhealaichte airson diofar luchd-amais.
- mar a ghabhas toraidhean sgrùdaidh a dhèanamh nas ruigsinniche agus nas fheumaile do chlann is daoine òga
- mar a ghabhas aithriseadh a leasachadh gus taic nas fheàrr a thoirt do dh'adhbharan sgrùdaidh mar a tha iad air an cur sìos ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025.

Thug an ceisteachan fa-near gum bi beachdan an luchd-freagairt a' cuideachadh Foghlam Alba/HMIE gus co-dhùnadh an tèid am modail aithrisidh làithreach a chumail no atharrachaidhean a thoirt a-steach gus soilleireachd, ruigsinneachd agus buaidh a leasachadh.

Ceist 7.1 – Ciamar a bu chòir toraidhean sgrùdaidh a bhith air an taisbeanadh do dhiofar luchd-amais? Feuch gun tagh thu an roghainn a tha as fhaighe air do



bheachd fhèin.

B' e roghainn shoilleir an luchd-freagairt gum bu chòir dà aithisg sgrùdaidh a bhith ann – aon le fiosrachadh mionaideach airson sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach, agus dreach nas giorra a tha furasta ri thuigsinn airson phàrantan is luchd-cùraim. Ach bha beagan taice ann airson aon aithisg sgrùdaidh bho fheadhainn sa bhuidhinn de luchd-ùidh “Pàrant no neach-cùraim agus daoine òga”, le mu 1 neach às gach 3 (31%) a' fàbharachadh na roghainn seo.

Bha luchd-freagairt leis am b' fheàrr dòigh-obrach “Eile” agus a thug barrachd fiosrachaidh seachad nas buailtiche a bhith a' fàbharachadh do na toraidhean sgrùdaidh a bhith air an taisbeanadh tron dà aithisg sgrùdaidh shònraichte, ach le slighean no dòighean eile cuideachd rim faighinn airson na toraidhean a cho-roinn le diofar luchd-amais. Bha “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” gu sònraichte dualtach am moladh seo a dhèanamh, le iomraidhean gan dèanamh air dreachan a bha freagarrach do chlann no furasta ri leughadh de dh'aithisgean sgrìobhte, taisbeanadh thoraidhean tro bhidio no gu pearsanta, agus stuthan a ghabhadh atharrachadh agus a dhealbhadh a rèir feumalachdan sònraichte an luchd-amais. Bha an raon de mholaidhean a chaidh a dhèanamh gu mòr a' nochdadh an fheadhainn a chaidh a chomharrachadh le freagairtean don ath cheist a thaobh toraidhean a cho-phàirteachadh le clann is daoine òga.

Bha cuideachd molaidhean ann gur e dòigh-obrach reusanta a tha san dòigh-obrach dà aithisg, cho fad 's a thèid an dà chuid fhoillseachadh agus rim faighinn do dhuine sam bith a tha airson am faicinn; bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” as dualtaiche a' phuing seo a dhèanamh. Bha seo co-cheangailte ri puing nas fharsainghe gur e follaiseachd am prìomh rud, le còir aig a h-uile duine a bhith a' faighinn cothrom air toraidhean uile an sgrùdaidh.

Bha grunn phuingean eile a chaidh a dhèanamh cuideachd a' dèiligeadh an dàrna cuid ri cò bu chòir cothrom fhaighinn air an fhiosrachadh no ri susbaint aon de na h-aithisgean, no ri susbaint na dà aithisg, a chaidh a mholadh sa cheist. Am measg nam molaidhean, bha: gum faodadh aon aithisg a bhith ann airson a h-uile duine, ach gum bu chòir a sgrìobhadh ann an dòigh a tha ga dèanamh ruigsinneach do luchd-amais nas fharsainghe, a' gabhail a-steach tro bhith a' cleachdadh phrìomh thoraidhean no gearr-chunntas.

B' e sealladh eile nach urrainn aon aithisg coinneachadh ri feumalachdan a h-uile luchd-amais, agus gu bheil pàrantan no luchd-cùraim nas dualtaiche a bhith a' leughadh aithisg nas giorra a tha a' mìneachadh prìomh theachdaireachdan seach dreach nas fhaide sa bheil a h-uile fiosrachadh agus fios-air-ais a tha cudromach do sgoiltean agus don ùghdarras ionadail.

Ceist 7.2 – Dè na dòighean èifeachdach, nad bheachd-sa, airson toraidhean sgrùdaidh a cho-roinn le clann is daoine òga?

A thaobh dòighean èifeachdach airson toraidhean sgrùdaidh a cho-roinn le clann is daoine òga, rinn luchd-freagairt molaidhean co-cheangailte ris a' chruth no meadhan as fheàrr airson beachdan a cho-roinn, an stoidhle agus an t-susbaint, agus na slighean as fheàrr airson an sgaoileadh.

A thaobh chruthan, b' iad na molaidhean a chaidh a dhèanamh as trice:

- taisbeanaidhean no coinneamhan pearsanta, le cothrom beachdachadh air agus beachdan a cho-roinn mu na toraidhean
- aithisg sgrìobhte / sgrìobhainn fios-air-ais
- bhidio/no teachdaireachd dhidseatach, le iomraidhean air cleachdadh nam meadhanan sòisealta (tro phod-chraoladh, a' cleachdadh TikTok no bhidiothan ann an stoidhle Instagram msaa)

Bha cruthan eile air an ainmeachadh a' gabhail a-steach: stiallan comaig, infografach no beòthachaidhean; notaichean-sgeidse; postairean no bileagan; tro litir no post-d; tro chuairt-litir no bòrd-fiosrachaidh; agus a' cleachdadh PowerPoint agus slaighdean.

Bha moladh ann cuideachd gum faodadh na h-aon dòighean no dòighean coltach ris an fheadhainn a thathar a' cleachdadh mar-thà a chur an sàs, le iomradh sònraichte air “Dè cho math 's a tha an sgoil againn” agus “2 rionnag agus aon mhiann”.


Chaidh cuideam a chur air cho cudromach 's a tha e gum bi dòigh-obrach sam bith càirdeil do chlann agus iomchaidh a thaobh aoise, agus bhathar a' toirt fa-near gum bu chòir, far a bheil e iomchaidh, na toraidhean fhreagarrachadh do fheumalachdan sònraichte chloinne. A thaobh susbaint, chaidh iomradh a thoirt air:

- toraidhean geàrr-chunntais a-mhàin, le teachdaireachdan sìmplidh agus soilleir
- a' mìneachadh dè bha luchd-sgrùdaidh a' coimhead air agus dè tha na toraidhean a' ciallachadh dhaibh mar sgoilearan
- a' dèiligeadh ri dè tha math agus ag obair gu math, a bharrachd air dè nach eil ag obair gu math agus leasachaidhean sam bith a tha riatanach.

Chaidh a thoirt fa-near cuideachd gum bu chòir do na toraidhean a bhith ag aithneachadh na chuir clann is daoine òga ris an sgrùdadh agus bu chòir soilleireachadh mar a chaidh na beachdan is na h-eòlasan aca a thoirt fa-near.


Bha an fheadhainn a thug beachd air cò bu chòir a bhith a' stiùireadh mar a thathar a' co-phàirteachadh toraidhean an sgrùdaidh le clann as dualtaiche moladh gum bu chòir luchd-obrach sgoile a bhith an sàs, ach chaidh a mholadh cuideachd gun dèanadh an sgioba sgrùdaidh e no gun stiùireadh sgoilearan fhèin taisbeanadh air na toraidhean. Bha na molaidhean sin uaireannan ceangailte ri bhith a' co-phàirteachadh nan toraidhean aig co-thionalan sgoile.

Ceist 7.3 – Dè a tha a' dèanamh aithisg sgrùdaidh feumail dhut? Feuch gun tagh thu a h-uile roghainn a tha iomchaidh.



Thathar a' beachdachadh air na toraidhean airson Cheistean 7.3 agus 7.4 gu h-ìosal.

Ceist 7.4 – Dè na trì feartan as cudromaiche, nad bheachd-sa, airson aithriseadh sgrùdaidh?



Bha “geàrr-chunntas soilleir air neartan agus raointean airson leasachaidh” air a mheas feumail le cha mhòr a h-uile neach-freagairt (95% gu h-iomlan agus eadar 94% de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” suas gu 100% de “Oifigearan ùghdarras ionadail/foghlaim”). Bha e cuideachd as dualtaiche a bhith air a thaghadh mar aon de na trì feartan as cudromaiche, le 88% den luchd-freagairt uile ga chur am measg nan trì prìomh phrìomhachasan aca.

Thar nam feartan eile, bha mòr-chuid de luchd-freagairt den bheachd gum biodh iad feumail nan robh iad air an gabhail a-steach – eadar 76% airson “mìneachadh soilleir air na thathar an dùil gun dèan an sgoil/ùghdarras ionadail/sealbhadair sgoile neo-eisimeileach a-nis” sìos gu 53% airson “mìneachadh soilleir air ranga sgrùdaidh sam bith, ma tha iad nam pàirt den sgrùdadh”.

Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, bha luchd-freagairt as buailtiche a bhith a’ taghadh “geàrr-chunntas soilleir air neartan agus raointean airson leasachaidh” mar aon de

na feartan as cudromaiche (air a thaghadh le 88%), agus an uair sin “mìneachadh soilleir air na thathar an dùil gun dèan an sgoil/ùghdarras ionadail/sealbhadair sgoile neo-eisimeileach a-nis” (49%) agus “molaidhean airson leasachaidh” (41%).

Bha na diofar bhuidhnean de luchd-ùidh buailteach air beachdan caran coltach a bhith aca – mar eisimpleir, bha “geàrr-chunntas soilleir air neartan agus raointean airson leasachaidh” as dualtaiche a bhith air a thaghadh mar phrìomhachas as àirde le gach buidheann (eadar 92% de “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” agus 79% de “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim”). Ach bha cuid de raointean ann far an robh eadar-dhealachaidhean (gu ìre mhath beag) ann am beachdan. Mar eisimpleir:

- Bha “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” nas dualtaiche “briathrachas agus susbaint a tha a’ nochdadh co-theacsa na sgoile” a thaghadh mar aon de na feartan as cudromaiche.
- Bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” nas dualtaiche “molaidhean airson leasachaidh” a chur sna trì prìomh rudan aca na bha “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre”.
- Bha “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile” agus “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” nas dualtaiche “eisimpleirean de chleachdadh èifeachdach” a chur sna trì prìomh rudan aca na bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” agus “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim”.

Fhuair luchd-freagairt cuideachd roghainn a bhith a’ comharrachadh fheartan “eile” de dh’aithriseadh sgrùdaidh nach robh air an liosta ach a bha iad den bheachd a bhiodh feumail. Cha deach mòran mholaidhean sònraichte a dhèanamh, ach mhol àireamhan beaga de luchd-freagairt gum faodadh na feartan a bharrachd a leanas a bhith luachmhor:

- fios-air-ais no stiùireadh cuideachail agus practaigeach air mar a ghabhas leasachadh a dhèanamh agus amannan-tìde a chaidh a mholadh airson leasachaidhean a lìbhrigeadh
- mìneachadh air dreuchd agus dleastanasan an ùghdarrais ionadail, mar eisimpleir a thaobh maoinachaidh agus àireamhan de luchd-obrach agus mar as urrainn don ùghdarras ionadail taic a thoirt do sgoiltean gus soirbheachadh
- fiosrachadh geàrr-chunntais air na beachdan a chaidh a chur an cèill le sgoilearan, pàrantan no luchd-cùraim agus luchd-obrach sgoile, a’ gabhail a-steach mar a thug iad buaidh air toraidhean an sgrùdaidh

Ma thachras iar-sgrùdadh, chaidh a mholadh cuideachd iar-aithisg fhoillseachadh a tha a’ mìneachadh adhartas fa chomhair raointean sam bith airson leasachaidh.


A’ tarraing nan cuspairean ri chèile, thuirt neach-freagairt bho “Aonadh-ciùird” gum biodh an aithisg sgrùdaidh feumail ma tha i a’ coileanadh fuincsean foirmeachail seach breithneachadh suimeil air coileanadh sgoile aig aon mhòmaid shònraichte ann an tìm. Lean iad orra le bhith a’ moladh gu bheil seo a’ ciallachadh tuigse fhaighinn air co-theacsa làithreach na sgoile, a’ gabhail a-steach na goireasan a tha rim faighinn dhi agus na crìochan taobh a-staigh a bheil i ag obair gu h-ionadail.

Earrann 8: A' sgrùdadh chlasaichean sgoil-àraich

Tha cuid de sgoiltean a' gabhail a-steach clasaichean sgoil-àraich. Tha na clasaichean seo gan sgrùdadh le bhith a' cleachdadh an fhrèam-obrach ùir, Frèam-obrach Leasachadh Càileachd airson nan raointean tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, a chaidh a leasachadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim. Thathar a' cleachdadh an fhrèam-obrach seo bhon t-Sultain 2025. Ma chaidh clas sgoil-àraich a sgrùdadh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim taobh a-staigh nan 18 mìosan mu dheireadh, is dòcha nach tèid a ghabhail a-steach ann an sgrùdadh na sgoile. Bidh an rèiteachadh seo a' cumail a' dol. Nuair a bhios Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' gabhail a-steach clas sgoil-àraich mar phàirt de sgrùdadh sgoile, gheibh e an-dràsta rangachadh air leth agus geàrr-chunntas air leth mu thoraidhean an sgrùdaidh.

Thug an ceisteachan fa-near nach eil an eacarsaich cho-chomhairleachaidh seo a' còmhachadh frèam-obrach co-phàirteach ùr no rèiteachaidhean sgrùdaidh ùra. Dh'iarr e beachdan gu sònraichte air a' cheist am bu chòir do chlasaichean sgoil-àraich cumail orra a' faighinn rangachadh air leth agus geàrr-chunntas de thoraidhean nuair a thèid an gabhail a-steach ann an sgrùdadh sgoile.

Ceist 8.1 – Dè an ìre ris a bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gum bu chòir, nuair a thèid clas sgoil-àraich a ghabhail a-steach ann an sgrùdadh sgoile, a mheasadh a bhith air aithris air leth bhon chòrr den sgoil?




Gu h-iomlan, bha luchd-freagairt buailteach a bhith ag aontachadh, far a bheil clas sgoil-àraich na phàirt de sgrùdadh sgoile, gum bu chòir aithris air mar a chaidh a mheasadh a bhith fa leth bhon aithris airson a' chòrr den sgoil. Bha “Oifigearan ùghdarrais ionadail/foghlaim” gu h-àraid buailteach a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh leis an dòigh-obrach seo, agus cha robh “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” cho buailteach a bhith ag aontachadh gu mòr no ag aontachadh.

Earrann 9: Iar-sgrùdadh

Tha leasachadh sgoile stèidhichte air a' phrionnsapal gu bheil sgoiltean an-còmhnaidh a' measadh an cuid obrach fhèin, a' suidheachadh phrìomhachasan agus a' gabhail gnìomh far a bheil feum air leasachadh. Tha am pròiseas seo a' faighinn taic bho ùghdarrasan ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach. An-dràsta, mar phàirt den sgrùdadh, bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' beachdachadh air dè cho math 's as urrainn do sgoil a leasachadh fhèin a stiùireadh gu neo-eisimeileach agus/no le taic bhon ùghdarras ionadail/sealbhadairean sgoiltean neo-eisimeileach. Far a bheil sgioba sgrùdaidh a' comharrachadh nach eil sgoil a' toirt seachad càileachd foghlaim iomchaidh, bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' leantainn orra a' conaltradh ris an sgoil. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach sgrùdadh leanmhainn.

Dh'iarr an ceisteachan beachdan air mar bu chòir do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a bhith an sàs le sgoiltean an dèidh sgrùdaidh.

Ceist 9.1 – Dè na suidheachaidhean, nad bheachd-sa, sam bu chòir do Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a bhith a' conaltradh le sgoil an dèidh sgrùdaidh?



Thar a h-uile buidheann de luchd-ùidh, bha luchd-freagairt nas buailtiche a bhith den bheachd gum bu chòir don h-uile sgoil iar-sgrùdadh air choreigin fhaighinn an dèidh sgrùdadh sgoile. Bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” gu h-àraid buailteach a bhith fàbharach don dòigh-obrach seo. Bha buidhnean de luchd-ùidh eile, agus gu sònraichte “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre”, nas cothromaiche air an roinn thar nan trì roghainnean a chaidh a mhìneachadh.

Bha molaidhean eile air an dèanamh, ged a chaidh an togail le àireamhan gu math beaga de luchd-freagairt, a' gabhail a-steach:

- gum bi feum air barrachd air aon de na roghainnean a chaidh a thaisbeanadh sa phàipear cho-chomhairleachaidh

- gum bu chòir nàdar a' chonaltraidh a bhith an urra ris a' mhodail sgrùdaidh san àm ri teachd, le cothrom gum bi conaltradh a' gabhail diofar chruthan ma thèid am modail ath-bheachdachadh
- gum bu chòir taic an dèidh sgrùdaidh agus leasachadh a stiùireadh tighinn bhon ùghdarras ionadail seach bho HMIE, no gum bu chòir co-dhùnadh a dhèanamh air ann an còmhraidh eadar an sgoil, an t-ùghdarras ionadail agus HMIE.
- gum bu chòir do HMIE a bhith an sàs ann an gnìomhachdan iar-sgrùdaidh ma tha sgoil gun phlana leasachaidh earbsach, mura bheil sgioba ceannardais na sgoile air a mheas comasach air leasachaidhean a thoirt air adhart, no mur urrainn don ùghdarras ionadail taic iomchaidh a thoirt seachad
- nach bu chòir tursan tilleadh HMIE a bhith air an cur air dòigh oir tha iad a' cur ris a' chuideam air luchd-obrach

Bha puingeann mu shuidheachaidhean sònraichte co-cheangailte ri gnìomhachdan iar-sgrùdaidh a' gabhail a-steach:

- gum bu chòir seo tachairt uair sam bith a thogas aithisg draghan mu in-ghabhaltas, còraichean chloinne, no mar a tha an sgoil a' tuigsinn agus a' freagairt do luchd-ionnsachaidh niùro-iomadach
- gum bu chòir do dh'eaglaisean a bhith an sàs ann an gnìomhachdan iar-sgrùdaidh ma tha feum air taic a thaobh nàdar creideimh sgoile

Chaidh a thoirt fa-near cuideachd, a bharrachd air dèiligeadh ri duilgheadasan sam bith, gum faodadh gnìomhachdan iar-sgrùdaidh a bhith air an cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil eisimpleirean de dheagh chleachdadh air an glacadh agus air an roinn.

Bha beachd ann cuideachd, gu h-àraidh bho chuid de “Luchd-ceannardais no manaidsèaran àrd-ìre”, gum bu chòir gu bheil dàimh nas for-ghnìomhaiche agus conaltradh nas fheàrr a bhith eadar HMIE agus sgoiltean san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach comhairle agus taic gan toirt seachad aig a h-uile àm. Bha molaidhean co-cheangailte a' gabhail a-steach gum bu chòir cothrom a bhith aig sgoiltean fios-air-ais a thoirt seachad air an eòlas aca air a' phròiseas sgrùdaidh, agus gum b' urrainn do luchd-sgrùdaidh HMIE tighinn a-steach do sgoiltean gus cleachdadh teagaisg a tha iad a' moladh a shealltainn. Mhol luchd-freagairt “ùghdarras ionadail”:

- conaltradh leantainneach eadar HMIE agus sgoiltean, le HMIE mar “charaid riaslach” gus taic a thoirt do ghnìomhachd leasachaidh còmhla ris an ùghdarras
- conaltradh bliadhnaile eadar HMIE, ceannardan-sgoile agus ùghdarrasan ionadail a dh'fhaodadh cuspairean airson beachdachaidh a chomharrachadh, ceangailte ri cuspairean nàiseanta agus teachdaireachdan nàiseanta bho sgrùdadh

4. Cuspairean a tha a' nochdadh thar an dà cheisteachain

Tha an earrann ghoirid mu dheireadh seo a' toirt geàrr-chunntas air cuid de na cuspairean cumanta thar an dà phàirt den cho-chomhairleachadh Clann is Daoine Òga agus Luchd-ùidh. Ged a bha na ceistean a chaidh a chur eadar-dhealaichte, bha na cùisean a chaidh a chòmhachadh coltach, agus tha e inntinneach beachdachadh air an ìre ris a bheil beachdan chloinne is daoine òga a' nochdadh beachdan an luchd-ùidh.

Com-pàirteachadh in-ghabhalta

Aon raon – agus is dòcha an raon as treasa – far an robh co-aonta soilleir ann, b' e gu bheil e fìor chudromach gum bi clann is daoine òga an sàs ann am pròiseas an sgrùdaidh. Bha seo a' gabhail a-steach na h-ìrean ullachaidh, prìomh sgrùdaidh agus iar-sgrùdaidh, agus cuideachd a' leudachadh gu na seòrsaichean de dhòigh(ean)-obrach a bu chòir a chleachdadh.

Bha iomradh ga dhèanamh air mar bu chòir do na h-eadar-ghabhailean a bhith inntinneach, iomchaidh do dh'aois nan sgoilearan agus nàdarra no neo-fhoirmeil, le cuideam ga chur air cho riatanach 's a tha e gu bheil a' coileanadh feumalachdan sònraichte chloinne is daoine òga. A thaobh fheumalachdan sònraichte, chaidh a thoirt fa-near, mar eisimpleir, gum bu chòir taic a bhith ri faotainn ma tha feum no miann aig clann no daoine òga oirre. Uaireannan, bha seo air a chur an cèill mar gum bu chòir do chuideigin air a bheil am pàiste no duine òg eòlach an taic sin a thoirt seachad agus/no a bhith an làthair. Rè choinneamhan le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ann an suidheachaidhean sgoile sònraichte, chuir clann is daoine òga cuideam air cho cudromach 's a tha e do luchd-sgrùdaidh na dòighean conaltraidh as fheàrr leotha fhèin a chleachdadh.

Bha na taobhan seo uile ceangailte ri cho cudromach 's a tha e gum bi dòighean-obrach conaltraidh ion-ghabhalta, agus cothrom aig an raon as fharsainghe de chlann is daoine òga a bhith a' toirt seachad am beachdan is gnàth-eòlas aca. Nan robhar a' dèanamh cinnteach gu bheil raon eadar-mheasgte de bheachdan air an cluinntinn, bha sin ga fhaicinn mar rud cudromach chan ann a-mhàin dhaibhsan a tha an sàs ach cuideachd a thaobh càileachd a' phròiseis sgrùdaidh. Bha seo air a leudachadh cuideachd gu raon nam pàrantan no luchd-cùraim agus nan tidsearan no luchd-obrach eile aig am bu chòir cothrom a bhith gus cur ris a' phròiseas sgrùdaidh sgoile.

Airson nan trì buidhnean uile (clann is daoine òga, pàrantan no luchd-cùraim, agus tidsearan is luchd-obrach sgoile eile), chaidh cuideam a chur air cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil e comasach beachdan a cho-roinn gu h-onarach agus gu fosgailte. Bha seo uaireannan ceangailte ri dìomhaireachd agus, gu sònraichte, ri tidsearan agus luchd-obrach sgoile eile a bhith comasach air bruidhinn gu priobhaideach le luchd-sgrùdaidh an Rìgh.

Na tha cudromach

Bha clann is daoine òga buailteach a bhith a' cur prìomhachas air cùisean ceangailte ri mar a tha e a' faireachdainn a bhith san sgoil agus mar a tha an sgoil aca gan cumail sàbhailte agus fo dhìon. A thaobh nan cùisean as cudromaiche, bha prìomhachasan glè choltach aig luchd-ùidh eile cuideachd – bha “dàimhean agus giùlan” agus “dìon agus a'

cur air adhart sunnd” am measg nan trì cùisean a bha air am faicinn mar chudromach le cha mhòr a h-uile duine a fhreagair ceisteachan an luchd-ùidh. B’ e “ionnsachadh, teagasg agus measadh” an treas fear dhiubh sin. Thuir clann is daoine òga le ASN gun robh sunnd, a’ gabhail a-steach a thaobh amannan-bidhe, càirdeasan agus taic gun coinneachadh ris na feumalachdan mothachaidh aca, glè chudromach.

Ann an ceisteachan an Luchd-ùidh, chaidh 25 raointean a dh’fhaodadh a bhith air an gabhail a-steach ann am frèam-obrach sgrùdaidh sgoile a chomharrachadh. Chuir an ceisteachan airson Chlann is Daoine Òga a-mach 18 roghainnean eadar-dhealaichte agus dh’fhaighnich e an robh iad cudromach. Tha e follaiseach gun deach a h-uile gin de na cùisean sin faicinn mar chudromach le mòr-chuid shoilleir thar an dà cheisteachan. Gu h-iomlan, tha freagairtean a’ cho-chomhairleachaidh a’ comharrachadh cuid de phrìomhachasan coimeasach seach a bhith a’ moladh nach eil gin de na raointean a chaidh a chomharrachadh mar chuspairean comasach airson sgrùdadh cudromach.

Tricead sgrùdaidhean

Ged a bha raointean co-aontachd ann a bha gu math soilleir a thaobh conaltraidh agus fòcas nan sgrùdaidhean, bha beachdan gu tric nas measgaichte a thaobh cùisean leithid tricead nan sgrùdaidhean agus mar a bhiodh sgoiltean air an taghadh airson sgrùdadh.

Airson chlann is daoine òga, b’ e sgoiltean a bhith air an sgrùdadh co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna an roghainn as mòr-chòrdte, gu sònraichte am measg sgoilearan àrd-sgoile. Cha robh mòran taic ann an dàrna cuid airson na roghainnean “co-dhiù aon turas gach 7 bliadhna” no “co-dhiù aon turas gach 10 bliadhna”.

Am measg an fheadhainn a fhreagair ceisteachan an Luchd-ùidh, bha “Pàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga”, “Tidsearan no luchd-obrach sgoile eile”, agus “Oifigearan ùghdarras ionadail/foghlaim” cuideachd as dualtaiche a bhith a’ fàbharachadh gun tèid sgrùdaidhean a dhèanamh co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna, ach cha robh seo gu riatanach a’ ciallachadh gun robh mòr-chuid a’ toirt taic don fhrèam-ama seo. Mar eisimpleir, bha taic airson na roghainn “co-dhiù aon turas gach 5 bliadhna” eadar 57% de “Phàrantan no luchd-cùraim agus daoine òga” sìos gu 24% de “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre”. B’ e “Luchd-ceannardais no manaidsearan àrd-ìre” an aon bhuidheann de luchd-ùidh san robh luchd-freagairt nas buailtiche a bhith fàbharach do sgrùdaidhean a bhith gan dèanamh co-dhiù aon turas gach 10 bliadhna.

Rangan agus ag aithris air ais

Gu h-iomlan, cha robh mòran de cho-aontachd shoilleir ann cuideachd a thaobh a bheil cleachdadh ranga a’ cuideachadh le bhith a’ toirt seachad foir-shealladh soilleir air dè cho math ’s a tha sgoil a’ dèanamh. Bha beachdan gu math measgaichte am measg chlann is daoine òga a thaobh a bheil e math gum bi luchd-sgrùdaidh a’ cleachdadh ranga aon fhacail airson cunntas a thoirt air dè cho math ’s a tha an sgoil aca a’ dèanamh, le barrachd mì-chinnteach mun chùis seo na bha air cha mhòr ceist sam bith eile.

Bha an dealbh coltach am measg an fheadhainn a fhreagair ceisteachan an Luchd-ùidh, le glè bheag de cho-aontachd shoilleir ann a thaobh a bheil cleachdadh ranga a’ cuideachadh le bhith a’ toirt seachad foir-shealladh soilleir air dè cho math ’s a tha sgoil a’ dèanamh no a’ cuideachadh le tuigse air dè dh’fheumas leasachadh. Ach bha barrachd co-aontachd ann a thaobh a’ chomais gum faodadh ranga a bhith a’ ro-shìmpleachadh na tha a’ tachairt ann an sgoil.

Bha ìre de cho-aonta ann air mar a thathar ag aithris air toraidhean sgrùdaidh agus dè bu chòir tachairt a-nis. Bha clann is daoine òga nas buailtiche a bhith den bheachd gur e bhidio an dòigh a b' fheàrr airson luchd-sgrùdaidh a bhith ag innse dhaibh dè cho math 's a tha an sgoil aca a' dèanamh. Bha iad cuideachd den bheachd, far an robh mòran raointean leasachaidh ann, gum biodh e math nan robh an luchd-sgrùdaidh a' tilleadh don sgoil aca airson faicinn an deach cùisean am feabhas. Mhol clann is daoine òga le ASN gum bu chòir do luchd-sgrùdaidh bruidhinn ri sgoilearan mus fàg iad an sgoil.

Bha an fheadhainn a fhreagair suirbhidh an Luchd-ùidh cuideachd a' sireadh soilleireachd, agus fòcas air neartan a bharrachd air raointean airson leasachaidh, agus bha iad cuideachd as dualtaiche a bhith den bheachd gum bu chòir do gach sgoil seòrsa air choreigin de ghnìomhachd iar-sgrùdaidh fhaighinn.

Cleachdadh toraidhean a' cho-chomhairleachaidh

Tha toraidhean a' cho-chomhairleachaidh a tha air an cur a-mach san aithisg seo nam pàirt chudromach de cho-dhùnaidhean HMIE agus iad ag ath-sgrùdadh mar a bhios sgrùdaidhean sgoile ag obair san àm ri teachd. Bidh na geur-bheachdan a thugadh seachad le clann is daoine òga, pàrantan is luchd-cùraim agus coimhearsnachd foghlaim na h-Alba nas fharsainghe a' cuideachadh HMIE ann a bhith a' toirt cumadh do dhòigh-obrach sgrùdaidh a chumas a' brosnachadh leasachaidh, a bheir seachad barantas làidir agus a libhrigheas luach poblach soilleir taobh a-staigh an t-suidheachaidh reachdail ùir a chaidh a stèidheachadh le Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025.